Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis
Dihaoine 18 Cèitean 2018 @ 11:30m

Image: Fèis Fhoirt

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann an Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis, Dihaoine 18 Cèitean 2018 bho 11.30m

Clàr Chùisean

	Gnìomhan	Duilleag
2.2018.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH		
(a) An làthair		
(b) Leisgeulan		
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh	2
(d) Cùisean a' togail ceann		
2.2018.02 CÙISEAN LEASACHAIDH		
(a) Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh	9
(b) Blas 2018	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh	24
(c) Fèisgoil	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh	30
(d) 5 Latha	Aithris airson Fiosrachaidh	
(e) FèisTV agus Oide	Aithris airson Fiosrachaidh	
2.2018.03 CÙISEAN IONMHASAIL		
(a) Teachd a-steach agus teachd a-mach 2018-19	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh	35
(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh às ùire	Aithris airson Fiosrachaidh	
(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Màrt 2018	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh	38
(d) Tabhartasan nam Fèisean 2018-19	Airson Fiosrachaidh	40
(e) Cothromachadh Ionmhais gu 31 Màrt 2018	Airson Fiosrachaidh	
(f) Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh	48
2.2018.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH		
(a) Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh	
2.2018.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL		
(a) Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh	50
(b) Ùrachaidhean air Poileasaidhean	Airson Aontachaidh	96
(c) Aithisg Bhliadhnail air Riaghladh Chunnartan	Airson Aontachaidh	112
(d) Molaidhean airson Co-labhairt Bhliadhnail 2018	Aithris airson Deasbaid agus Aontachaidh	
2.2018.06 EILE		
(a) Dearbhadh air ceann-latha na h-ath choinneimh: 28 Sultain 2018	Airson Fiosrachaidh	

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis air Dihaoine 23 Gearran 2018 bho 11.30m

1.2018.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Kirsteen Ghreumach, Deirdre Beck, Raibeart MacFhionghain, Anna Mhoireach, Seòras Stoddart, Sarah-Jayne Shankland, Colin Sandilands, Anna NicAmhlaigh, Art MacCarmaig (a' frithealadh), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (a' frithealadh), Anne Willoughby (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh), Moreen Pringle (a' frithealadh).

Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh feitheamh chun na coinneimh seo gus Cathraiche ùr a chur an dreuchd. Bhathar a' dol a bhruidhinn air seo na b' fhaide air adhart air a' chlàr-ghnothaich, ach dh'aontaich Seòras Stoddart a bhith sa chathair airson toiseach na coinneimh.

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar-aon.

(b) Leisgeulan

Ealasaid NicIlleBhàin, An Comhairliche Iain A MacÌomhair (CnES), Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail), Mòrag Anna NicLeòid Mitchell (Comhairle na Gàidhealtachd).

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 8 Dùbhlachd 2017 a sgaoileadh.

Mhol Raibeart MacFhionghain gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Colin Sandilands a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

- A thaobh an Sgrùdaidh Bhliadhnail le Alba Chruthachail (AC), thuirt Art gun robh e air coinneachadh ri Siobhan NicAnndrais bho AC o chionn ghoirid, 's i am prìomh oifigear le uallach air ar son aig a' bhuidhinn a-nis agus i a' dol an àite Bhrian Ó hEadhra. Cha bhi an sgrùdadh a bha bhith gu ann a' tachairt a-nis.
- A thaobh oifis Phort Rìgh, thuirt Art gun deach aonta a ruighinn agus gun robh luchd-lagha an neach-seilbhe ag ullachadh aonta-màil ùir.

(e) A' Taghadh Luchd-dreuchd

Aig a' choinneimh san Dùbhlachd chaidh aontachadh taghadh dreuchdan a' Chathraiche is an Iar-Chathraiche agus an Ionmhasair a chur dheth chun na coinneimh seo.

Bha Seòras Stoddart air dreuchd a' Chathraiche a ghabhail san eadar-àm gus an deigheadh neach a thaghadh, ach bha e den bheachd gum bu chòir Gàidhlig a bhith aig a' Chathraiche agus mar sin cha bhiodh e airson an dreuchd a ghabhail os làimh nan deigheadh a mholadh.

Mhol Anna Mhoireach gum bu chòir Kirsteen Ghreumach a bhith na Cathraiche agus chuir Deirdre Beck a taic ris a' mholadh sin.

Cha robh an còrr mholaidhean ann, agus mar sin chaidh Kirsteen Ghreumach a thaghadh mar Chathraiche Fèisean nan Gàidheal.

Mhol Kirsteen gum bu chòir Anna Mhoireach a bhith na h-Iar-Chathraiche agus chuir Deirdre Beck a taic ris a' mholadh sin.

Cha robh an còrr mholaidhean ann, agus mar sin chaidh Anna Mhoireach a thaghadh mar Iar-Chathraiche Fèisean nan Gàidheal.

Mhol Deirdre Beck gum bu chòir Seòrsa Stoddart a bhith na Ionmhasair agus chuir Anna Mhoireach a taic ris a' mholadh sin.

Cha robh an còrr mholaidhean ann, agus mar sin chaidh Seòras Stoddart a thaghadh mar Ionmhasair airson Fèisean nan Gàidheal.

Tha iad sin, agus Colin Sandilands (Rùnaire a' Chompanaidh), a-nis nan luchd-dreuchd air Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal.

1.2018.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith cur Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Chaidh aithisg air ar pròram obrach gu deireadh na treas ràith de 2017-18 a sgaoileadh.

Bha a' mhòr-chuid de na h-amasan air an comharrachadh le uaine (a' dol air adhart mar bu chòir) le dìreach beagan dhiubh le òmar:

- Trèanadh Gàidhlig do dh'Oidean nam Fèisean – thathar an dòchas seiseanan a chur air dòigh a dh'aithghearr
- Cùrsaichean trèanaidh ùghdarraichte do dh'òigridh – rinneadh beagan adhartais le Teisteanasan Ealain ach bha e air a bhith doirbh toirt air daoine òga ùine gu leòr a chur seachad gus na teisteanasan a thoirt a-mach
- Cha d' fhuaras Aonta Ìre Seirbheis bho Chomhairle na Gàidhealtachd fhathast.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Blas 2018 agus tachartas airson Bliadhna na h-Òigridh

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh air Blas 2018 agus moladh airson tachartas mòr airson Bliadhna na h-Òigridh.

Bhathar air dearbhadh fhaotainn bho Chomhairle na Gàidhealtachd air an ìre mhaoineachaidh aca airson 2018 às dèidh don aithisg a bhith air a cuairteachadh le pàipearan a' Bhùird. Mar a bhathar an dùil, bidh lùghdachadh 10% ann am maoineachadh Bhlas, lùghdachadh de mu £7,000 san airgead.

Thuirt Calum Ailig Mac a' Mhaoilein gun deigheadh coinneamh a chumail air 6 Màrt airson tòiseachadh air Pròram Bhlas ullachadh. Thèid an Fhèis a chumail eadar 7-15 Sultain. Feumar còmhraidhean a chumail le Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a thaobh maoineachaidh airson tachartasan sna sgìrean aca.

Thug Art fiosrachadh don Bhòrd air an tachartas a bhathar a' moladh airson Bliadhna na h-Òigridh. Chaidh iarrtas a chur a-steach gu EventScotland airson maoineachaidh, agus bha grunn choinneamhan-fòn air a bhith aige gus bruidhinn riutha mun iarrtas ann am barrachd doimhneachd. Tha sinn an dòchas fios fhaighinn a dh'aithghearr feuch an do shoirbhich leis an iarrtas againn.

(c) Fèisgoil

Chaidh aithisg le Eilidh NicCoinnich a sgaoileadh le fiosrachadh as ùr air pròiseactan Fèisgoil. San aithisg bha fiosrachadh air an obair a bha an t-seirbheis a' dèanamh a thaobh Dràma, Ceòl agus Cànan agus air obair chom-pàirteach le buidhnean eile.

- A thaobh Blasad Gàidhlig ann an Siorrachd Lannraig a Tuath, b' urrainn dhi dearbhadh gun robh 146 sgoilearan bho Bhun-sgoil is Sgoil-àraich Tollbrae a' faotainn sheiseanan gach seachdain.
- Bha Comhairle na Gàidhealtachd air dearbhadh a-nis gum faod sinn pròram a lìbhrigeadh sna sgoiltean bhon Mhàrt. Feumar tòrr obair ullachaidh a dhèanamh ann an ùine ghoirid gus am pròram a lìbhrigeadh.
- Tha an dràma, "Teàrlach fo Chasaid", air chuairt an-dràsta agus iad a' tadhal air sgoiltean san Eilean Sgitheanach, sna h-Eileanan Siar agus ann am Malaig.

- Tha Fèisean nan Gàidheal an sàs sa Bhuidhinn Chom-pàirteach airson Foghlam Ciùil agus tha sinn ag obair air goireas ùr airson Sgoiltean dhaibh an-dràsta. 'S e goireas bhidio a bhios ann airson ìre nan tràth-bhliadhnaichean gu P7 agus thèid a chur air bhog ann an Glaschu air 8 Màrt.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg agus bha iad glè thoilichte leis mar a bha uimhir phròiseactan a' tachairt air feadh na dùthcha.

Thug Art MacCarmaig fiosrachadh as ùr seachad air a' phròiseact, Beairteas. Thèid bileag fhiosrachaidh ullachadh agus thèid sanasachd a dhèanamh air a' phròiseact.

(d) 5 Latha

Thug Calum Ailig Mac a' Mhaoilein fios as ùr seachad air 5 Latha, a thèid a chumail ann an Leòdhas eadar 2-7 Giblean. Tha grunn math a' gabhail pàirt ann a-rithist agus bidh cuid a dh'òigridh a ghabh pàirt ann mu thràth a' tilleadh am-bliadhna. Tha e air feadhainn de na tachartasan atharrachadh feuch am bi rudan ùra ann don fheadhainn a bh' ann a-cheana.

Bidh Noraidh MacÌomhair agus Ellen NicDhòmhnaill ann a-rithist airson cuideachadh is mar oidean, agus thèid cèilidh a chumail ann an Talla Chàrlabhaigh oidhche Dhiardaoin.

Chaidh bruidhinn an uair sin air mar a ghabhadh an aon seòrsa tachartais a chumail ann an sgìrean eile.

Cuideachd, thuirt Deirdre Beck gum faodadh Fèisean nan Gàidheal beachdachadh air an aon seòrsa seachdain-chòmhnaidh a chumail airson clann FtG ann an clasaichean aig an ìre àird den bhun-sgoil oir cha robh mòran chothroman ann don chloinn sin tighinn còmhla.

Chaidh aontachadh gum b' fhiach e coimhead air seo mar phàirt eile de dh'Fhèisgoil agus bha sgioba Fèisean nan Gàidheal a' dol a bhruidhinn air agus dhèanadh iad beagan rannsachaidh agus tillidh iad le tuilleadh fiosrachaidh aig an ath choinneimh.

(e) Tasgadh: Tabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta

Thug Art MacCarmaig fiosrachadh do na Buill air a' chuibhreann as ùire de na tabhartasan aig Tasgadh às dèidh don phannal coinneachadh na bu tràithe air an t-seachdain.

Bha 29 iarrtasan ann agus thugadh tabhartasan seachad luach £9,060, agus bha sin a' ciallachadh gun deach an £31,500 air fad airson 2017-18 a chosg. Bhathar a' dol a chur liosta de na tabhartasan gu na Buill ann am post-d mar fhiosrachadh.

Bha Art air bruidhinn ri Alba Chruthachail agus bha iad air a ràdh gu bheil iad airson cumail orra a' toirt taic don sgeama ann an 2018-19, ach cha deach seo a dhearbhadh gu h-oifigeil fhathast.

Thug na Buill fa-near don aithris labhairteach seo.

1.2018.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is Cosgaisean 2017-18

Chaidh aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a sgaoileadh a' sealltainn teachd-a-steach is cosgaisean leis na thachair gu 31 Faoilleach 2018.

Bha na notaichean aig deireadh na h-aithisge a' sealltainn a' mhaoineachaidh a fhuaras agus a bha ri fhaighinn fhathast. Thug Anne fiosrachadh do na Buill air maoineachadh a fhuaras bho chaidh an aithisg ullachadh.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £5,411.64

- Cunntas Àrd-rèidh - £397,458.72
- Cunntas Bhlas - £625.08
- An t-Urras Leasachaidh - £8,725.07

'S e cunntas ùr a th' anns an fhear airson an Urrais Leasachaidh, gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air seo fo 1.2018.03(g). Gus an cunntas seo a chur ris an t-siostam bhancaidh air-loidhne againn, bha foirm aig Anne ris am feumadh dithis Bhall an ainm a chur. Chaidh aontachadh gun dèanadh Colin Sandilands agus Kirsteen Ghreumach sin.

Às dèidh do na Buill beachdachadh gu faiceallach air gach cùis bhuntainneach, agus iad riaraichte gur ann a chum maith na Buidhne Ceangailte a bha e agus gun cuidicheadh e a' Bhuidheann Cheangailte le bhith a' soirbheachadh a chum maith nam ball aca air fad, chaidh aontachadh:

A Gun deigheadh gabhail ris na Cumhachan Seirbheis.

B Gum faod am Banca, agus gu bheil cead aca, leigeil leis an Neach-chunntais agus Rianaire no Neach-cleachdaidh Corporra sam bith a thèid a chur an dreuchd leis an Neach-chunntais:
(1) sealltainn air fiosrachadh a th' aig a' Bhanca a bhuineas ri cunntasan na Buidhne Ceangailte a' gabhail a-steach gach gluasad airgid agus stiùireadh leantainneach;
(2) gach gnìomh a tha ainmichte fo pharagrafan 1.1.2 to 1.1.16 a dhèanamh air cunntasan na Buidhne Ceangailte a th' aig a' Bhanca; agus

C Gum faod am Banca, agus gu bheil cead aca, gabhail ri stiùiridhean agus iarrtasan gus airgead fhaighinn air ais a thaobh BACSTEL-IP, SWIFT agus iarrtasan airson seirbheisean ceudna eile a cheadaicheas an Neach-cunntais dhaibh a chur an sàs.

D Gu bheil am Banca air a shaoradh bho bhith a' coileanadh gach dleastanas co-cheangailte ri dìomhaireachd, uallaichean dìon dàta, call, tagraidhean no iarrtasan le bhith ag aontachadh ris an iarrtas seo.

E Gun lean an t-ùghdarras aig an Neach-chunntais gus an cuir a' Bhuidheann Cheangailte fios sgrìobhte chun a' Bhanca air co-dhùnadh a rinn am Bòrd aig a' Bhuidhinn Cheangailte gus cur às don ùghdarras sin no atharrachadh a thoirt air cumhachan an ùghdarrais.

Chaidh aontachadh cuideachd gum bu chòir cairt-chunntais a bhith aig luchd-obrach ann an Oifis Inbhir Nis airson a cleachdadh air-loidhne agus airson pàigheadh airson bathar is seirbheisean eile, a bhios air a cleachdadh a rèir nam modhan-smachd àbhaisteach.

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd 2017

Chaidh lethbhreac de na Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd 2017, a bha air an ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) Tabhartasan do dh'Fhèisean airson 2017-18

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2017-18 a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu 31 Faoilleach, agus thugadh fa-near dhi.

Dh'fheumadh na Fèisean na h-iarrtasan mu dheireadh aca a chur a-steach ro dheireadh a' Ghearrain.

(e) Dreachd den Bhuidseat 2018-19

Chaidh dreachd den bhuidseat airson na h-ath bhliadhna ionmhais a sgaoileadh.

Bhiodh seo air ùrachadh gu cunbhalach air feadh na bliadhna agus gheibheadh Buill a' Bhùird fios cunbhalach air na bhathar a' cosg.

Bha a' mhòr-chuid den àrdachadh a dh'iarr sinn sa mhaoineachadh bho Alba Chruthachail airson gum b' urrainn do na Fèisean tuarastal a phàigheadh do dh'oidean a rèir nan ìrean-pàighidh a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh. Seach nach d' fhuair sinn maoineachadh a bharrachd, chan eilear an dùil gun iarr Alba Chruthachail oirnn sin a dhèanamh.

Bha £110,000 bho EventScotland mar phàirt den bhuidseat, ach tha sinn a' feitheamh ri dearbhadh fhathast feuch an d' fhuair sinn seo.

Dh'aontaich Buill a' Bhùird ris an dreachd den bhuidseat airson 2018-19. Thugadh taing do dh'Art agus Anne airson na h-obrach a rinn iad ann a bhith a' cumail rian air ionmhas na buidhne.

(f) Tabhartasan do na Fèisean 2018-19 (molaidhean)

Bha Art MacCarmaig, Calum Ailig Mac a' Mhaoilein agus Anne Willoughby air bruidhinn air na h-iarrtasan uile airson tabhartasan agus bha Anne air aithisg a sgrìobhadh, a chaidh a sgaoileadh, leis na molaidhean airson tabhartasan ann an 2018-19.

Chaidh an t-sùim airgid gu lèir airson nan tabhartasan a chumail aig an aon ìre 's bha e sa bhliadhna ionmhais seo. Chaidh prìomhachas a chur air maoineachadh airson nam Fèisean fhèin, ach b' fheudar lùghdachadh a thoirt air an airgead air fad airson chlasaichean.

Rinn Calum Ailig sgrùdadh air gainnead maoineachaidh a tha e coltach a bhios ann am buidseatan nam Fèisean, agus bheir na h-Oifigearan Leasachaidh taic do na Fèisean le bhith a' togail barrachd airgid agus/no a' cur a-steach airson tabhartasan bho bhuidhnean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil airgead gu leòr aca airson na prògraman Fèise aca a chumail.

Thugadh fa-near gu bheil na tabhartasan stèidhichte air cosgaisean nam Fèisean, agus nach eilear a' gabhail ealla ri teachd-a-steach nuair a thathar ag aontachadh thabhartasan.

Chaidh bruidhinn cuideachd air mar a th' aig cuid a dh'Fhèisean ri barrachd airgid a phàigheadh airson sgoiltean/àiteachan airson nam Fèisean a chumail. Tha Art gu bhith a' bruidhinn ris na h-ùghdarrasan ionadail far a bheil sin a' tachairt.

Dh'aontaich Buill a' Bhùird ris na tabhartasan a chaidh a mholadh san aithisg.

Cuideachd, thuirt Art gun robh Fèis Spè air taic nach beag fhaighinn, thairis air na trì bliadhna mu dheireadh, an coimeas ri Fèisean eile, airson dreuchd Oifigear Leasachaidh (obair air a roinn eader dithis). Tha am maoineachadh trì-bliadhna seo a' tighinn gu crìch aig deireadh a' Mhàirt agus feumaidh am Bòrd co-dhùnadh a dhèanamh a bheil iad airson cumail orra a' toirt taic dhaibh aig an aon ìre.

Chaidh aontachadh gum bu chòir aithisg ullachadh airson coinneamh a' Bhùird sa Chèitean gus beachdachadh air a' chùis, agus gus an uair sin, gun tèid taic-airgid eadar-amail a thoirt do dh'Fhèis Spè gus pàigheadh airson obair na Fèise gu deireadh an Ògmhios.

(g) Aontaidhean Maoineachaidh

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fios as ùr do na Buill air an t-suidheachadh a bh' ann a thaobh nam prìomh aontaidhean maoineachaidh aig a' bhuidhinn.

- Bha e air coinneachadh ri Mòrag Anna NicLeòid Mitchell o chionn ghoirid gus aontaidhean Comhairle na Gàidhealtachd a dhearbhadh.
- Chaidh aonta maoineachaidh HIE airson trì bliadhna a dhearbhadh.
- Bhathar fhathast a' feitheamh ri aonta airson aontaidhean CnES agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.
- Chaidh lethbhreac a sgaoileadh de Gheàrr-chunntas an Neach-mheasaidh aig Alba Chruthachail air ar n-iarrtas airson maoineachaidh ann an 2018-21.

A thaobh maoineachadh Alba Chruthachail airson 2018-21, feumaidh sinn ar Poileasaidh Àrainneachd ùrachadh, a thèid a chur air beulaibh a' Bhùird sa Chèitean. Bidh againn cuideachd ri plana ullachadh air mar a bheir sinn lùghdachadh air an uiread carboin a chleachdas sinn san ùine air thoiseach.

Cuideachd, thug Art dà shùim airgid a fhuaras o chionn ghoirid bho urrasan gu aire a' Bhùird:

- Fhuaras £2,725 bho Urras Shìm MhicCoinnich agus tha sinn a' coimhead, còmhla ris na h-urrasairean, air mar a ghabhas an t-airgead seo a chosg math dh'fhaodte airson tabhartasan a thabhann do dhaoine òga a tha a' dol chun na Sgoil Shamhraidh Dràma bhliadhnail againn.
- Fhuaras £6,000 bho Urras Dhòmhnaill Iain MhicAoidh airson farpais bhliadhnail do sgoilearan FtG, agus tha againn ri aontachadh fhathast dè an seòrsa farpais a bhios ann.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail nan suimeannan seo ann an cunntas-banca fa leth, mar a tha air a mhìneachadh fo 1.2018.03(b).

Thug Buill a' Bhùird fa-near don t-suidheachadh a thaobh nan aontaidhean maoineachaidh.

(h) Cothromachadh air Maoineachadh gu 31 Màrt 2018

Rinn Art aithris air mar a tha e na chleachdadh do dh'Fhèisean nan Gàidheal am feum as fheàrr a dhèanamh de dh'airgead sam bith nach deach a chosg, agus nach eil air a ghlèidheadh, aig deireadh na bliadhna ionmhais.

Chaidh aontachadh ma bha airgead sam bith air fhàgail aig deireadh na bliadhna ionmhais, gum faodadh Art co-dhùnaidhean a dhèanamh air ciamar a b' fheàrr a chur gu feum agus gun sgaoileadh e liosta gu na Buill mar fhiosrachadh.

1.2018.04 LUCHD-OBRACH

Fios as ùr

(a)

- Tha Rachel Harris, aon de na h-Oifigearan Leasachaidh againn, air fàgail airson trèanadh a bhith na nurs ann am Beul Feirste agus tha Karen Oakley air a dreuchd a ghabhail os làimh.
- Cha do shoirbhich leinn leis an iarrtas a chuir sinn gu Alba Chruthachail airson Oifigear Phròiseactan ùr fhastadh. An àite sin, bidh sinn a' fastadh dhaoine air cùmhnantan thar ùine ghoirid nuair a bhios feum orra agus mar a cheadaicheas buidseatan nam pròiseactan.
- Bha sinn air sanasan a sgaoileadh dà thuras airson Neach air Greis Gnìomhachais airson FèisTV, ach cha d' fhuair sinn tagraiche freagarrach. Cleachdaidh sinn daoine air cùmhnantan goirid nuair a bhios feum orra.
- Tha sinn air sanasan a sgaoileadh airson oidean-ciùil a lìbhrigeas teagasg air-loidhne tro FhèisTV, agus 's e 2 Màrt an ceann-latha airson sin.

1.2018.05 CÙISEAN GNÌOMHACH

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais an Luchd-obrach a sgaoileadh. Thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh agus thug iad taing don a h-uile duine airson na h-obrach cruaidh a rinn iad.

Chaidh leisgeul iarraidh seach gun deach an tionndadh Gàidhlig de na h-aithisgean a chur an cois nam pàipearan Beurla air mhearachd.

Bhruidhinn Art air moladh airson taic-urrasachd bho Thorntons Investments, an companaidh a tha a' toirt taic-urrasachd do Dhuais Eaconamach na Gàidhlig a fhuair Fèisean nan Gàidheal aig na Duaisean Gàidhlig ann an 2017. Às dèidh dhuinn bruidhinn ri Thorntons Investments, dh'fheumamaid aontachadh an robh sinn ag iarraidh an t-airgead seo a chosg air pròiseactan sònraichte sam bith no a chur ris a' Bhuidseat Leasachaidh.

Gheibh na Buill fios as ùr air seo aig an ath choinneimh.

(b) Ag Ùrachadh Phoileasaidhean

Chaidh aithisg le Anne Willoughby a sgaoileadh a thaobh a bhith a' dèanamh ath-sgrùdadh air agus ag ùrachadh phoileasaidhean.

Chaidh prìomhachas a chur air a bhith ag ùrachadh trì de na poileasaidhean againn airson aonta aig a' choinneimh seo, agus thèid an còrr ùrachadh thar nam mìosan ri thighinn. Chaidh dreachdan de na poileasaidhean a leanas a sgaoileadh agus chaidh beachdachadh orra:

- Chaidh aontachadh ris a' Phoileasaidh Dìon Dàta.
- Chaidh aontachadh ris a' Phoileasaidh So-ruigsinneachd le atharrachadh beag air a' bhriathrachas fo phuing 2.1 a thaobh chnapan-starra corporra is mothachaidh. Bha Deirdre Beck a' dol a thoirt sùil air a' bhriathrachas agus thilleadh i gu Anne le comhairle an uair sin.
- Chaidh aontachadh ris a' Phoileasaidh airson Daoine fo Dhìon Sònraichte.

Chaidh pàipear a bharrachd a sgaoileadh aig a' choinneimh. B' e sin litir bho OSCR a bha a' dèanamh soilleir dè na dleastanasan a th' air buidhnean-carthannais ann a bhith a' cur dìon air daoine agus ciamar a bu chòir dhaibh dèiligeadh ri tachartasan air am feumar aithris a dhèanamh. Thèid stiùireadh a bharrachd fhoillseachadh le OSCR nas fhaide air a' bhliadhna.

Ged a bha Buill a' Bhùird riaraichte gun robh am poileasaidh againne a' cumail ris na puingean a thog OSCR, rinn iad soilleir a-rithist cho cudromach 's a bha e gum biodh buill nan comataidhean agus oidean air an clàradh mar bhuill de sgeama PVG Fèisean nan Gàidheal.

(c) Molaidhean airson àite far an tèid Co-labhairt 2018 a chumail

Thathar an dùil Coinneamh Bhliadhnail/Co-labhairt na bliadhna sa a chumail air 28 is 29 Sultain ach feumar àite aontachadh fhathast.

Às dèidh beagan còmhraidh, chaidh aontachadh gun deigheadh tachartas na bliadhna sa a chumail ann an Glaschu, agus tha Anne a' dol a choimhead airson àite freagarrach an sin.

1.2018.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-Ath Choinneimh

Chaidh aontachadh an ath choinneamh a chumail air 18 Cèitean 2018. Bhathar a' dol a dh'fhaicinn an gabhadh a cumail sa Bhun-sgoil Ghàidhlig ùir ann am Port Rìgh. Mura gabh, thèid a cumail ann an Inbhir Nis.

Iomairt Chiùil na h-Òigridh

Thugadh fa-near do mar a dh'aontaich Comhairle na Gàidhealtachd an t-seirbheis chiùil aca a ghluasad gu High Life na Gàidhealtachd.

Ghabh Anna Mhoireach an cothrom taing a thoirt don luchd-obrach uile airson na h-obrach a bhios iad a' dèanamh ann a bhith a' cur coinneamhan a' Bhùird air dòigh agus san fharsaingeachd thar nan iomadh raon sa bheil Fèisean nan Gàidheal ag obair.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le prògram-obrach na buidhne san ràith mu dheireadh de 2017-18 suas gu 31 Màrt 2018.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (InG), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Cuideachd, tha na dathan a leanas a' dèanamh ceangal eadar gach buil agus raointean leasachaidh bhon Phlana Prògraim aig Fèisean nan Gàidheal airson 2015-20:

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		Raon sa Phlana Prògraim	Adhartas	Ìre
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean		Fèis Spè - £500 airson bùithtean-obrach danna-ceum do chom-pàirtichean nan Cèilidhean air Chuairt mar a' chiad cheum gus barrachd dannsa fhighe a-steach do phròg ram na fèise. Fèis Inbhir Narainn – £472 airson teanta-ciùil a chur air dòigh aig Fèis Belladrum a' tabhann bhùithtean-obrach agus fiosrachadh mu thachartasan fèise, cèilidhean air chuairt agus Blas Fèis nan Garbh Chrìochan - £500 airson bùithtean-obrach ciùil leis a' chòmhlan	

			Dosca aig deireadh na Sultaine Fèis Latharna - £844 airson pròiseact clàraidh.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròram obrach fad na bliadhna a chur air chois		Chaidh £29,333 a thabhann do dh'Fhèis Spè am-bliadhna gus taic a chumail ri dreuchd Oifigear Leasachaidh a chuidicheas le bhith toirt pròram obrach aonaichte gu buil. Seo an treas bliadhna de dh'aonta trì-bliadhna.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig		Chaidh Dràma air Chuairt a chur air dòigh le taic shònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig. Thug seo cothrom do chleasaichean òga Gàidhlig trèanadh is leasachadh a dhèanamh ann an sgilean cleasachd air thoiseach air cuairt seachdainneach. Chaidh dealbh-chluich ùr a sgrìobhadh le Catriona Leacsaidh Chaimbeul an aona-ghnothach airson a' phròiseict leis an ainm *Clach na Nathrach* agus bha Catriona Leacsaidh na stiùiriche cuideachd. Bha am buidheann air chuairt rè seachdain Blas le taisbeanaidhean agus bùithtean-obrach ann an àrd-sgoiltean agus dà thaisbeanadh poblach ann an Slèite agus Inbhir Nis. Thèid coimisean ùr a thoirt do cheòladair fo aois 26 pìos ùr ciùil a chur ri chèile airson Blas mar comharra air Bliadhna na h-Òigridh.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra		Sgrìobh Aonghas MacLeòid faclan airson taisbeanadh Bun-sgoil Ghlinne Dàil *An Tìgear a thàinig a chèilidh oirnn* is chuir Eilidh NicChoinnich fuinn riutha. Chaidh òran ùr iarraidh bhon sgrìobhadair òg, Robbie MacLeòid, a bhios ga chleachdadh ann an tachartasan Bliadhna na h-Òigridh 2018.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra		Faicibh AC3 agus AC4. Chaidh coimisean ùr Blas 2017 do Jo NicDhòhmnaill agus thug seo cothrom dhi sgeulachd Uilleam MhicMhathain innse le cuid de na h-òrain a chruinnich e gan gabhail le taghadh de sheinneadairean.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh		Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air adhart ann am Port Rìgh eadar 3mh agus 14mh Iuchar le 14 com-pàirtichean. Chaidh Daibhidh Walker fhastadh gus na compàirtichean a stiùireadh le Artair Donald na leas-stiùiriche agus fhuair iad taic bho dhithis a chaidh fhastadh mar luchd-aire/luchd-taic rè na sgoile. Chaidh bùithtean-obrach le eòlaichean ann an sgrìobhadh cruthachail agus pupaidearachd a lìbhreagadh le Catrìona Lexy Chaimbeul bho Theatre Gu Leòr agus Gavin Glover a tha na phupaidear stèidhichte ann an Glaschu le Potato Room Productions.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh		Chaidh £211,000 a thabhann do 45 Fèisean tron Sgeama Thabhartasan agus chaidh aire luchd-eagrachaidh a tharraing gu ìrean pàighidh Aonadh an Luchd-chiùil le moladh gluasad thar ùine na h-ìrean sin a phàigheadh.	

			Chaidh ìrean pàighidh Aonadh an Luchd-chiùil a tharraing gu aire luchd-eagrachaidh nam Fèisean a-rithist anns an stiùireadh air Sgeama Thabhartasan nam Fèisean airson 2018-19.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil		Tha iarrtas mòr ann fhathast air ionnsramaidean nuair a bhios na Fèisean a' tachairt, agus tha gu leòr dhiubh air mhàl nuair nach eil na Fèisean a' dol. Chaidh tabhartas a thoirt dhuinn bho theaghlach ann an Dùn Omhain airson bogsa-ciùil a cheannach mar chuimhneachan air Ian MacUilleam a dh'iarr gun rachadh airgead sam bith a thogadh aig a thòrradh gu ruige taic a chumail ri òigridh a tha ag ionnsachadh ceòl traidiseanta.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon		Tha sinn a' cumail oirnn a' stiùireadh an sgeama seo bho ar prìomh oifisean agus tha sinn a' cumail oirnn a' dèanamh deuchainnean sgrudaidh airson Fèisean le 114 dhiubh gu deireadh R4.	
AC10	A' toirt taic ionmhasail seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan		Gheibhear maoineachadh a bharrachd airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha iad sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga, le feumalachdan taice a bharrachd, cothrom air teagasg is tachartasan. Chaidh ceithir iarrtasan a chur air adhart airson taic bhon stòras seo gu deireadh R4.	
AC11	Bùithtean-obrach is pròg raman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)		Chaidh an 11mh Fèis Dràma Earra-Ghàidheal air adhart sa Chèitean le dà sgoil a' sealltainn trì dealbhan-cluiche. Thug sinn taic cuideachd, le oide a chur do sgoiltean Uibhist, ag ullachadh chloinne airson Fèis Dràma Uibhist.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G		Chaidh taic a thoirt do dh'aon Fhèis am-bliadhna le goireasan-teagaisg Gàidhlig freagarrach do dh'òigridh. Chaidh Fèisean eile air adhart le obair ann an Gàidhlig gun taic shònraichte bho Sgioba G.	
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean		Chaidh ar n-iomairt ro-sgoile, Hùb Hàb, do 23 sgoiltean a' lìbhrigeadh cùmhnant do Chomhairle nan Eilean Siar leis an taisbeanadh *Hùb-Hàb agus na Cumaidhean Ceòlmhor*. Bha timcheall air 700 sgoilear an sàs.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail		Bidh co-dhiù aon chuirm phoblach aig gach Fèis - bidh a dhà aig a' mhòr-chuid - agus gheibh iad sin taic bhon Sgeama Thabhartasan.	
AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta		Bha Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na maoine Tasgadh, le taic-airgid a bharrachd de £35,000 bho Alba Chruthachail, le £31,500 ga sgaoileadh ann an tabhartasan. An dèidh na 2na Gearran 2018, an ceann-latha mu dheireadh airson 2017-18, bha sinn air 66 iarrtas fhaighinn airson pròiseactan luach £169,117 gu h-iomlan. Chaidh 43 tabhartasan a thoirt seachad luach £31,500 mu choinneimh pròiseactan luach £122,474.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh				
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean		Chaidh £13,000 a thabhann do dh'Fhèisean gus luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh, 1.0 dreuchd Ionann ri Làn-thìde (ILT).	

AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh		Fhuair sinn iarrtas ballrachd bho Fèis ùr ann an Glaschu ach chaidh oidhirp shònraichte a dhèanamh gnothaichean a neartachadh a' cleachdadh structar Fèis Ghàidhlig Ghlaschu agus chaidh tachartas air adhart anns a' Chèitean 2017. Chaidh ballrachd aontachadh do dh'fhèis ùr, Fèis Chille Bhrìghde an Ear, san t-Sultain 2017.	
AC18	A' dol an sàs mar bhuidheann chom-pàirteach ann an obair Chom-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd		Bidh ar Prìomh Oifigear Leasachaidh a' dol gu coinneamhan den Bhuidhinn-stiùiridh aig Com-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd agus bidh sinn ag obair còmhla riuthasan, agus Alba Aosmhor, air pròiseact airson Bliadhna na h-Òigridh 2018.	
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile		Chaidh am pròram airson Fèis Bhlas 2017 fhoillseachadh aig deireadh an t-Ògmhios agus chaidh an fhèis a chumail eadar 1 is 9 Sultain. Bha pròram làidir ann le 36 consartan agus tachartasan sgoile is coimhearsnachd cuideachd. Chaidh taisbeanadh ùr a bharantachadh airson 2017 – *Dìleab Uilliem* le Jo NicDhòmhnaill. Ghabh Blas a-steach àiteachan anns na h-Eileanan an Iar airson a' chiad uair leis gun robh sinn airson cuirmean a chur air dòigh a' comharrachadh gun robh Mòrag NicLeòid agus Fionnlagh MacLeòid air aois 80 a ruighinn, a bharrachd air Ceana Chaimbeul agus Fergie Dòmhnallach. Chaidh *Dìleab Uilleim* air adhart a-rithist, le taisbeanadh nas lugha, aig a' Mhòd Nàiseanta san Dàmhair ann an co-bhonn ri Leabharlann Nàiseanta na h-Alba.	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig		Chaidh 5 Latha a chumail sa Ghiblean agus an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail san luchar, tha na dhà dhiubh nan tachartasan còmhnaidheach air an cumail sa Ghàidhlig. Tha sinn am beachd tachartas còmhnaidheach eile a chur air dòigh, 5 Latha nan Oileanach, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig. Chaidh Fèis nan Òran air adhart eadar 23 agus 25 Gearan 2018 do naoinear seinneadairean òga le stiùir bho Chaitlin NicAonghais agus Seumas Greumach. Rinn Calum Mac a' Mhaoilein taisbeanadh airson ùidh nan deugairean a thomhais anns a' phròiseact Fuaran.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile				
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean		Bidh na h-Oifigearan Leasachaidh againn a' toirt taic do ghrunn Fhèisean. Tha an sgioba sùbailte nan obair. Bheir iad taic do chàch a chèile nuair a tha aon oifigear gu h-àraidh trang agus bidh iad a' gabhail stiùir air pròiseactan sònraichte leithid Cèilidhean air Chuairt no Fuaran. Tha iad an sàs ann an tòrr dhiofar leasachaidhean airson nam Fèisean.	
AC22	A' cruthachadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail		Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cruthachadh, ag ath-dheasachadh agus a' lìbhrigeadh caochladh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth a' mhòr-chuid dhiubh a ghabhail òs làimh iad fhèin. Tha cuid dhuibh feumach air ùrachadh agus thèid an obair seo air adhart thairis air a' bhliadhna a tha	

			romhainn. Bha am fear às èiginnaiche a' dèiligeadh ri dàta a dhìon airson a bhith cinnteach gum cumamaid taobh a-staigh a' GDPR a bhios a' tighinn gu bith bhon 25mh Cèitean 2018. Tha sinn cuideachd a' lìbhrigeadh ar Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail.	
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain		Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas ioma-chuimseach mar phàirt den bhallrachd aca.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta		Ghabh 101 neach-eagrachaidh cothrom air trèanadh ann an 108 seiseanan. Bidh trèanadh eile ri fhaighinn aig àm sam bith nuair a bhios feum air.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin		Tha 128 seiseanan trèanaidh air a bhith ann don deichnear ag obair aig Fèisean nan Gàidheal.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh		Bidh Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic ri Fèisean ionadail gus sgilean òigridh a leasachadh tro chlasaichean leantainneach, bùithtean-obrach agus sàr chlasaichean. Tha cothroman co-obrachaidh a' dol air adhart tro phròiseactan HYAH agus Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba. Tha sinn an dùil stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh aon uair 's gum bi iad a' togail chomharran airson UCAS ann an Alba, no dòighean eile a lorg teisteanasan a thoirt dhaibh. Bha Diane Bruce air greis-obrach ScotGrad fad an t-sàmhraidh. Bha 47 còm-pàirtichean Chèilidhean air Chuiart an sàs ann an 45 seiseanan trèanaidh aig Fèis Alba anns a' Phloc.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal				
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh		Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus stuthan sanasachd dà-chànanach nuair a tha sin a dhìth, agus bidh an Sgioba-G a' cur thachartasan Gàidhlig air dòigh.	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh		Bha 7 Cèilidhean air Chuairt stèidhichte ann an 2017, nam measg còmhlan ga chruthachadh eadar Fèis an Earraich agus Fèisean nan Eilean Siar, a fhuair taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal. Chùm Fèis Rois 3 Cèilidhean eile air Chuairt, le maoineachadh fa leth.	
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile		Chaidh Blas a chumail eadar 1mh agus 9mh Sultain 2017. Faicibh AC19 gu h-àrd.	

AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte		Chuir sinn iarrtas slàn gu EventScotland mu choinneimh prìomh thachartas a chur air dòigh airson Bliadhna na h-Òigridh 2018. Ged a thug seo na b' fhaide na bha sinn an dùil, chaidh £110,000 a thairgse dhuinn sa Mhàrt 2018.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh		Bha grunn de na Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan Blas agus chluich Fèis Inbhir Narainn aig Belladrum. Chluich Cèilidh air Chuairt Fèis an Earraich agus nan Eilean Siar aig HebCelt. Bha gu leòr de luchd-ciùil a bha an sàs anns na Fèisean, cuid de ar luchd-teagaisg agus òigridh Fèis Rois a' gabhail pàirt ann am fèis chiùil Interceltique de Lorient san Lùnastal. Chaidh Guth nan Gael, iomlaid chultaireach leis an Ionad Oirghialla ann an Dùn Dealgan, Èirinn, a chumail aig Fèis Lochabair le dusan com-pàirtiche. Bha Mairead Ford agus Fergie Dòmhnallach ag obair còmhla riutha gus blasad de dhualchas na sgìre a thoirt dhaibh. Thèid turas a dh'Èirinn a chur air dòigh ann an 2018 leis gun do shoirbhich le taic-airgid fhaighinn bho Cholmcille.	
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan		Tha barrachd is barrachd der n-obair ga taisbeanadh sna meadhanan sòisealta agus tha grunn thachartasan rim faicinn a-nis air ar sianal YouTube. Chaidh dà chuirm a shruthadh beò air-loidhne agus tha sinn ag obair air leasanan air-loidhne a chur air dòigh mar phàirt den seanail didseatach FèisTV. Chaidh ar panto a chraobh-sgaoileadh air FèisTV bhon taisbeanadh poblach san Dùbhlachd aig an IronWorks ann an Inbhir Nis.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**				
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean		Tha 63 neach teagaisg air pàirt a ghabhail ann an 100 seisean trèanaidh gu deireadh R4. Chaidh bùth-obrach trèanaidh air adhart san Lùnastal airson oidean ciùil. Tha obair air cùrsa ùr do dh'oidean a-nise crìochnaichte agus bha seiseanan ann airson trèanadh a thoirt do luchd-trèanaidh san t-Samhain 2017 is sa Mhàrt 2018.	
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gun tèid am Poileasaidh Gàidhlig a chur an sàs		Ged nach deach seiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh'oidean air adhart ann an 2018-19, thug còig Fèisean seachad trèanadh ann an Gàidhlig do na h-oidean a chaidh fhatstadh leotha.	
AC35	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos		Tha sinn air taic a bharrachd fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig airson Fuaran a leudachadh, agus bidh na daoine òga an sàs sa phròiseact a' togail nan sgilean sin. Chaidh adhartas a dhèanamh, aig Fèis nan Òran, ach cho-dhùin sinn gum biodh e na b' fheàrr seo a thoirt air adhart ann am Bliadhna na h-Òigridh.	
AC36	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga		Rinn muinntir nan Cèilidhean air Chuairt seachdain trèanaidh aig Fèis Alba san Iuchar, a bharrachd air tachartasan trèanaidh ionadail ron sin.	

AC37	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil		Bha pàirt den trèanadh ga lìbhrigeadh aig Fèis Alba san Iuchar, agus cuiridh sinn tuilleadh trèanaidh air dòigh ma tha sin a dhìth.	
AC38	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain		Chaidh Meanbh-Fhèisean a chumail ann an Acadamaidh Chùil Lodair agus ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh san Ògmhios 2017. Bha an t-seirbheis Fèisgoil gu math trang ann an R4 le clasaichean Blasad Gàidhlig ann an sgìre na h-Eaglaise Brice, Sruighlea, Glaschu, Lannraig a Tuath agus air Ghàidhealtachd. Bha seo a' leantainn ullachadh airson Mòdan a' dol air adhart san Eilean Sgitheanach agus tro Acadamaidh a' Mhòid ann an sgìre Loch Abar. Chaidh prìsean a thoirt do AEA, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba agus Comhairle na Gàidhealtachd airson tuilleadh obrach leis na buidhnean sin ann an R4. Gu mi-fhortanach, cho-dhùin Comhairle na Gàidhealtachd gun a dhol air adhart.	
AC39	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròg raman eile		Chaidh clasaichean Ceòl Traidiseanta a chumail anns gach sgoil an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd ach le nas lugha de sheiseanan ri linn gearraidhean ann am buidseat ICO. Ghluais seirbheis ciùil Chomhairle na Gàidhealtachd gu High Life Highland agus feumaidh sinn feitheamh gus faighinn a-mach dè bhuaidh a dh'fhaodadh seo a thoirt air ICO bho 2018-19 air adhart.	
AC40	Pròg raman de chlasaichean Gàidhlig ann an sgoiltean coltach ri GLPS		Faicibh AC38.	
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan		Faicibh AC20.	
AC42	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean		Tha luchd-teagaisg a' faighinn taic le teagasg Gàidhlig aig an ìre seo bhon sgioba Blasad Gàidhlig leis gum bi iad fhèin an làthair fhad 's a tha na seiseanan a' dol air adhart. Bha Fèisgoil ga riochdachadh aig An t-Alltan san t-Sultain.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin				
AC43	Tòisichidh sinn a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd ann an 2015		Tha sinn a' cur an gnìomh Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail a chaidh aontachadh le Alba Chruthachail. Fhuair Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal aithisg air adhartas thairis air a' chiad bhliadhna aig coinneamh san t-Sultain.	
AC44	Plana Co-ionannachd is Iomadachd a dhealbh airson toiseach Bliadhna 2 den Mhaoineachadh Chunbhalach		Faicibh AC43.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.				

AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)		Thòisich luchd-obrach is Buill a' Bhùird a' clàradh sgaoilidhean carbon bho 1 Giblean 2015. Thòisich oidean air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal gan clàradh bho 1 Giblean 2016. Bidh sinn a' cur aithisg bhliadhnail gu Alba Chruthachail mun ìre de charbon a bhios sinn a' cosg agus, sa chùmhnant airson 2018-21, bidh feum air plana a dheasachadh airson carbon a lùghdachadh agus sin a chur an gnìomh.
AC46	A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math		Bidh sinn a' cumail romhainn tòrr thachartasan a chur air dòigh ann an sgìrean ionadail, a tha a' ciallachadh nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gu bailtean nas motha airson tachartasan ealain.
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba			
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach		'S ann tro mheadhanan didseatach as motha a bhios sinn a' conaltradh a-nise. Tha sinn air ceithir cuairt-litrichean ullachadh ann an 2017-18 agus chaidh an sgaoileadh gu h-eileagtronaigeach, mar a rinn sinn le ar n-Aithisg Bhliadhnail san t-Sultain. Bidh sinn a' cleachdadh ar làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus Mailchimp gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is iomairtean eile.
AC48	A' dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra		Chaidh goireasan Fuaran a sgaoileadh fad is farsaing agus tha sinn an-dràsta a' toirt sùil air mar a ghabhadh goireasan eile a sgaoileadh ann an cruth didseatach.
AC49	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine		Le FèisTV air bhonn, tha sinn air tairgsean iarraidh airson leasanan air-loidhne a chruthachadh. Cha d' fhuair sinn na bha a dhìth a thaobh àireamhan de thagraichean agus dh'iarr sinn tairgsean a-rithist. Fhuair sinn taic a bharrachd bho Bhòrd na Gàidhlig mu choinneamh cuid de na goireasan teagaisg againn a chur ann an cruth didseatach. Bha adhartas ann le seo ann an R4 ged nach eil iad deiseil fhathast.
AC50	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach		Tha am pròiseact Fuaran a' leantainn leis na h-òrain bhon chiad tamail ri fhaighinn a-nise. Tha sinn an dùil gum bi seinneadairean eile an sàs san aon seòrsa obrach. Bha aig na còmhlain Cèilidh air Chuairt ri rannsachadh a dhèanamh agus òrain Ghàidhlig a chleachdadh bhon sgìre dham buin iad.
AC51	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan		Faicibh AC32.
Fiosrachadh Àireamheil			

Obraichean a fhuair taic (air an cruthachadh/gleidheadh) ILT	90.6	Airgead air a tharraing a-steach (HIE)	£1,294,727	Meudachadh san toradh ionmhasail	£139,312	Luchd Saor-thoileach	478
Tabhartasan do dh'Fèisean	£323,556	Tabhartasan Eile	£31,500	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig Tachartasan nam Fèisean	6,648	Seirbheisean a chaidh an leasachadh	3

Seirbheisean Ùra ann an Sgìrean Dùbhlanach	2	Luchd-trèanaidh	221	Luchd-èisteachd aig consairtean/tachartasan nam Fèisean	6,808	Luchd-èisteachd Bhlas	11,134
Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt	14,120	Fèisean ùra air an stèidheachadh	1	Barrachd chomasan aig buidhnean coimhearsnachd	1	Tachartasan Cultarach	688
Tachartasan Bhlas	75	Tachartasan nan Cèilidhean air Chuairt	179	Cothroman cluich/cleasachd eadar-nàiseanta do dh'òigridh	1	Iomlaidean eadar-nàiseanta	1
Cothroman Coimeirsealta	1	Obair co-cheangailte ri rian a chumail air atharraichean sa bhuidhinn	1	Obair thionnsgalach	2	Daoine òga a fhuair taic gus pàirt a ghabhail ann am pròg raman trèanaidh	49

Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean				
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil				
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain		Faicibh AC38 gu h-àrd.	
InG2	A' leudachadh phròg raman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan		Faicibh AC13 gu h-àrd.	
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG4	Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean		Faicibh AC42 gu h-àrd.	
InG5	Eadar-theangachaidhean Gàidhlig		Bithear a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean gu Gàidhlig gu cunbhalach gus cuideachadh le bhith coileanadh ar Poileasaidh Gàidhlig.	
InG6	Teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean nuair bhios cothroman gan cur a-mach gu tairgse		Faicibh AC38 gu h-àrd.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean				
InG7	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh		Faicibh AC17 gu h-àrd. Tha sinn mothachail gu bheil buidheann coimhearsnachd airson Fèis a stèidheachadh ann an Diùra ged nach eil adhartas air a bhith ann fhathast.	
InG8	A' cur airgead an seilbh Maoin Leasachaidh nam Fèisean gus leasachaidhean cruthachail ùra a mhaoineachadh ann an coimhearsnachdan agus tha an t-airgead sin a' toirt cothrom don luchd-iarrtais tuilleadh maoineachaidh a tharraing a-steach		Faicibh AC1 gu h-àrd.	
InG9	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean		Tha gach Oifigear Leasachaidh an urra ri mu 11 Fhèis dom bi iad a' toirt taic gu cunbhalach aig ìre ghnìomhach agus ro-innleachdail.	
InG10	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus pròg raman coimhearsnachd a chumail suas		Às dèidh do mar a ghlèidh Fèis Rois maoineachadh cunbhalach bho Alba Chruthachail, tha Fèisean nan Gàidheal a-nis air a chur romhpa taic ro-	

			innleachdail a thoirt do dh'Fhèis Spè feuch an tèid aca air na planaichean aca airson leudachadh a thoirt gu buil. Tha seo a' leantainn ann an 2017-18.	
InG11	PròGraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean		Thèid an leithid a thrèanadh a thabhann nuair a bhios iarrtas ann air a shon. Gu deireadh R4 fhuair 101 trèanadh ann an cuspairean eadar-dhealaichte.	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh				
InG12	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga		Faicibh AC36 gu h-àrd.	
InG13	A' tabhann cùrsaichean trèanaidh ùghdarraichte do dhaoine òga		Fhuair luchd-obrach trèanadh gus an urrainn dhaibh stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh, agus rinn sinn adhartas le trèanaidh ùghdarraichte. Tha coltas ann gun gabhadh cothrom a thoirt don òigridh anns na Cèilidhean air Chuairt, tro cho-obrachadh le Colaiste na Gàidhealtachd an Iar, NPA a dhèanamh ann an Riochdachadh Fuaime agus Taisbeantas Ciùil.	
InG14	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil		Faicibh AC37 gu h-àrd.	
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean		The luchd-obrach air trèanadh Gàidhlig a dheànamh cho math ri Co-ionnanachd is Iomadachd, dleastanasan a thaobh na h-àrainneachd, riaghailtean ùra airson fiosrachadh a dhìon, pàrantachd corporra agus obair le daoine fuadain. Tha luchd-eagrachaidh nam Fèisean air treànadh a ghabhail os làimh ann an ciad cobhair agus dìon-chloinne. Fhuair triùir le ùidh a bhith nam buill den Bhòrd-stiùiridh inntrigeadh mu dhleastanasan nam ball agus fhuair na buill ùra uile cothrom air seisean inntrigidh san Dùbhlachd. Thèid tuilleadh trèanaidh a chur air dòigh do luchd-obrach agus do na Fèisean aig àm sam bith.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach				
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt		Faicibh AC28 gu h-àrd. Cha robh sinn an dùil an àireamh seo a leudachadh ann an 2017-18 an dèidh dhuinn sin a choileanadh ann an 2016-17.	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas		Faicibh AC19 is AC29 gu h-àrd.	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte		Faicibh AC30 gu h-àrd.	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh		Faicibh AC31 gu h-àrd.	

Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.18.		Tha an obair seo a' leantainn far a bheil co-obrachadh cunbhalach a' dol eadar oifigearan nan Iomairtean agus Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean. Bidh luchd-obrach a' clàradh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad ag obair leis na h-Iomairtean.	
BnG2	Seisean seinn gach mìos ann an Inbhir Nis agus seiseanan 'cofaidh is còmhradh' gu cunbhalach ann an oifisean Phort Rìgh/Inbhir Nis nam biodh dearbhadh air iarrtas ann.		Tha seisean seinn *Tac an Teine* a' dol air adhart air a' chiad Disathairne de gach mìos ann an Taigh-òsta a' Ghlinne Mhòir air bruthaichean Abhainn Nis, ach a-mhàin tro mhìosan an t-samhraidh. Bha àireamhan math a' frithealadh nan seiseanan air 10mh Gearran agus 3mh Màrt. Bidh Cofaidh is Còmhradh ga chumail a-rithist gach cola-deug air Diciadain ann an Taigh-òsta na Luchairt ann an Inbhir Nis aig 1f. Chan eil ùidh air nochdadh airson Cofaidh is Còmhradh ann am Port Righ ach tha sinn gu math deònach a dhèanamh nam biodh dearbhadh air iarrtas a-rithist.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.18.		Chaidh seiseanan trèanaidh cànain a chumail Dimàirt 20 Ògmhios, 7 Dùbhlachd agus 18 Dùbhlachd 2017 agus 27 Gearran 2018.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.18.		Faicibh AC25 agus InG15 gu h-àrd.	
BnG5	A' toirt taic do co-dhiù 44 Fèis air feadh Alba, tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.18.		Faicibh AC7 gu h-àrd. Tha seo a' leantainn mar bu chòir le 47 Fèisean a-nise le ballrachd ann am Fèisean nan Gàidheal.	
BnG6	Fèis Bheag neo seiseanan tràth-bhliadhnaichean aig co-dhiù 6 Fèisean ro 31.03.18.		Faicibh AC13 gu h-àrd. Suas gu deireadh R3 bha 24 Fèisean air seiseanan tràth-bhliadhnaichean a chumail.	
BnG7	Panto Gàidhlig ann an co-dhiù 6 àiteachan ro 31.03.18.		Bha am Panto Gàidhlig, *Anna Bheag a' Chòta Dheirg,* air chuairt eadar 27 Samhain agus 15 Dùbhlachd, sgeulachd air ùr-sgrìobhadh leis an Oifigear Dràma againn, Aonghas MacLeòid. Thadhail e air 25 àiteachan (50+ sgoiltean an làthair) air beulaibh 2,313 duine agus bha taisbeanadh poblach ann a chaidh a sgaoileadh tro FèisTV.	
BnG8	80 bùth-obrach dràma Gàidhlig air an lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.18.		Gu deireadh R4 tha sinn air 226 bùithtean-obrach dràma a lìbhrigeadh ann an sgoiltean-àraich, bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean air feadh na dùthcha le measgachadh de bhùithtean-obrach eadar-obrachail is taisbeanaidhean.	
BnG9	Co-dhiù 3 clubaichean dràma air an stèidheachadh ann an àrd-sgoiltean agus ann an co-bhonn ri buidhnean eile, mar eisimpleir Eden Court, ro 31.03.18, ma tha airgead ann tro Lìonra Dràma na Gàidhlig.		Cha do shoirbhich leinn na clubaichean a stèidheachadh am-bliadhna leis nach robh ùidh gu leòr bho sgoilearan. Le aonta bho Bhòrd na Gàidhlig bha sinn a' co-obrachadh le Eden Court agus chaidh dà latha dràma a chur air dòigh aig Eden Court air 2na agus 3mh Samhain le fiathachadh ga thoirt gu àrd-sgoilearan le Gàidhlig san sgìre. Ghabh 11 pàirt agus dh'ionnsaich iad sgilean dràma is stèidse a bharrachd air pìosan dràma a leasachadh. Chaidh taisbeanadh poblach a chur air dòigh air 3mh Samhain.	
BnG10	Turas 6 seachdainean timcheall bhun-sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a teagasg, ro 31.03.18.		Am-bliadhna chaidh a' chuairt seo a bhriseadh ann an dà leth. Chaidh cuairt timcheall sgoiltean tìr-mòr na dùthcha air dòigh san t-Sultain agus san Damhair	

			leis na cleasaichean Calum Dòmhnallach agus Ellen NicDhòmhnaill. Stèidhichte air aramach nan Seumasach tha *Teàrlach fo Chasaid* a' toirt cothrom do sgoilearan p 4-7 ionnsachadh mu bheatha a' Phrionnsa Teàrlach ann an dòigh inntinneach, eadar-obrachail. Chaidh an dàrna earrann den chuairt air adhart eadar 13mh agus 26mh Gearran 2018, a' tadhal air sgoiltean an Eilein Sgitheanaich agus nan Eilean Siar.	
BnG11	Turas 2 sheachdain le dealbh-chluich dhà-chànanach, gu sònraichte airson sgoiltean a tha a' faighinn FLI no seiseanan Fèisgoil, ro 31.03.18.		Chaidh Aonghas MacLeòid air an rathad le dealbh-chluich dà-chànanach stèidhichte air beatha Choinnich Odhair. Thadhal e air sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a teagasg mar an dàrna 's an treasamh cànain aig ìre-bun-sgoile. Uile gu lèir chaidh e gu 14 sgoiltean san t-Sultain 2017, le 34 taisbeanaidhean air beulaibh 873 sgoilearan.	
BnG12	40 tachartas aig Blas 2017 le pròg ram coimhearsnachd is sgoile na lùib, ann an co-bhonn ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh chànan air an àrd-ùrlar.		Faicibh AC19 gu h-àrd. Chaidh Blas 2017 air adhart eadar 1 agus 9 Sultain le 35 prìomh thachartasan a bharrachd air pròg ram sgoile is coimhearsnachd. Am-bliadhna bha measgachadh de chonsartan is cèilidhean ann agus airson a' chiad uair chaidh tachartasan gan cumail sna h-Eileanan Siar. Chaidh ceithir consartan sònraichte a chumail airson comharrachadh gun robh na Sàr-Ghàidheil Fergie Dòmhnallach, Ceana Chaimbeul, Mòrag NicLeòid agus Fionnlagh MacLeòid air aois 80 a ruighinn. Bha coimisean sònraichte, *Dìleab Uilleim,* ann a thug seachad eachdraidh Uilleam MhicMhathain le seinneadairean Gàidhlig a' gabhail cuid de na h-òrain a chruinnich e. Nochd seinneadairean Gàidhlig, nam measg; Màiri NicAonghais, Seumas Greumach, Raibeirt MacDhonnchaidh, Maighread Stiùbhairt, Murchadh Dòmhnallach, Mischa Nic a' Phearsain, Sian agus Còisirean Gàidhlig Inbhir Nis is Inbhir Pheofharain. A bharrachd air sin bha cuid de na còmhlain is luchd-ciùil as fheàrr a th' againn a' aig cuirmean air feadh na sgìre, leithid; Skerryvore, Breabach, Raibeart Nairn, Lauren NicCholla, Skipinnish is Mànran. Bha sinn toilichte fàilte a chur air Sharon Shannon is Fidil à Èirinn agus air Calum MacCoinnich is Alexis NicÌosaig à Canada. Mar phàirt de phròg ram nan sgoiltean is nan coimhearsnachdan bha sinn air leth toilichte Dràma air Chuairt fhoillseachadh. Stèidhichte air Cèilidhean air Chuairt, ach le cleasaichean an àite luchd-ciùil, fhuair ceathrar duine òga an cothrom trèanadh pròifeiseanta fhaighinn mus deach iad air an rathad le dealbh-chluich Gàidhlig a bha air sgrìobhadh aon aona-ghnothach le Catriona Leacsaidh Chaimbeul a bha cuideachd na stiùiriche air a' chuairt. Ghabh an sgioba pàirt ann an 3 taisbeanaidhean sgoile, 5 bùithtean-obrach agus 2 thaisbeanadh poblach. Bha sinn air leth toilichte an t-seirbheis ùr againn FèisTV a chur gu seòl rè na Fèise le dà chuirm air an sruthadh beò air-loidhne gu luchd-èisteachd eadar-nàiseanta.	

BnG13	Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach le prìomhachas air a' Ghàidhlig, le fear/bean-an-taighe le Gàidhlig. Luchd-ciùil le Gàidhlig air am brosnachadh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis.		Tha e na phrìomhachas aig Fèisean nan Gàidheal gum bi a' Ghàidhlig aig cridhe Blas agus gu bheil i ri cluinntinn agus ri faicinn aig gach tachartas. Bha gach oidhche air a cumail fo stiùir Fear no Bean an Taighe le Gàidhlig 's rinn an luchd-ciùil a bha nochdadh aig an fhèis, 's aig a bheil a' Ghàidhlig, deagh oidhirp a bhith ga chleachdadh air an àrd-urlair. A bharrachd air sin bha *Dìleab Uilleim* agus na cuirmean aig Mòrag NicLeòid, Ceana Chaimbeul agus Fionnlagh MacLeòid gan lìbhrigeadh cha mhòr gu tur sa Ghàidhlig.	
BnG14	Pìosan ciùil ùra air an cluich le luchd-ciùil mar phàirt de Bhlas 2017, le co-dhiù 4 taisbeanaidhean rè na Fèise.		Am-bliadhna aig Blas chaidh sreath de chuirmean a chur air dòigh air an robh *Dìleab Uilleim* air an cur ri chèile le Jo NicDhòmhnaill. Bha an coimisean seo a' dèanamh luaidh air Uilleam MacMhathain agus an obair mhòr a rinn e gus òrain, seanachas is eile a chruinneachadh. Thadhail na cuirmean ann an Uibhist a Tuath, An t-Eilean Sgitheanach, Muile agus Inbhir Nis. A-measg nan seinneadairean is luchd-ciùil a bha mar phàirt dhen choimisean bha Ross MacUilleim, Raonaid Walker, Ailean Dòmhnallach, Christine Primrose, Linda NicLeòid, Eilidh NicCarmaig, Alasdair MacIlleBhàin agus Raibeart MacDhonnchaidh. Bha Jo na bean an taighe air an oidhche a' toirt seachad fiosrachadh mu Uilleam agus na h-òrain a bha air an gabhail leis na seinneadairean. Bha an coimisean air fad air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, le leabhran Beurla air an toirt seachad aig toiseach na h-oidhche do luchd-èisteachd gun Ghàidhlig le fiosrachadh mu Uilleam agus na h-òrain. A bharrachd air seo bha dà thaisbeanadh ann den choimisean ùr *The Seer* le Lauren NicCholla a chuir Fèis Rois air dòigh. Tha an coimisean seo stèidhichte air fàisneachdan Choinnich Odhair.	
BnG15	Fiosrachadh agus sanasachd dà-chànanach mar phàirt bunaiteach den Fhèis, a' gabhail a-steach fear/bean-an-taighe aig gach tachartas.		Bha brathan-naidheachd is sanasachd air an dèanamh gu dà-chànanach agus bha fear/bean-an-taighe a' lìbhrigeadh gach consart san dà chànan.	
BnG16	Ag amas air 15 duine aois 14–18 a bhith a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma 2017.		Faicibh AC6 gu h-àrd.	
BnG17	Ag amas air 16 sgoilear àrd-sgoile a bhith a' gabhail pàirt san tachartas còmhnaidh aig na Gearrannan, Eilean Leòdhais aig àm na Càisge 2018.		Thèid 5 Latha 2018 a chumail eadair 2na agus 7mh Giblean.	
BnG18	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh air Gàidhlig mar chànan làitheil agus rianachd na buidhne.		Thathas a' cur am poileasaidh an gnìomh tro gach raon-obrach sa bheil sinne mar bhuidheann, agus na Fèisean, an sàs.	
BnG19	Fios ùr gach ràithe air ciamar a chaidh airgead a' Bhùird a chleachdadh anns an ràithe mu dheireadh.		Tha an aithisg seo ann cho math ri aithisg eile a bhios Manaidsear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal ag ullachadh do Bhòrd na Gàidhlig.	

BnG20	Fios ùr gach ràithe air suidheachadh ionmhasail na buidhne gu h-iomlan.		Tha Cunntasan Riaghlaidh air an dearbhadh le luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh mar phàirt den aithisg seo.	
BnG21	Clàr-chunnartan air a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus lethbhric de phàipearan airson coinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal co-cheangailte ris a' chuspair seo, le fios às ùr air gnìomhan lasachaidh, an dèidh choinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal.		Bidh Bòrd na Gàidhlig a' faighinn a h-uile pàipear airson coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne. Chaidh aithisg mu Chlàr Chunnartan na buidhne a chur gu Bòrd-Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal sa Chèitean agus chuir am Manaidsear Leasachaidh lethbhreac air adhart do Bhòrd na Gàidhlig san luchar an cois aithisg R1.	
BnG22	Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseact, le fianais as ùr gach ràithe.		Bithear a' sealltainn suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig anns na stuthan clò-bhuailte uile agus bithear a' toirt aithne don taic bho Bhòrd na Gàidhlig anns gach brath-naidheachd, air an làrach-lìn againn agus an cois phuist-d.	
BnG23	Sanasan naidheachd air an cur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro làimh agus cothrom a thoirt don Bhòrd fios a chur riutha.		Bidh an cothrom seo aig Bòrd na Gàidhlig nuair a tha taic ga thoirt don obair air a bheil an t-sanas naidheachd a' toirt iomradh, m.e. cur gu seòl Blas san Ògmhios agus dealbh-chluich na Nollaige san Dùbhlachd.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R3.		Chan urrainnear aithris air adhartas leis nach do nochd Aonta Ìre Seirbheis fhathast, ged a fhuair sinn maoin, bho Chomhairle na Gàidhealtachd.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar				
CnES1	£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle a chosg air Fèisean nan Eilean Siar tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Tha cuibhreann £9,900 pàighte le £35,493 gu h-iomlan air a ghealltainn do na Fèisean.	
CnES2	£2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneamh cosgaisean Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde stèidhichte sna h-Eileanan Siar.		Tha oifigear làn-thìde againn stèidhichte ann an Steòrnabhagh ach a' frithealadh Fèisean air feadh nan Eilean Siar.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh tabhartasan do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean aig Fèisean nan Gàidheal.		Tha cuibhreann £9,000 pàighte gu ruige seo le £35,894 gu h-iomlan air a ghealltainn do na Fèisean.	
CEB2	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh cosgaisean Oifigear Leasachaidh stèidhichte ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid.		Tha oifigear làn-thìde againn a bhios a' frithealadh Fèisean sgìre Earra-Ghàidheal agus Bòid, ga stèidheachadh fhèin san sgìre a-rèir feum.	
CEB3	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh tachartasan ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid mar phàirt de Bhlas 2017.		Chaidh ceithir tachartsan air adhart ann Earra-Ghàidheal agus Bòid mar phàirt de Bhlas 2017 - ann an Tiriodh, san Òban, ann am Bun Easain agus ann an Taigh a' Bhealaich - a' cleachdadh cuibhreann de dh'airgead na comhairle.	

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg ram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2018

Fèisean nan Gàidheal

Blas 2018

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.02(b)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu phròram airson Blas 2018 agus buidseat fèis na bliadhna seo aontachadh.

Fiosrachadh

Bhon a fhuair sinn dearbhadh air maoineachadh bho Chomhairle na Gàidhealtachd sa Ghearran airson Blas 2018 tha a' bhuidheann pròramaidh air coinneachadh dà thuras airson coimhead ri pròram na bliadhna-sa.

Tha dreach den phròram mar a tha e an-dràsta an cois na h-aithsg seo ach, bu chòir buill a bhith mothachail gum faodar seo atharrachadh. A bharrachd air seo tha buidseat airson na fèise ri fhaicinn gu h-ìseal agus tha seo a' gabhail a-steach a' mhaoineachadh a fhuair sinn bho EventScotland airson tachartas 'Òran Mòr' a bhios a' comharrachadh Bliadhna na h-Òigridh.

Chaidh cùmhnant a thoirt do Chriosaidh NicRath a-rithist mar Cho-òrdnaiche Blas agus tha i ag obair ri pròram na fèise a dhearbhadh. Thathar an dòchas gun tèid am pròram fhoillseachadh ro dheireadh an Ògmhios.

An dèidh dhuinn sanasachd agus tagraidhean iarraidh, chaidh cùmhnant a thoirt do Nick Firth a bhios ag obair mar Cho-òrdanaiche Pròiseict, gu sònraichte air tachartasan Bliadhna na h-Òigridh aig Blas.

Gnìomhan a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird:

(1) Fainear a thoirt don adhartas le pròram Blas 2018
(2) An aonta a chur ris a' bhuidseat airson Blas 2018.

Calum Ailig MacMhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
Cèitean 2018

Dihaoine 7 Sultain

Ceann Latha	Àite	Tachartas	Còmhlain
07/09/2018	Ironworks, Inbhir Nis	Niteworks	Niteworks Inyal
07/09/2018	Calmac Terminal / An Lanntair Stronoway	Crossing the Minch	Calum MacCrimmon
07/09/2018	An t-Eilean Sgitheanach	Fèis an Earraich aig 30	
07/09/2018	Oban	Play Gaelic (Trailwest)	Trailwest Singer
07/09/2018	Uist - co-obrachadh le Ceòlas	Padraig Morrison Ciaradh na h-oidhche	Padraig is an Còmhlan
07/09/2018	Speyside / Nairnshire	FIN & FS CT	CT
08/09/2018	Ath Tharcaill	Cèilidh	

Disathairne 8 Sultain

Ceann Latha	Àite	Tachartas	Còmhlain
08/09/2018	Ullapool Ferry Terminal	Crossing the Minch	Calum MacCrimmon
08/09/2018	Sleat	Play Gaelic (Trailwest)	Trailwest Singer
08/09/2018	Strathpeffer Pavillion	Còisirearan	An t-Oban Inbhir Pheofharain Inbhir Nis
08/09/2018	Cille Mhoire	Padraig Morrison The Uist Ceilidh	Padraig is an Còmhlan
08/09/2018	Harris	John Murdo @ 80	Various
08/09/2018	Lochabair/Earra-Ghàideal	Fèis Lochabair & Fèis Latharna CT	

Didòmhnaich 9 Sultain

Ceann Latha	Àite	Tachartas	Còmhlain
09/09/2018	Naomh Chathedral	Celtic Praise?	Donnie Murdo Calum Martin

09/09/2018	Naomh Chathedral	Celtic Praise!	Isobel Martin

Diluain 10 Sultain

Ceann Latha	Àite	Tachartas	Còmhlain
10/09/2018	Resolis	Clann	Begleys Maggie MacInnes and Family
10/09/2018	Portmohomack	Cruinn and Assynt	Cruinn Assynt

Dimàirt 11 Sultain

Ceann Latha	Àite	Tachartas	Còmhlain
11/09/2018	Plockton	Clann	Begleys Maggie MacInnes and Family
11/09/2018	Farr Community Hall	Coimisean	Commission Douglas Cameron
11/09/2018	Invergarry	Cruinn and Assynt	Cruinn Assynt

Diciadain 12 Sultain

Ceann Latha	Àite	Tachartas	Còmhlain
12/09/2018	Leven Centre	Clann	Begleys Maggie MacInnes and Family
12/09/2018	Applecross	Coimisean	Commission Anna & Mairearad
12/09/2018	Gairloch	Julie Fowlis & Plockton	Julie Plockton
12/09/2018	Raasay (Distillery)	Douglas Cameron	Douglas Cameron Seinneadair
13/09/2018	Inverness Town House	Binneas nam Ban	Margaret Stewart Kathleen Macinnes Sian House band

Diardaoin 13 Sultain

Ceann Latha	Àite	Tachartas	Còmhlain
13/09/2018	Tiree	Clann	Begleys Maggie MacInnes and Family
13/09/2018	Tayvallich / Earra-Ghàidheal	Dàimh + Kim Carnie	Dàimh Kim Carnie
13/09/2018	Skye (Aros / Columba 1400)	Alasdair Gillies @ 80	

13/09/2018	Nevis Centre	Julie Fowlis with Anna & Mairearad	Julie Anna & M
13/09/2018	Stratherrick Hall	Adam Sutherland + Josie and Pablo	
12/09/2018	Sutherland Sessions	Coimisean	Commission Douglas Cameron CT's

Dihaoine 14 Sultain

Ceann Latha	Àite	Tachartas	Còmhlain
14/09/2018	Inverness / Aviemore	Ceòl nam Fèis	
14/09/2018	Glenuig	Dàimh + Kim Carnie	Dàimh Kim Carnie
14/09/2018	Bernera	Oidhche Dhòmhnaill MhicAmhlaidh / Cèilidh	
14/09/2018	Islay	Cèilidh	Band Singer
14/09/2018	Thurso/Wick	Adam Sutherland + Josie and Pablo	
14/09/2018	Roybridge	Coimisean	Commission Douglas Cameron
07/09/2018	Lochinver	Wolfstone & Support	Wolfstone

Disathairne 15 Sultain

Ceann Latha	Àite	Tachartas	Còmhlain
15/09/2018	Northern Meeting Park	Òran Mòr	
15/09/2018	Woodlands Centre	Dolina @ 80, John Murray @ 80	
15/09/2018	Inverness	Cèilidh	

BLAS & ÒRAN MÒR BUDGET 2018

INCOME	
Surplus from previous festival	£1,881
Highland Council Grant	£65,885
Highland Council In-kind	£2,000
Box Office	£50,829
Creative Scotland	£35,000
Bòrd na Gàidhlig	£20,000
HIE	£5,000
Sponsorship	£14,000
Argyll & Bute Council	£12,000
Comhairle nan Eilean Siar	£2,000
EventScotland	£110,000
Merchandising	£4,900
Food Concession	£400
BBC Facility Fee	£1,000
Fèisean nan Gàidheal In-kind	£23,000
Total Income	**£347,895**
EXPENDITURE	
Programme Costs	
Artists' Fees (including travel in most cases)	£81,000
Accommodation for Artists and Crew	£19,000
Meals for Artists and Crew and Blas Reps and FBT's	£13,000
New Music Commission Fee	£7,500
International Flights	£2,000
International Artists Domestic Travel Fuel	£500
International Artists Domestic Travel (in-kind minibus from HC)	£750
Stage/Concert Management/Fear or Bean-an-Taighe/Blas Reps	£500
Music Directors	£4,000
Tutors' Fees	£2,000
Tutors' Expenses	£2,750
Venue Hire & Commission to Promoters/Production Cost	£14,859
PA & Lighting	£74,000
Stewarding	£4,000
Policing and Licensing	£4,000
Merchandising Purchases	£3,100
T-shirts for performers	£6,000
PR, Advertising & Marketing	
Press/PR	£3,500
Social Media Marketing campaign	£2,000
Posters/Overprinting/Postage	£3,500
Leaflet Print x 40,000	£3,200
Leaflet Distribution	£1,100
Postages	£400
Promotional materials (Banners, oversize posters etc)	£600
Advertising	£11,000
Commission to Ticketline	£600

Ticket Printing	£900
Management & Production Costs	
Festival Organiser	£15,000
Travel for Festival Organiser	£1,000
Òran Mòr Coordinator	£15,000
Travel for Òran Mòr Coordinator	£2,000
Outdoor Event Logistics Coordinator	£4,000
Fèisean nan Gàidheal Staff Time In-kind	£9,000
Fèisean nan Gàidheal Management Fee	£15,000
Action Group/Board Costs	£1,000
Photography/Visuals	£2,500
Gaelic Translations (in-kind from HC)	£1,300
Insurance	£5,700
Royalties	£300
Accountancy/Companies House	£1,150
Market Research	£450
Contingency	£8,736
TOTALS	**£347,895**
Surplus/Deficit current	**£0**

Fèisean nan Gàidheal

Fèisgoil

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.02(c)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu adhartas le Fèisgoil eadar an Gearran agus an Cèitean 2018.

Bun Fhiosrachadh

Bidh fios aig buill a' Bhùird gu bheil an t-seirbheis Fèisgoil againn a' toirt a-steach an obair air fad a bhios Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh ann an sgoiltean, cho math ri obair sam bith anns a bheil sinn an sàs a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail agus bhuidhnean poblach amasan sna planaichean Gàidhlig aca a chur an gnìomh.

Prìomh obrach

Seo na prìomh thachartasan a tha air a bhith a' dol anns na beagan mhìosan a dh'fhalbh.

Dràma: Bùithtean-obrach is tursan

1. **Meanbh Chuileag**: *Tèarlach fo Chasaid* – an dàrna leth de thuras nan sgoiltean

   Oidean: Megan NicGilleFhaolain & Daibhidh MacCoinnich

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
2	24	22	591

2. **Hùb Hàb:** *Seirm na Sìde* – earrann 1

   Oidean: Megan NicGilleFhaolain & Catriona NicNeacail

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
2	19	22	749

3**. Fèis Dràma Eilean Sgitheanach & Loch Ailse (FDES&LA)**

   Oide: Catriona Leacsaidh Caimbeul

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	4*	37	66

**Bidh BS Mhalaig a' gabhail pàirt ann an tàisbeanadh fhein ged nach robh iad an sàs leis na bùithtean-obrach*

4 **Bùithtean-obrach BS an t-Sàilein (an àite FDLA &EG)**

   Oide: Artair Donald

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	tbc	tbc	tbc

Bùithean obrach/taisbeanaidhean dràma - ar targaid airson 2017-18 = 80; lìbhrig sinn 226
2018-19 – targaid = 80; as deidh sia seachdainean lìbhrig sinn 63

Ceòl: bidh na h-àireamhan againn airson a' mhòr chuid de na proiseactan gu h-ìosal anns an raith ri teachd. 2017-18 = 1,746 seiseanan (Iomairt Chiùil na h-Òigridh (THC), Seinn & Acadamaidh a Mhòid)

1. **Iomairt Chiùil na h-Òigridh**
   17/18: lìbhrig sinn 8 seachdainean ann an 173 bun-sgoiltean air a' Ghàidhealtachd
   18/19: an aon chùmhnant againn ach còmhla ri High Life Highland an àite Còmhairle na Gàidhealtachd. Lìbhrigidh sinn a' chuid as motha de na seiseanan ciùil eadar an Sultain is an t-Samhain 2018.

2. **Seinn**
   Taic le ullachadh airson mòdan agus taisbeanaidhean ann an sgoiltean an Eilein Sgitheanaich le taic bho Chomhairle na Gàidhealtachd – tha taic ann an dràsta le triùir na lùib – Cairistiona Ghreumach, Eilidh NicLeòid NicCoinnich agus Claire Frances NicNèill a' tadhal air BS Stafainn, BS Chille Mhoire, BS Ghàidhlig Phort Rìgh agus BS Shlèite. Tha oide airson seiseanan ann am BS Dhùn Bheagain fhathast a dhìth.

3. **Acadamaidh a Mhòid** – ann an conaltradh le An Comunn Gàidhealach mu thaic (£6K) son 11 sgoiltean ann an sgìre Dhùn Omhain le triùir oidean an sàs – Joy Dunlop, Catherine Tinney agus Katie NicCoinnich.

4. **Co-obrachadh le buidhnean eile**: Bidh mi a' frithealadh choinneamhan de dh'Fhòram Ceòl Traidiseanta agus Buidheann Com-pàirteachas Foghlaim Ciùil (MEPG). Bha Fèisean nan Gàidheal (FnG) ag obair air goireas ùr seinn airson nan sgoiltean air feadh na dùthcha, FTMG agus FTMB agus bha an goireas seo air fhoillseachadh air 08.03.18 le Rowan Paterson an làthair às leth FnG

5. **Taisbeanadh ùr Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar -** barrachd fiosrachaidh anns am mìosan ri thighinn

Cànan

Blasad Gàidhlig – a' cleachdadh gach seòrsa ealain eadar sgeulachdan, òrain, geamannan agus mar sin air adhart.
2017-18: 1,769 seiseanan Blasad Gàidhlig air feadh Alba.

1. **An Eaglais Bhreac 2017/18**

   Teirm 3 (9 seachdainean)
   Oidean: Linda NicLeòid, Eilidh NicCarmaig, Maebh NicFhionghuin agus Lorna Young

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
4	7	315	900+

   Teirm 4 (4 seachdainnan)

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
4	7	148	900+

2. **A' Ghàidhealtachd**

   Teirm 3 (3 seachdainean)
   Oidean: Iain MacIlleBhrath, Cairistìona Stone, Eileen Gilbart, Megan MacLellan, Riona NicIlleBhàin, Coinneach MacFhraing, Dolina Rothach, Sandra NicLeòid, Sandra NicAoidh, Ellen Jack, Gillian NicIllinnein, Eilidh NicRisnidh, Clare NicIlleathain, Catriona NicNeacail, Anna Mhàrtainn, Aonghas MacLeòid (neach-obrach FnG), Eilidh NicCoinnich (neach-obrach FnG)

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
17	69	404	2878

   Teirm 4 (3 seachdainean)

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
6	10	63	387

3. **Lannraig a Tuath – BS Gartcosh**
Teirm 4 Oide: Norrie Mac Iomhair

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	1	3	c90

SA & BS Tollbrae
Teirm 3; Oide: Catriona Ruadh Nic a' Phì Scullion

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	1	30	146

Teirm 4; Oide: Norrie Mac Iomhar (+ Robaidh Greig & Hamish MacLeòid)

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
3	1	42	146

4. **Glaschu – BS Sandwood**
Teirm 3 (C5-7) Oide: Catriona Ruadh Nic a Phì Scullion

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	1	42	160

Teirm 4 (C1-3) Oide:Eilidh NicCarmaig

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	1	20	154

5. **Sruighlea – BS Fintry & BS Buchlyvie**
Teirm 3: Oide: Lindsey Charnley

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	2	30	116

Teirm 4: Oide: Norrie MacÌomhair

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	2	42	116

6. **Àir a Deas – BS Baile an t-Streath & BS Colmonell**

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	2	35	96

Obair Fèisgoil le buidhnean poblach

1. **Leabharlann Nàiseanta na h-Alba/Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba**
Tha cùmhnant aig FnG agus Leabharlann Nàiseanta na h-Alba airson 6 laithean slàn a lìbhrigeadh ro deireadh an Lùnastail 2019. Aig an ìre-sa, lìbhrig Linda NìcLeòid trì làithean slàn air Eòlas air a' Ghàidhlig do luchd-obrach Leabharlann Nàiseanta na h-Alba/Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba san Fhaoilleach.

2. **Àrainneachd Eachdraidheil Alba (AEA)**
Ag obair còmhla ri AEA air trì pròiseactan– Cleas aig a' Chaisteal, Muinntir a' Chaisteil agus Pròiseact còmhla ri Sgoil an Taobh Siar ann an Leòdhas. Tha sinn a' feitheamh air fiosrachadh bho bho AEA mu àireamhan sgoilearan is seiseanan.

3. **Trèanadh Cànain Mion-chànan**: Tha Fèisgoil ag obair còmhla ri Ishbel NicPhàrlain air pròiseact mu mìon-chànain anns an Alba (Albais, Gàidhlig, BSL & Beurla) agus chaodh a' chiad seisean a lìbhrigeadh le Catherine Tinney air 31.01.18 aig Riaghaltas na h-Alba.

   Ged nach do thachair an t-seisean a bharrachd airson luchd-obrach Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba, bidh Catherine a' nochdadh aig latha trèanaidh 'O is for Hoolet' air 20mh Cèitean.

Gnìomh a dhìth
Thathar air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh mu obair Fèisgoil bhon Ghearran 2018 air adhart.

Eilidh NicCoinnich
Manaidsear Fèisgoil
Cèitean 2018

Fèisean nan Gàidheal

Cùisean Ionmhasail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03

Anns an aithisg seo:	**Gnìomh a dhìth**
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03(a)	
Teachd a-steach agus a-mach 2018-19 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 30 Giblean 2018	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03(b)	
Bidh na suimeannan a th' againn anns a' bhanca air an dearbhadh aig a' choinneimh	Aithris airson Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03(c)	
Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Màrt 2018, air an ullachadh le Mann Judd Gordon	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03(d)	
i Tabhartasan air an gealltainn do na Fèisean airson 2018-19	Airson Fiosrachaidh
ii Iarrtas Fèis Spè 2018-21	Airson Deasbaid agus Aontachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03(e)	
Cothromachadh Ionmhais gu 31 Màrt 2018 Bidh am fiosrachadh seo ri fhaotainn aig a' choinneimh.	Aithris airson Aontachaidh

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Cèitean 2018

Teachd a-steach agus a-mach 2018-19 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 30 Giblean 2018

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03(a)

TEACHD A-STEACH	**2018-19**	**ÙINE**	**FÌOR**	**DIOFAR**	
Prìomh Thabhartasan	£340,759	£28,397	£28,000	£397	
Cìsean Stiùiridh	£89,000	£7,417	£0	£7,417	
Sgeama Thabhartasan	£197,000	£16,417	£66,000	-£49,583	1
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£33,500	£2,792	£15,000	-£12,208	2
Uairean Bliadhnail	£13,000	£1,083	£9,000	-£7,917	
Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	£35,000	£2,917	£0	£2,917	
Trèanadh	£6,000	£500	£5,000	-£4,500	
Fèisgoil	£284,000	£23,667	£0	£23,667	3
Fèis Bhlas	£293,882	£24,490	£90,000	-£65,510	4
Teachd-a-steach Eile a chaidh a Chosnadh	£17,300	£1,442	£0	£1,442	
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£56,000	£4,667	£45,000	-£40,333	5
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£32,000	£2,667	£3,000	-£333	
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	£7,000	£583	£3,000	-£2,417	
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£7,000	£583	£3,000	-£2,417	
Goireasan is Pròg̀ram Didseatach	£6,900	£575	£2,000	-£1,425	
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£1,000	£83	£1,000	-£917	
Seirbheis Clàr-pàighidh do na Fèisean	£7,000	£583	£2,000	-£1,417	
Teachd-a-steach fhathast ri thogail	£24,764	£2,064	£0	£2,064	
TEACHD A-STEACH GU H-IOMLAN	**£1,451,105**	**£120,925**	**£272,000**	**-£151,075**	
TEACHD A-MACH					
COSGAISEAN RUITH					
Tuarastalan an Luchd-obrach	£299,411	£24,951	£24,803	£147	
Suimeannan NIC	£29,941	£2,495	£2,454	£41	
Suimeannan Pàighte do Pheinnseanan	£14,971	£1,248	£1,204	£43	
Siubhal, Àiteachan-fuirich, Biadh do Luchd-obrach	£19,000	£1,583	£1,514	£69	
Màl is Cìsean airson Oifisean	£29,000	£2,417	£1,056	£1,361	
Stuthan Pàipeir, Clò-bhualadh, Postachd is Lethbhreacan pàipeir	£13,000	£1,083	£719	£364	
Uisge is Dealain	£14,000	£1,167	£767	£400	
Cosgaisean a' Bhùird	£5,000	£417	£0	£417	
Cur Poileasaidh Dìon Chloinne an Gnìomh	£8,000	£667	£400	£267	
Àrachas	£7,500	£625	£143	£482	
Cosgaisean Beaga	£2,000	£167	£0	£167	
Cìsean Cunntasachd is Banca	£7,000	£583	£0	£583	

Cìsean Proifeiseanta	£4,000	£333	£0	£333	
A' Gleidheadh Stòras Ionnsramaidean	£2,000	£167	£0	£167	
Feuman Taice a Bharrachd	£4,000	£333	£0	£333	
Cosgaisean Calpa	£3,000	£250	£0	£250	
COSGAISEAN PHRÒGRAM					
Tabhartasan air am Pàigheadh A-mach	£196,744	£16,395	£34,018	-£17,623	6
Uairean Bliadhnail	£13,256	£1,105	£875	£230	
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£28,500	£2,375	£5,925	-£3,550	
Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	£35,000	£2,917	£534	£2,383	
Cìs Stiùiridh Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	-£3,500	-£292	£0	-£292	
Pròram Trèanaidh	£6,000	£500	£0	£500	
Cìs Stiùiridh airson a' Phròraim Trèanaidh	-£1,000	-£83	£0	-£83	
Fèisgoil	£284,000	£23,667	£3,846	£19,821	7
Cìs Stiùiridh airson Fèisgoil	-£52,000	-£4,333	£0	-£4,333	
Co-labhairt Bhliadhnail	£10,000	£833	£0	£833	
Fèis Bhlas	£293,882	£24,490	£0	£24,490	8
Cìs Stiùiridh airson Fèis Bhlas	-£15,000	-£1,250	£0	-£1,250	
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£56,000	£4,667	£0	£4,667	
Cìs Stiùiridh airson Cèilidhdean air Chuairt	-£6,000	-£500	£0	-£500	
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£32,000	£2,667	£3,619	-£952	
Cìs Stiùiridh airson Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	-£4,000	-£333	£0	-£333	
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	£7,000	£583	£0	£583	
Cìs Stiùiridh: Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	-£2,000	-£167	£0	-£167	
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£1,000	£83	£0	£83	
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£7,000	£583	£0	£583	
Cìs Stiùiridh airson Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	-£2,000	-£167	£0	-£167	
Goireasan is Pròram Didseatach	£6,900	£575	£0	£575	
Cìs Stiùiridh airson Goireasan is Pròram Didseatach	-£2,000	-£167	£0	-£167	
FèisTV	£7,000	£583	£0	£583	
Cìs Stiùiridh FèisTV	-£1,500	-£125	£0	-£125	
Cùl-taice	£5,000	£417	£0	£417	
FO-SHÙIM IOMLAN AIRSON CAITEACHAS	**£1,362,105**	**£113,509**	**£81,877**	**£31,631**	
Cìsean Stiùiridh	£89,000	£7,417	£0	£7,417	
CAITEACHAS IOMLAN	**£1,451,105**	**£120,925**	**£81,877**	**£39,048**	
Air a chur chun na Maoine Glèidhte	£8,900	£742	£742	£0	
CÒRR/(CALL)	**£0**	**£0**	**£190,123**	**-£190,123**	

Fiosrachadh mun bhuidseit:

1, 2. & 5	£217,000.00 maoin chunbhalach bho Alba Chruthachail air a sgaoladh air feadh a' bhuidseat
3 & 7	Fèisgoil: Tha airgead ri thighinn a-staigh fathast agus cosgaisean nas lugha na bhathar an dùil
4 & 8	Blas: £55,000 bho Event Scotland a-staigh ach chan eil cosgaisean air a bhith ann fhathast
6	Tabhartasan a chaidh a phàigheadh gu Fèisean na Càisge

Fèisean nan Gàidheal

Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Màrt 2018

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03(c)

Fèisean nan Gàidheal
Consolidated Management Accounts
Year ended 31 March 2018

STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES

Description	Total	Core activities	Blas Festival	Training	Feisgoil	Gaelic Residentials	ICT project - *restricted fund*	Development Fund- *restricted*	Tasgadh Fund- *restricted fund*
INCOME AND ENDOWMENTS									
Creative Scotland	501,667	421,167	35,000	10,500					35,000
Highland Council	267,763	21,894	69,869		160,000	16,000			
Comhairle nan Eilean Siar	12,800	12,800							
Argyll & Bute Council	32,000	20,000	12,000						
Highland & Islands Enterprise	138,444	115,403	19,041			4,000			
Bord na Gaidhlig	157,191	90,042	16,900		23,000	27,249			
Scottish Government	45,000	45,000							
Donations	351	351							
Legacies	6,000	6,000							
Membership fees	6,210	6,210							
Sponsorship income	2,500		2,500						
Sale of publications	846	846							
Instrument bank revenue	5,356	5,356							
Ceilidh Trails - earned income	10,518	10,518							
Fèisgoil - earned income	104,312				104,312				
Gaelic Residential Income	7,192	7,192							
Management charges	86,500	86,500							
Box office / concerts	30,272		30,272						
Other income	9,660	2,875	2,244			4,541			
Bank interest received	143	143							
Total incoming respources	**1,424,727**	**852,299**	**187,826**	**10,500**	**287,312**	**51,790**	**0**	**0**	**35,000**
RESOURCES EXPENDED									
Charitable activities									
Wages	302,202	302,202							
Employer's National Insurance	26,429	26,429							
Pensions	15,119	15,119							
Child protection costs	9,359	9,359							
Training	8,481			8,481					
Resources	7,219				7,219				
Fèisgoil - delivery costs	196,918				168,889			28,029	
Showcase concerts	320				320				
Archiving project	2,394	2,394							
Sgoil Shamhraidh	18,117					18,117			
Ceilidh trails - other costs	2,141	2,141							
Meanbh-chuileag / Pantomime	6,686				6,686				
Tachartasan Comhnaidh	10,070					10,070			
Inter Feis activities	253	253							
Meanbh Feis	646				646				
Drama air Chuairt	14,097				14,097				
Management charges	86,500	7,000	15,000	2,000	45,000	14,000			3,500
Blas - Artistes costs	63,732		63,732						
Blas - Travel and support	25,023		25,023						
Blas - PA & Lighting	16,270		16,270						
Blas - Venue hire	1,413		1,413						
Blas - Promotion	26,421		26,421						
Blas - Project manager	15,050		15,050						
Blas - Feis TV equipment	26,167	3,953	21,976		238				
Grants to Feisean	269,313	269,313							
Grants for Tasgadh Fund	31,500								31,500
Grants for Ceilidh trails	54,243	54,243							
Instrument bank costs	2,833	2,833							
	1,238,917	695,239	184,885	10,481	243,096	42,187	0	28,029	35,000
Support costs									
Office rent	33,071	33,071							
Insurance	7,778	7,778							
Light and heat	2,800	2,800							
Telephone	13,292	13,292							
Printing postage & stationery	14,485	14,485							
Advertising	652	652							
Sundries	3,486	3,486							
Website	2,048	2,048							
Staff travel and expenses	19,540	19,540							
Capital costs	3,636	3,636							
Depreciation	7,520						7,520		
Bank charges and interest	305	305							
Audit & accountancy	7,300	6,240	1,060						
Committee expenses	4,072	4,072							
Annual conference	9,388	9,388							
Legal & professional fees	3,566	3,566							
	132,940	124,360	1,060	0	0	0	7,520	0	0
Total resources expended	**1,371,857**	**819,599**	**185,945**	**10,481**	**243,096**	**42,187**	**7,520**	**28,029**	**35,000**
Net incoming / (outgoing) resources - for the year ended 31 March 2018	**52,870**	**32,700**	**1,881**	**19**	**44,216**	**9,603**	**(7,520)**	**(28,029)**	**0**
Funds at 1 April 2017 - unrestricted	184,051	184,051							
Funds at 1 April 2017 - restricted	45,689						12,689	33,000	
Total funds at 31 March 2018	**282,611**	**216,751**	**1,881**	**19**	**44,216**	**9,603**	**5,170**	**4,971**	**0**

Fèisean nan Gàidheal
Consolidated Management Accounts
Year ended 31 March 2018

Description	Total	Core activities	Blas Festival	Training	Feisgoil	Gaelic Residentials	ICT project - *restricted fund*	Development Fund- *restricted*	Tasgadh Fund- *restricted fund*
	BALANCE SHEET AS AT 31 MARCH 2018								
Fixed assets									
Computer equipment - cost	32,870								
Computer equipment - depreciation b/fwd	(20,181)								
Computer equipment - depreciation charge	(7,520)								
	5,170								
Current assets									
Grants receivable	37,464								
Prepayments	5,925								
VAT	(572)								
	42,817								
Bank accounts									
FnG current account	(13,991)								
FnG high interest account	262,546								
Blas Festival current account	1,818								
Lochaber Development account	8,725								
	259,098								
Current liabilities									
Trade creditors	0								
Grants to Feisean awarded but unpaid	0								
PAYE & National Insurance	(7,719)								
Accrued expenses	(16,755)								
	(24,474)								
Net assets as at 31 March 2018	**282,611**								

Tabhartasan nam Fèisean 2018-19 aig 31.04.2018

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03(d)i

Tha an clàr a leanas a' sealltainn tabhartasan a tha air an aontachadh airson nam Fèisean, agus na th' air a bhith pàighte air a' cheann-latha shuas.

Ainm Fèise	InG	InG Dùbhlanach	Prìomh Thabhartas Fèise	Maoin Ùghdarras Ionadail	Tabhartas Leantainneach	Uairean a rèir Bliadhna	Tabhartas Uairean Bliadhnail	Sgeama Leasachaidh	Tabhartas Iomlan air a Thabhann	Còrr Pàighte	Còrr gun rèiteach
Comhairle na Gàidhealtachd											
Fèis an Earraich	√	√	£3,237.00	£3,351.00	£1,801.00	70	£612.50	£0.00	£9,001.50	£0.00	£9,001.50
Fèis Lochabair	√		£2,542.00	£2,633.00	£7,295.00	70	£612.50	£0.00	£13,082.50	£4,941.00	£8,141.50
Fèis nan Garbh Chrìochan	√	√	£2,794.00	£2,892.00	£5,723.00	70	£612.50	£0.00	£12,021.50	£0.00	£12,021.50
Fèis Chataibh	√		£1,769.00	£1,831.00	£2,052.00	40	£350.00	£0.00	£6,002.00	£0.00	£6,002.00
Fèis a' Bhealaich	√	√	£0.00	£0.00	£584.00	0	£0.00	£0.00	£584.00	£0.00	£584.00
Fèis Eige	√	√	£722.00	£747.00	£455.00	35	£306.25	£0.00	£2,230.25	£0.00	£2,230.25
Feis Ghallaibh	√	√	£0.00	£0.00	£1,573.00	35	£306.25	£0.00	£1,879.25	£786.50	£1,092.75
Fèis Farr	√		£0.00	£0.00	£490.00	0	£0.00	£0.00	£490.00	£0.00	£490.00
Fèis na h-Òige	√		£1,738.00	£1,800.00	£3,995.00	0	£0.00	£0.00	£7,533.00	£0.00	£7,533.00
Fèis Air an Oir	√	√	£0.00	£0.00	£1,093.00	20	£175.00	£0.00	£1,268.00	£0.00	£1,268.00
Feis Ghleann Albainn	√		£902.00	£933.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£1,835.00	£0.00	£1,835.00
Fèis Ratharsaidh	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis a' Bhaile	√		£2,266.00	£2,347.00	£3,434.00	70	£612.50	£0.00	£8,659.50	£0.00	£8,659.50
Fèis Òigridh na Mara	√	√	£135.00	£139.00	£3,529.00	70	£612.50	£0.00	£4,415.50	£0.00	£4,415.50
Fèis Inbhir Narann	√		£662.00	£686.00	£3,633.00	100	£875.00	£0.00	£5,856.00	£2,691.50	£3,164.50
Fèis Spè	√		£2,395.00	£2,480.00	£3,947.00	0	£0.00	£5,925.00	£14,747.00	£7,898.50	£6,848.50
Fèis an Iar Thuath	√	√	£562.00	£582.00	£150.00	0	£0.00	£0.00	£1,294.00	£0.00	£1,294.00
Fèis Thròndairnis	√	√	£1,622.00	£1,679.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£3,301.00	£0.00	£3,301.00
Feis a' Chaolais	√		£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Iomlan Comhairle na Gàidhealtachd			**£21,346.00**	**£22,100.00**	**£39,754.00**	**580**	**£5,075.00**	**£5,925.00**	**£94,200.00**	**£16,317.50**	**£77,882.50**
Comhairle nan Eilean Siar											
Fèis Tìr a' Mhurain	√	√	£3,775.00	£1,350.00	£465.00	50	£437.50	£0.00	£6,027.50	£0.00	£6,027.50
Fèis Eilean an Fhraoich	√		£2,850.00	£1,800.00	£1,581.00	70	£612.50	£0.00	£6,843.50	£790.50	£6,053.00
Fèis Tìr an Eòrna	√	√	£0.00	£1,350.00	£736.00	50	£437.50	£0.00	£2,523.50	£0.00	£2,523.50
Fèis Bharraigh	√	√	£3,283.00	£1,350.00	£1,040.00	75	£656.25	£0.00	£6,329.25	£520.00	£5,809.25
Fèis Eilean na Hearadh	√	√	£2,063.00	£1,350.00	£0.00	30	£262.50	£0.00	£3,675.50	£0.00	£3,675.50
Fèis an Rubha	√		£1,303.00	£1,350.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£2,653.00	£0.00	£2,653.00

Fèis Taigh Dhonnchaidh	√	√	£811.00	£1,350.00	£1,558.00	0	£0.00	£0.00	£3,719.00	£1,620.75	£2,098.25
Iomlan Comhairle nan Eilean Siar			**£14,085.00**	**£9,900.00**	**£5,380.00**	**275**	**£2,406.25**	**£0.00**	**£31,771.25**	**£2,931.25**	**£28,840.00**
Earra-Ghàidheal agus Bhòid											
Fèis Cholla	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Latharna	√		£6,600.00	£2,000.00	£4,783.00	70	£612.50	£0.00	£13,995.50	£6,450.00	£7,545.50
Fèis Mhuile	√	√	£1,059.00	£500.00	£0.00	20	£175.00	£0.00	£1,734.00	£0.00	£1,734.00
Fèis Thiriodh	√	√	£2,880.00	£1,500.00	£303.00	40	£350.00	£0.00	£5,033.00	£0.00	£5,033.00
Fèis Ìle agus Dhùira	√	√	£2,025.00	£2,000.00	£4,015.00	0	£0.00	£0.00	£8,040.00	£0.00	£8,040.00
Fèis na h-Apainne	√	√	£0.00	£1,000.00	£2,818.00	0	£0.00	£0.00	£3,818.00	£1,409.00	£2,409.00
Fèis Cheann Loch Goibhle	√		£1,569.00	£1,000.00	£646.00	40	£350.00	£0.00	£3,565.00	£0.00	£3,565.00
Fèis an Tairbeirt	√		£0.00	£1,000.00	£3,105.00	40	£350.00	£0.00	£4,455.00	£1,552.50	£2,902.50
Iomlan Earra-Ghàidheal agus Bhòid			**£14,133.00**	**£9,000.00**	**£15,670.00**	**210**	**£1,837.50**	**£0.00**	**£40,640.50**	**£9,411.50**	**£31,229.00**
Sgìrean Eile/Bailtean Mòra											
Fèis Arainn	√		£2,963.00	£0.00	£2,783.00	40	£350.00	£0.00	£6,096.00	£1,391.50	£4,704.50
Fèis Mhoireibh	√	√	£1,078.00	£0.00	£2,484.00	20	£175.00	£0.00	£3,737.00	£0.00	£3,737.00
IOMLAN InG	**37**	**23**	**£53,605.00**	**£41,000.00**	**£66,071.00**	**1,125**	**£9,843.75**	**£5,925.00**	**£176,444.75**	**£30,051.75**	**£146,393.00**
Fèis Dhùn Èideann			£2,153.00	£0.00	£8,020.75	160	£1,400.00	£0.00	£11,573.75	£4,010.38	£7,563.37
Fèis Obair Dheathain			£1,390.00	£0.00	£140.00	20	£175.00	£0.00	£1,705.00	£0.00	£1,705.00
Feis Dhùn Bhreatainn			£0.00	£0.00	£575.00	20	£175.00	£0.00	£750.00	£0.00	£750.00
Fèis Lannraig a Tuath			£1,325.00	£0.00	£171.00	0	£0.00	£0.00	£1,496.00	£0.00	£1,496.00
Fèis Fhoirt			£4,375.00	£0.00	£5,369.00	120	£1,050.00	£0.00	£10,794.00	£2,684.50	£8,109.50
Fèis Ghlaschu			£2,456.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£2,456.00	£1,842.00	£614.00
Fèis Chille Brìghde an Ear			£0.00	£0.00	£282.00	0	£0.00	£0.00	£282.00	£0.00	£282.00
Fèis Innis an Uillt			£0.00	£0.00	£282.00	20	£175.00	£0.00	£457.00	£0.00	£457.00
Fèis an Iar Dheas			£0.00	£0.00	£2,233.00	0	£0.00	£0.00	£2,233.00	£0.00	£2,233.00
Fèis Phàislig			£2,837.00	£0.00	£4,459.00	50	£437.50	£0.00	£7,733.50	£2,229.50	£5,504.00
Iomlan Sgìrean Eile/Bailtean Mòra			**£18,577.00**	**£0.00**	**£26,798.75**	**450**	**£3,937.50**	**£0.00**	**£49,313.25**	**£12,157.88**	**£37,155.37**
			Prìomh Thabhartas Fèise	**Maoin Ùghdarras Ionadail**	**Tabhartas Leantainneach**	**Uairean a rèir Bliadhna**	**Tabhartas Uairean Bliadhnail**	**Sgeama Leasachaidh**	**Tabhartas Iomlan air a Thabhann**	**Còrr Pàighte**	**Còrr gun rèiteach**
GU H-IOMLAN			**£ 68,141.00**	**£ 41,000.00**	**£ 87,602.75**	**1,515**	**£ 13,256.25**	**£ 5,925.00**	**£ 215,925.00**	**£ 40,818.13**	**£ 175,106.87**

Fèisean nan Gàidheal

Sgeama Leasachaidh nam Fèisean: Fèis Spè

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03(d)ii

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill mu thabhartas Sgeama Leasachaidh Fhèis Spè eadar 2015-18 gus beachdachadh air iarrtas ùr bhuaipe airson na trì bliadhnaichean ri teachd.

Cùl-fhiosrachadh

Suas gu ruige 2014/5 bha Fèis Spè air a bhith faighinn taic bho bhuidhnean leithid LEADER Pairce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus Urras MhicDhonnchaidh mu choinneamh dreuchd Oifigear Leasachaidh. Ged a bha iad soirbheachail a' togail airgid mu choinneamh pròiseactan bha e fàs nas duilighe dhaibh a bhith glèidheil maoin bho thùsan eile airson dreuchd an oifigeir a chumail.

Aig an àm sin bha Alba Chruthachail air cuairt mhaoineachaidh ùr fhoillseachadh airson buidhnean a bhiodh a' faighinn maoineachadh airson trì-bliadhna (RFO's). Bha cothrom aig Fèis Spè a bhith a' cur iarrtas a-staigh dhan sgeama airson a' phrògram-obrach aca agus dreuchd Oifigear Leasachaidh (1.0 FTE) ach cha robh iad a' faireachdainn gu robh iad aig ìre far am biodh e comasach dhaibh sin a dhèanamh aig an àm.

Air sgath seo chaidh aontachadh ann am prionnsabal le Bòrd Fèisean nan Gàidheal san Dùbhlachd 2014 gum bu chòir taic a chumail ri Fèis Spè eadar 2015-18 nam biodh an iarrtas na buidhne do dh'Alba Chruthachail soirbheachail agus cuideachd gum biodh dearbhadh air aonta ùr bho Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean airson na h-ùine seo.

Dh'ullaich Fèis Spè plana leasachaidh trì-bliadhna agus chuir iad iarrtas ri chèile airson Sgeama Leaschaidh nam Fèisean agus às dèidh dhuinn dearbhadh fhaighinn air maoineachadh Alba Chruthachail agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean bha e comasach do Bhòrd-Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal beachdachadh air an iarrtas aig coinneamh sa Chèitean 2015.

Dh' aontaich a' Bhòrd-Stiùiridh ris an taic a leanas:

Bliadhna Ionmhais	**Iarrtas**	**Co-dhùnadh**	**Nòtaichean**
2015/16	£29,334	£20,634	Bha Fèis Spè air £3,700 fhaighinn bho Fèisean nan Gàidheal mar tha air a' bhliadhna seo 's bha £5,000 aca bho Urras MhicDhonnachaidh
2016/17	£29,333	£29,333	
2017/18	£29,333	£29,333	
Iomlan	**£88,000**	**£79,030**	

Bha na suimeannan airson nan trì bliadhnaichean air aontachadh le cumha gum biodh Fèis Spè ag amas air airgead a ghlèidheil mu choinneamh na dreuchd bho thùsan eile agus nam biodh iad shoirbheachail, chan fheumadh iad an t-airgead gu lèir a chaidh iarraidh. Às dèidh ha h-ùine seo bhathar an dòchas gum biodh Fèis Spè air stèidh nas làidire 's gum biodh e comasach a bhith a' cur a-staigh do dh'Alba Chruthachail air an ceann fhèin.

Fèis Spè 2015-18

Eadar 2015-18 tha Fèis Spè air dithis fhastadh air cùmhnantan pàirt-ùine airson dreuchd an oifigear leasachaidh (1.0 FTE). Dh'obraich iad gus amasan a' phlana leasachaidh a chur an gnìomh san ùine seo.

Tha an clàr gu h-ìseal a' sealltainn an ìre de mhaoineachadh a fhuair Fèis Spè bhon Sgeama Leasachaidh mu choinneamh na dreuchd.

2015/16	£24,334
2016/17	£27,833
2017/18	£29,333
Iomlan	**£81,500**

Chaidh coinneamh a chumail eadar oifigearan Fèisean nan Gàidheal, oifigearan Fèis Spè agus cathraiche na Fèise sa Ghearran 2017 gus lèirmheas a dhèanamh air an taic a bha an Fhèis a' faighinn bhon Sgeama Leasachaidh 's mar a bha cùisean gan leasachadh. Ged a bha cuid mhath de na h-amasan sa phlana leasachaidh aig an Fhèis air an coileanadh bha faireachdainn ann bho thaobh Fèisean nan Gàidheal nach robh cuid de na h-amasan air tighinn gu buil mar bu chòir 's nach robh fàs a' tighinn air pròg ram-obrach na Fèise mar a bhiodh dùil.

Iarrtas ùr don Sgeama Leasachaidh 2018-21
Tha Fèis Spè air iarrtas a bharrachd a chur a-steach airson nam bliadhnaichean 2018-21 airson dreuchd Oifigear Leasachaidh (0.8 FTE). Chaidh plana leasachaidh na Fèise airson na h-ùine seo ùrachadh agus tha sin an cois na h-aithisg seo cuide ri geàrr-iomradh air suidheachadh ionmhais na Fèise agus iarrtas airson 2018-21. Chithear na suimeannan a tha iad ag iarraidh anns na trì blaidhnaichean ri teachd.

2018/19	*£23,701
2019/20	£23,938
2020/21	£24,177
Iomlan	**£71,816**

* Tha Fèisean nan Gàidheal air tabhartas de £5,925 a thoirt don Fhèis mu choinneamh na dreuchd suas gu deireadh an Ògmhìos 2018, a' ciallachadh gum biodh £17,776 a bharrachd a dhìth orra airson an còrr de 2018-19.

Sgeama Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 2018-21
Thairis air na bliadhnaichean ri teachd bidh an t-airgead ann an Sgeama Leasachaidh nam Fèisean a' crìonadh gu mòr. Chithear gu h-ìseal na bhios ri fhaotainn anns na tri bliadhnaichean a tha romhainn:

2018/19	£28,500
2019/20	£15,000
2020/21	£15,000
Total	**£58,500**

Tha cuideam ga chur air buidseatan Fèisean nan Gàidheal am-bliadhna cuideachd le teagamh ann mu airgead bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus dh' fhaodadh gum bi againn ri pàirt den airgead bhon Sgeama Leasachaidh a chleachdadh airson Fèisean na sgìre sin.

Tha ceist a bheil e èifeachdach, no cothromach, a bhith cumail taic ro-innleachdail do dh'aon Fhèis anns an dòigh seo thairis air mòran bhliadhnaichean.

Tha Sgeama Leasachaidh nam Fèisean air taic a chumail do ghrunn phròiseactan beaga thar nam bliadhnaichean agus tha e cudromach gu bheil airgead air a ghlèidheil san sgeama seo airson leasachaidhean ann am Fèisean eile cuideachd.

Roghainnean
Tha ceithir diofar roghainnean airson beachdachadh air iarrtas Fèis Spè gu h-ìseal:

1. Gabhail ris an iarrtas agus an t-suim air fad a thoirt dhaibh airson a' bhliadhna seo le lèirmheas ga dhèanamh aig deireadh na bliadhna. Cha bhiodh e comasach do dh'Fhèisean nan Gàidheal maoineachadh den ìre a tha Fèis Spè ag iarraidh aontachadh airson Bliadhna 2 agus 3 oir cha bhi gu leòr ri fhaotainn san Sgeama Leasachaidh a-rèir buidseatan aig an ìre seo.

2. Suim nas lugha aontachadh mar tabhartas leasachaidh le beachd fhaighinn bhon fhèis air mar a chuireadh an t-suim seo gu feum le leirmheas aig deireadh na bliadhna

3. Tabhartas leasachaidh 6 mìosan a thoirt don Fhèis agus taic a chumail riutha a bhith ag ullachadh plana maoineachaidh airson na h-ùine an dèidh sin.

4. An t-iarrtas a dhiùltadh.

Gnìomhan a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird:

(1) Beachdachadh air an fhiosrachadh a tha san aithisg

(2) Co-dhùnadh a ruighinn air iarrtas Fèis Spè don Sgeama Leasachaidh

Calum Ailig MacMhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
Cèitean 2018

Fèis Spè

Development Plan 2018-21
Plana Leasachaidh 2018-21
Draft

1. PROGRAMME OF WORK AND DELIVERY 2018-21
CLÀR-OBRACH AGUS LIBHRIGEADH 2018-21

Aims	Delivery	Outcomes
1. To deliver a traditional arts education programme for young people in the Cairngorms National Park.	1.1 Fèis Week *1 per annum* 1.2 Music Day *1 per annum* 1.3 After school instrument tuition *Weekly classes in: Beginners and Improvers Fiddle at Aviemore and Newtonmore for up to 20 young people; Beginners and Improvers Guitar at Aviemore for up to 12 young people* 1.4 Provision of musical opportunities through partnership working *Develop a programme of musical activities in partnership with agencies such as schools* 1.5 Resources bank *Hire of instruments to all young people* 1.6 Step dance development *Offer step dance at Fèis Week; for the two bands; and when a tutor is available, at weekly classes in Aviemore for up to 10 young people.*	• Greater access, and participation in, the traditional arts sector and creative activities. • Increased sustained engagement of young people in innovative and challenging high quality arts experiences. • Support clear pathways for participation in cultural activities.
2. To provide opportunities for young people and professional artists to perform, compose, experiment, create and develop.	2.1 Fèis Spè Cèilidh Band *Up to 10 members meeting fortnightly; 2 training days p.a.; performance opportunities at local events* 2.2 Cairngorms Cèilidh Trail *6 members at Fèis Alba, 2 training weekends and 5 days project development in Gaelic song, step dance and music; professional tour* 2.3 Saltire (or equivalent) Awards *Scheme offered to shadow tutors and helpers* 2.4 Shadow tutors	• Support clear pathways for participation in cultural activities. • More young people are gaining nationally recognised awards for their achievements in the arts and creativity. • Increased partnerships with local businesses. • Support the development and production of high quality work.

	Opportunities for up to 4 young people p.a. to shadow professional tutors 2.5 Blas *Promote annual concert* 2.6 International exchanges *Continue the relationship with Inishowen Traditional Music Project and Ceol na Coille - Irish Traditional Music School in Donegal, Ireland, with possible future exchanges*	• Deepen artistic and creative practice through international dialogue and exchange.
3. To provide employment opportunities for professional artists, creative individuals and young people.	3.1 Tutors *Employ local tutors for after school instrument and dance classes, Fèis Spè Cèilidh Band training, and programmes of activities in partnership with other agencies; employ tutors for Fèis Week, Music Days, training days, Cairngorms Cèilidh Trail, and development projects* 3.2 Cairngorms Cèilidh Trail *Employ 6 young people on a semi-professional basis to tour the Cairngorms National Park*	• More artists are contracted to lead on a broader programme of activities. • More young people are equipped with work ready skills when they leave school, college and university.
4. To widen the demographic range of, and access for, participants and audiences to the programme of activities.	4.1 Bursaries *Continue to fund raise for a bursary scheme which offers free and reduced price places at all activities to young people who are unable to pay fees*	• More young people from a wide range of backgrounds are accessing and participating in Fèis Spè activities.
5. To contribute to the National Plan for Gaelic through the promotion and use of the Gaelic language, its music, culture and traditions.	5.1 Gaelic Song Include Gaelic song in all activities and provide Gaelic song training to the members of the two bands. 5.2 Local Music Festival Support *Support the local Music Festival in running its Traditional Music and Gaelic Days.*	• Gaelic awareness is raised. • Increased opportunities for people to see, hear, learn and use the Gaelic language.
6. To improve public awareness of Fèis Spè.	6.1 Marketing and Communication *Develop online presence to reach wider audiences* 6.2 Community profile *Attend community events, including the local Music Festival, and distribute publicity material*	• There is increased public awareness of Fèis Spè and the traditional arts. • More people are engaging in Fèis Spè activities.
7. To ensure the sustainable future of Fèis Spè.	7.1 Governance *Attract and retain Board and Committee members* 7.2 Governance Development *Deliver governance training to the Board and Committee members* 7.3 Funding *Diversify methods of attracting funds and generating own income*	• More young people and their families are involved in decision making and are placed at the centre of Fèis Spè activity. • Fèis Spè has a more diverse spread of income to support its activities.

Fèis Spè: Financial Context

Our financial position going in to 2018-19 is as follows:

Additional Grants 2017-18	Additional Grants 2018-19
Hugh Fraser Foundation - £3,000	Gannochy Trust - £4,000
Robertson Trust - £10,000	
Gannochy Trust - £4,000	
Bord na Gaidhlig - £1,200	
Baxter Foundation - £500	

According to our 2016-17 Accounts, our income and expenditure can be summarised as follows:

Total Income: £78,215	Total Expenditure: £73,480
Grants: £66,834 (Feisean nan Gaidheal £44,774)	

The Fèisean nan Gàidheal grant amounted to 57% of our income, with Fèis Spè generating 43% of our income, 28% of our income being sourced from additional grants and 15% from fees and fundraising. We will be reviewing in more detail ways in which we can diversify and increase our own self generated income.

Development Officer Post Proposal
For 2017-18 we received £29,333 from Fèisean nan Gàidheal for the salary and office / travel costs for the Development Officer post as a full time salaried post.

For the period 2018-21 we are proposing a request to Fèisean nan Gàidheal for funding for a 0.8 (4 days a week) Development Officer post. Caroline Sterritt would continue on a 2.5 days per week basis and Fiona McLean would reduce to 1.5 days per week.

At a 1% uplift for each year over the next three years, we anticipate the cost to Fèisean nan Gàidheal to be roughly as follows:

2018 - 19: £23,701
2019 - 20: £23,938
2020 - 21: £24,177

Total Request: £71,816

The impact of the one day reduction in hours on the delivery of work would require a re-distribution of tasks and additional support from the Board and wider Committee for on the ground delivery at ongoing events.

Funding Requirement 1/4/18 to 31/5/18
On the basis of the above, and subject to agreement, Fèis Spè wish to request from Fèisean nan Gàidheal a short-term temporary arrangement of grant income towards the Development Officer post (0.8 part time) for the months of April and May 2018, as follows:

Monthly salary and office / travel costs for the Development Officer (0.8 part time) post for the two months from 1/4/18 to 31/5/18, at a cost of £1,975 per month.

Interim request: £3,950

Fèisean nan Gàidheal

Cùmhnantan Maoineachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.03(f)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu shuidheachadh prìomh chùmhnantan maoineachadh na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Bidh sinn a' conaltradh gu tric ris na buidhnean a gar maoineachadh agus tha e riatanach fiosrachadh a bhith aig buill a' Bhùird mu shuidheachadh nan cùmhnantan againn.

Cùmhnantan Maoineachaidh

1. Alba Chruthachail

Tha airgead Alba Chruthachail air tighinn thugainn a-rèir cùmhnaint anns a' chiad bhliadhna den aontachadh ùr trì-bliadhna a tha againn leis a' bhuidhinn.

Tha Alba Chruthachail air dearbhadh, cuideachd, gu bheilear ag iarraidh oirnn an sgeama Tasgadh a riaghladh dhaibh agus gum bi £35,000 a bharrachd a' tighinn thugainn airson seo.

2. Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Dh'aontaich InG maoin de £370,000 airson 2018-21. Ge-tà, leis gun d' fhuair sinn nas lugha de dh'airgead na bha sinn an dùil an toiseach bho Alba Chruthachail, agus gur ann air na buidseatan sin a bha maoin InG stèidhichte, bha aig Ann Marie Reid cead fhaighinn airgead a thoirt dhuinn aig ìre nas àirde sa cheudad. Tha sinn a' feitheamh air dearbhadh le dùil gum bi aonta trì-bliadhna ga ruighinn bho 2018-19 air adhart.

3. Bòrd na Gàidhlig

Mar a chaidh a mhìneachadh anns na pàipearan airson na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd, bha a h-uile coltas ann gum faigheamaid an aon ìre de thaic - £124,000 - bho Bhòrd na Gàidhlig. Bhon uair sin cho-dhùin am Bòrd aontachadh ri cùmhnantan airson sia mìosan a-mhàin airson cothrom a thoirt dhaibh Plana Nàiseanta Cànain na Gàidhlig 2018-21 fhoillseachadh.

'S e mo thuigse gum bi còmhraidhean ann a-nise leis a' Bhòrd airson a dhèanamh cinnteach gu bheil ar n-obair a-rèir amasan a' Phlana Nàiseanta agus gum bi maoin bhon Dàmhair air adhart stèidhichte air cùmhnant trì-bliadhna air an cuireamaid fàilte.

4. Comhairle na Gàidhealtachd agus High Life na Gàidhealtachd

Cha d' fhuair sinn cùmhnant bho Chomhairle na Gàidhealtachd fhathast airson 2018-19 ged a chaidh airgead airson Blas a dhearbhadh aig £65,885 agus cha deach gearradh sam bith a dhèanamh air maoin nam Fèisean ann am buidseat na comhairle.

Bhon 1mh Giblean 2018, ghluais seirbheis ciùil na comhairle gu High Life Highland. Choinnich Eilidh NicChoinnich agus mi fhìn ri Tormod Bolton bho chionn ghoirid agus thèid cùmhnant ICO airson leasanan ann an ceòl traidiseanta a lìbhrigeadh fhathast le Fèisean nan Gàidheal.

5. Comhairle nan Eilean Siar

Chaidh £12,800 aontachadh airson 2018-19 ach le rabhadh gur dòcha gum bi gearraidhean gan cur an sàs le Comhairle nan Eilean Siar bho 2019-20 air adhart.

Feumaidh sinn còmhraidhean a chur air dòigh mun ìre de ghearraidhean a thathar a' sùileachadh a bhios ann agus dòighean a lorg cunnartan co-cheangailte ri maoin nam Fèisean a lùghdachadh.

6. Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid

Ged a bha sinn a' faighinn £32,000 bho Chomhairle Earra Ghàidheal is Bhòid thairis air beagan bhliadhnaichean chaidh innse dhuinn, leis gun deach a' mhòr chuid de mhaoin chultarail na comhairle gu LiveArgyll, nach biodh airgead sam bith ann airson Fèisean na sgìre no Fèisean nan Gàidheal.

Bha e follaiseach nach robh mòran a bharrachd a ghabhadh a dhèanamh leis an oifigeir a bha a' dèiligeadh rinn mu dheireadh. Tha mi a-nise air fios a chur don Chomhairliche Robin Currie, a tha os cionn gnothaichean na Gàidhlig anns a' chomhairle, gus faighinn a-mach an gabhadh maoin a lorg an àiteigin taobh a-staigh na comhairle airson cùmhnant a thoirt dhuinn.

7. EventScotland
Fhuair sinn dearbhadh ann am meadhan a' Mhàirt gum biodh £110,000 againn bho EventScotland airson tachartas - Òran Mòr - a' comharrachadh Bliadhna na h-Òigridh, air a bheil iomradh ann am pàipearan eile a' Bhùird.

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt do shuidheachadh nan cùmhnantan maoineachaidh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2018

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2018.05(a)

Ainm	Art MacCarmaig
Dreuchd	Ceannard

Cinn-latha cudromach bhon choinneamh mu dheireadh

26.02.18 Coinneamh de Lìonradh Ealain Innse Gall (air fòn)
26.02.18 Còmhradh ri Verity Blanchard, Bliadhna na h-Òigridh 2018 (air fòn)
26.02.18 Coinneamh Buidheann-stiùiridh Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh (Iomairtean)
06.03.18 Coinneamh de Bhuidheann-stiùiridh Bhlas (air fòn)
08.03.18 Coinneamh de Chomann nam Pàrant Port Rìgh (Iomairtean)
14.03.18 Coinneamh le Cairistìona Ghreumach
16.03.18 Còmhradh ri Ann Marie Reid, HIE (air fòn)
23.03.18 An lathair aig Co-labhairt Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig
24.03.18 Bùithtean-obrach ann an Gleann Rathais airson Buidheann Leasachaidh Gàidhlig Fhiobha
26.03.18 Coinneamh Buidheann-stiùiridh Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh (Iomairtean)
27.03.18 Latha-trèanaidh sgioba
29.03.18 An lathair aig Coinneamh mu Ro-innleachd Nàiseanta Cultarach ann an Dùn Èideann
29.03.18 Coinneamh le Maggie Wright, cunnraidear DP aig Thorntons Investments
03.04.18 An làthair aig Fèis Obar Dheathain
05.04.18 An làthair aig Fèis Latharna
06.04.18 An làthair aig Fèis an Earraich
10.04.18 An làthair aig Fèis Ghàidhlig Ghlaschu
16.04.18 Coinneamh de Chomann nam Pàrant Port Rìgh (Iomairtean)
17.04.18 Coinneamh de Bhuidheann-stiùiridh Bhlas (air fòn)
23.04.18 Còmhradh ri Gillian Campbell-Thow agus Eilidh NicChoinnich mu Fèisgoil (air fòn)
24.04.18 Coinneamh aig Pàirce Cruinneachaidh a' Chinn a Tuath
24.04.18 Coinneamh le Norman Bolton, High Life na Gàidhealtachd agus Eilidh NicChoinnich mu ICO
26.04.18 Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig mu na 'Seudan Nàiseanta'
27.04.18 Coinneamh le Ceit Fhoirbeis BPA
30.04.18 Coinneamh le Ailean Dòmhnallach, Cathraiche, Bòrd na Gàidhlig
01.05.18 Coinneamh le Dòmhnall Camshron BPA
01.05.18 Coinneamh le Iain Swinney BPA
02.05.18 Coinneamh de Chomann nam Pàrant Port Rìgh (Iomairtean)
04.05.18 Coinneamh le Alasdair MacIllÌosa mu thachartas aig Blas
18.05.18 Coinneamh Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal
18.05.18 Coinneamh de Bhuidheann-stiùiridh Bhlas

Deasbadan ann am Pàrlamaid na h-Alba

Chaidh deasbad a chumail ann am Pàrlamaid na h-Alba air 29mh Màrt mu Chunnradh UNESCO air Barantachadh Dualchais Chultaraich Neo-stuthaich. Dheasaich mi fiosrachadh ro làimh a chaidh a sgaoileadh air buill pàrlamaid bho gach pàrtaidh. Chaidh iomradh a thoirt air cudromachd nam Fèis le Fiona Hyslop, Johann NicLaomainn, Ceit Fhorbeis agus Dòmhnall Camshron. Chìthear an deasbad agus gheibhear aithisg oifigeil na pàrlamaid tron cheangal seo.

Chaidh deasbad eile a chumail ann am Pàrlamaid na h-Alba air 24mh Giblean mu Phlana Nàiseanta Cànain na Gàidhlig 2018-23. A-rithist, chuir mi fiosrachadh ri chèile a sgaoil mi do bhuill pàrlamaid thar gach pàrtaidh. Chaidh iomradh a thoirt air obair nam Fèis le John Swinney, John Finnie, Ceit Fhorbeis agus Dòmhnall Camshron. Chìthear an deasbad agus gheibhear aithisg oifigeil na pàrlamaid tron cheangal seo.

AINM	CALUM AILIG MACMHAOILEIN			
DREUCHD	MANAIDSEAR LEASACHAIDH			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Pròghraim
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Ann an 2017/18 fhuair na Fèisean a leanas taic tron sgeama leasachaidh: • Fèis Spè – suas ri £29,333 mu choinneamh dreuchd Oifigear leasachaidh (1.0 FTE) • Fèis Spè - £500 airson bùithtean-obrach danna-ceum airson com-pàirtichean na Cèilidhean air Chuairt mar a' chiad cheum gus barrachd dannsa fhaighinn mar phàirt dhan program aig an fhèis • Fèis Ghallaibh - £200 airson bùithtean-obrach dannsaidh • Fèis Inbhir Narainn – £474 airson teanta-ciùil a chuir air dòigh aig Fèis Belladrum a' tabhann bùithtean-obrach agus fiosrachadh mu thachartasan fèise, cèilidhean air chuairt agus Blas • Fèis nan Garbh Chriochan - £500 airson bùithtean-obrach ciùil leis an Còmhlan Dosca aig deireadh an t-Sultain • Fèis Latharna - £844 airson pròiseict clàraidh •	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Fhuair Fèis Spè taic tron Sgeama Leasachaidh ann an 2017/18 airson dreuchd Oifigear Leasachaidh (1.0 FTE) a chaidh a steidheachadh airson program na Fèise a neartachadh sa leasachadh. Tha iad air iarrtas a bharrachd a chuir thugainn airson na tri bliadhnaichean a tha romhainn 's tha mi air paipear ullachadh airson coinneamh a' bhùird son coimhead ris an iarrtas seo. Tha grunn Fèisean ag amas air na programan aca a leasachadh le barrachd chlasaichean agus cur-seachadan do chom-pàirtichean. Tha mi ag obair le na h-oifigearan gus dèanamh cinnteach gu bheil an taic iomchaidh air a thoirt gu na Fèisean 's gu h-àiridh far a bheil feum air barrachd airgid a thogail gus na programan aca a lìbhrigeadh.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig	
	Tron sgeama leasachaidh tha sinn a' brosnachadh na Fèisean a bhith a' cur air adhart cothroman ùra do chom-pàirtichean nam Fèisean. Tha planaichean leasachaidh aig gach Fèis 's tha mi ag obair gu dlùth leis an sgioba-leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn frithealadh feumalachdan nam Fèisean gus rudan ùra a chuir air adhart. Bha an t-iarrtas a dh' ullaich mi do Mhaoin nan Ealain Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig) gus pròiseact Dràma air Chuairt a ruith a-rithist ann an 2018/19 soirbheachail. Thèid a' phròiseact seo air adhart aig deireadh an Lùnastal 's toiseach an t-Sultain aig àm Blas mar phàirt de phrogram coimhearsnachd is sgoile na Fèise.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra	
	Chaidh Fèis nan Òran a chumail air 24/25 Gearranann ann an Ionad Fairburn, faisg air A' Bhlàr Dubh. 'S e Seumas Greumach agus Caitlin NicAonghais a bha lìbhrigeadh na bùithtean-obrach. Thug mi taic do Nicola le bhith a' cur seo air dòigh 's chaidh mi a thadhail air na com-pàirtichean gus bruidhinn air pròiseact Fuaran agus na tasglannan Gàidhlig a tha ri fhaotainn air loidhne. Tha sinn air coimisean a thoirt do Robbie MacLeòid òran a sgrìobhadh airson Bliadhna na h-Òigridh, faic AC5	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra	
	Mar phàirt de Bhliadhna na h-Òigridh tha sinn air coimisean sònraichte a thoirt don seinnedair/sgrìobhadair Robbie MacLeòid. Tha sinn an dùil gum bi an t-òran seo air a sheinn le na Fèisean tron Shamhraidh agus mar phàirt de Cheòl nam Fèis agus Òran Mòr.	

	A bharrachd sin, thèid coimisean Blas na bliadhna sa a thoirt do neach ciùil a tha 26 bliadhna a dh' aois no nas òige 's tha sin a-mach gu tairgse an-dràsta.
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail	
AC11	Bùithtean-obrach is pròg raman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)
	Bha Meanbh Chuileag air an rathad san t-Sultain/Damhair leis an dealbh cluiche 'Tearlach fo Chasaid' mu eachraidh nan Seumasach agus Prionnsa Tearlach. Chaidh an darna earran den chuairt air an rathad sa Ghearran a' tadhal air sgoiltean san Eilean Sgitheanach agus na h-Eileannan Siar. Bha Aonghas MacLeòid, Oifigear Dràma na buidhne, air an rathad aig àm Blas 2017 le dealbh-cluiche dà chànanach mu Choinnich Odhair, airson sgoiltean air a' Ghàidhealtachd a tha teagasg Gàidhlig do sgoilearan mar phàirt de dh' Iomairt Cànain 1+2. Chunnaic cha mhòr 900 sgoilear an dealbh-cluiche taobh a-staigh cola-deug de thaisbeanaidhean.
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G
	Tha sinn a' coimhead air modal Sgioba-G a leaschadh air a' bhliadhna a tha romhainn gus dèanamh cinnteach gu bheil comataidhean Fèise a' faighinn an taic às fheàrr 's gu bheil e èifeachdach agus tarraingeach do chom-pàirtichean.
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean
	Chaidh cuairt 'Hùb-Hàb agus Seirm na Sìde' air chuairt sa Ghiblean timcheall sgoiltean is buidhnean thràth bhliadhnaichean ann am meadhan na dùthcha agus Earra-Ghàidheal.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh
	Tha Fèis ùr air a steidheachadh a-nis ann an Cille Bhrighde an Ear 's tha iad trang ag ullachadh airson a' chiad tachartas aca. Tha mi fhathast a feitheamh air fios bho bhuidheann an am Peairt a thog ùidh Fèis a steidheachadh sa Bhaile. Tha mi cuideachd air a bhith ann an conaltradh le Buidhean Leasachaidh Gàidhlig Fhìobha a tha airson coimhead air Fèis a steidheachadh sa sgìre.
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	As na beagan mìosan a dh' fhalbh tha mi air a bhith trang a' coimhead ri Blas 2018 às dèidh dhuinn dearbhadh fhaighinn air maoineachadh bho Comhairle na Gàidhealtachd. Tha mi air a bhith an làthair aig dà choinneamh den bhuidhean programaidh 's tha mi air dreach program airson na fèise a dhealbhadh. Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth ris a' cheannard agus ri Criosaidh NicRath (co-òrdanaiche Blas) airson feuchainn a' phròg ram a dhearbhadh. A bharrachd air sin tha mi air a bhith an sàs le agallamhan airson co-ordaniche Bliadhna na h-Òigridh fhastadh 's tha mi air a bhith an sàs ann an còmhraidhean timcheall air a' program de thachartasan a bhios sinn a lìbhrigeadh. Chuir mi air dòigh rannsachadh le a-measg òigridh nam Fèisean le ceistean mu chòmhlain a bu chaomh leotha fhaicinn aig Òran Mòr agus dè na seòrsa rudan a chòrdadh riutha a dhèanamh/a bhith an sàs leis mar phàirt dhan a' phrogram a bhios againn am bliadhna.
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig
	Chaidh 5 latha 2018 a chumail eadar 2-7 Giblean le 12 com-pàirtiche an làthair. Bha fèill mhòr air na h-àiteachan a-rithist am bliadhna ach air sgàth trioblaidean le àitean fuirich aig Na Geàrrannan bha againn ri na h-àireamhan a chumail rud beag na b' ìsle nan àbhaist. Bha seachdain trang de chur-seachadan againn 's bha sinn gu math fortanach leis an tìde. Chaidh na com-pàirtichean an sàs ann an gnìomhan croitearachd, An Clò Hearach, fuaigheall, bèicearachd is

	còcaireachd a bharrachd air a bhith ag ionnsachadh ceòl is òrain bho Norrie MacIomhair (Skipinnish) agus Ian Mac a' Ghobhain (Trail West). Tha sinn gu mòr an comainn coimhearsnachd Charlabhaigh agus sgioba Na Geàrrannan a tha cumail taic cho math ruin tron sheachdain. Thànaig 96 dhan a' chèilidh teaghlaich againn air an Oidhche Dhiardaoin 's tha sinn cuideachd taingeil dhan Chòisir Ionadail a chuir Teatha/Cofaidh is bèiceireachd air dòigh dhuinn.
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile	
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean
	Tha mi a' cumail stiùir air an sgioba leasachaidh gu làitheil agus a' toirt cuideachadh dhaibh mar a bhios iomchaidh. As na beagan mìosan a dh' fhalbh tha mi air a bhith ag obair còmhla riutha air planaichean maoineachaidh a dhealbhadh airson gach Fèis gus dèanamh cinnteach gu bheil oidhirp ga dhèanamh beàrnan airgid a lìonadh a bharrachd air cothroman airson leasachaidhean ùra.
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin
	Chum sinn latha trèanaidh ann am Port Rìgh sa Mhàirt a' coimhead air briathrachas agus gnathasan cainnte. Bidh sinn a' cruinneachadh a-rithist san t-Òg Mhìos. Mar phàirt dha na planaichean leasachaidh a chaidh ullachadh le gach Fèis, chaidh feumalachdan trèanaidh buill chomataidh chomataidh a chlàradh 's bhon uairsin tha trènaadh Diòn-chloinne, ciad-cobhair agus Gàidhlig air a bhith air an toirt seachad. Tha sinn cuideachd a' coimhead air dòighean gus barrachd Seiseannan Gàidhlig a chuir air dòigh do luchd-teagaisg nam Fèisean.
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh
	Tha sinn mothachail air na cothroman agus an togail a tha com-pàirtichean na Fèisean a fhaighinn tro bhith an sàs le diofar phròiseactan, tachartasan, co-obrachadh is eile 's tha sinn a' dèanamh oidhirp coimhead ri tuilleadh cothroman dhaibh aig Fèisean Ciùil, tachartasan sònraichte agus tro iomlaidean. Tha sinn air leth toilichte gu robh an Ionad Oriel soirbheachail airgead a ghlèidheil gus buidheann à Alba a thoirt a-null sa Lùnastal 2018 gu Fleadh Ceòl na h-Èirinn 's bidh sinn a' cur cuisean air dòigh a thaobh seo sna seachdainean a tha romhainn. Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig bidh sinn toilichte fàilte a chuir air a' bhuidheann seo don Ghàidhealtachd san t-Sultain. Bidh òigridh bho Fèisean nan Eilean Siar a' gabhail pàirt ann am Fèis Cheilteach Innse Ghall agus bidh Fèis Tìr a' Mhurain agus Fèis Tìr an Eòrna a' gabhail pàirt ann am Fèis an Eilean Dorcha. Bidh consart ceòl nam Fèis againn air 14 Sultain mar phàirt de Bhlas le còrr is 100 com-pàirtiche bho Fhèisean air feadh na dùthcha agus bidh barrachd na 500 neach òga an sas le Òran Mòr.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
	Tha mi toirt taic le eadar-theangachaidhean aig diofar amannan agus a' toirt stiùir do dh' oifigearan ma tha ceistean sam bith ag èirigh
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh
	Bidh sinn a' cumail taic ri 7 cuairtean a-rithist am bliadhna. Bidh mi a' cumail taic ris na h-oifigearan leasachaidh agus na co-òrdnaichean air na beagan mìosan a tha romhainn le goireasan, sansachd is eile.
	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	Faic AC19
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte
	Faic AC5, AC19, AC26
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-

	obair a thaisbeanadh	
	Bidh sianar òigear bho nan Fèisean an sàs le Guth nan Gael a-rithist am bliadhna 's bi iad a' tadhail air am Fleadh ann an Ennis, Eirinn sa Lùnastal.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gun tèid am Poileasaidh Gàidhlig a chur an sàs	
	Tha cùrsa ùr againn airson luchd-teagaisg ùra agus cùrsa airson luchd-teagaisg a tha airson na sgìlean aca a leasachadh. Tha sinn air ceathrar a thrèanadh airson na cùrsaichean a lìbhrigeadh 's bidh sinn a' cur Seiseannan air dòigh air thoiseach air Fèisean an t-Samhraidh.	
AC38	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Tha Eilidh air an t-uamhas obair a dhèanamh gus Fèisgoil a shanas agus bidh mi a' toirt taic dhi mar a bhios iomchaidh.	
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Tha mi dèanamh seo gach mios le na cosgaisean a tha mi a' clàradh	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Tha mi dèanamh seo airson na pròiseactan anns a bheil mi fhìn an sàs 's tha mi ag amas air barrachd feum a dhèanamh dhan an làrach ùr againn bho seo a-mach. Tha mi air a bhith ag obair gus leasannan Oide a chuir air dòigh 's tha mi toilichte gum bi na chiad leasannan air an clàradh as na beagan seachdainnean a tha romhainn.	
AC50	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach	
	Le Taic bho Bhòrd na Gàidhlig bidh sinn a' ruith Fuaran a-rithist am bliadhna, a' toirt cothrom do bhuidheann ùra de sheinenadairean òga a bhith a' cruinneachadh òrain as na sgìrean aca fhèin le cothrom clàraidh mar phàirt dheth seo. Thèid an cothrom seo a shanas ron t-samhraidh le dùil gum bi com-pàirtichean a cruinneachadh òrain agus dhan clàradh ron Nollaig. Ghlèidh sinn airgead cuideachd airson goireasan didseatach a dhèanamh dha na leabhraichean Ceòl nam Fèis 1 & 2 agus airson leabhar didseatach de dh'òrain cèilidh. Tha mi air a bhith bruidhinn ri companaidh as an Spain a tha comasach air leabhraichean-E mar seo a dhèanamh.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Faic AC38	
InG2	A' leudachadh phrògraman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC11,12,13 agus 20	
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an	

	coimhearsnachdan	
	Faic AC20	
InG6	Teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean nuair bhios cothroman gan cur a-mach gu tairgse	
	Faic AC40	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG8	A' cur airgead an seilbh Maoin Leasachaidh nam Fèisean gus leasachaidhean cruthachail ùra a mhaoineachadh ann an coimhearsnachdan agus tha an t-airgead sin a' toirt cothrom don luchd-iarrtais tuilleadh maoineachaidh a tharraing a-steach	
	Faic AC1	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faic AC28	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas	
	Faic AC19	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna	
	Faic AC20	
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig	
	Faic AC20	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faic AC26	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG2	Seisean seinn gach mìos ann an Inbhir Nis agus seiseanan 'cofaidh is còmhradh' gu cunbhalach ann an oifisean Phort Rìgh/Inbhir Nis nam biodh dearbhadh air iarrtas ann.	
	Tha seisean seinn 'Tac an Teine' a' dol air adhart air a' chiad Disathairne de gach mìos ann an Taigh-òsta a' Ghlinne Mhòir air bruthaichean Abhainn Nis, ach a-mhàin tro mhìosan an t-samhraidh. Tha àireamhan math ga fhrithealadh gach mìos agus thèid seisean air adhart air 12 Cèitean, 9 Ògmhios is 8 Sultain Chan eil ùidh air nochdadh ann an Cofaidh is Còmhradh ann am Port Righ aig an ìre-sa. Tha sinn an dùil a bhith coinneachadh uair sa mhìos ann an Inbhior Nis bho seo a-mach a-rèir iarrtas.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.18	
	Chum sinn ceithir làithean trèanaidh thairis air a' bhliadhna a' coimhead air gràmair, sgilean sgrìobhaidh, briathrachas, gnathasan-cainnte, eadar-theangachadh, na meadhannan agus sanasachd.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.18	
	Faic AC25	
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean 'Fèis Bheag' no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.18	
	Suas gu deireadh R4 bha 24 Fèisean air seiseanan tràth-bhliadhnaichean a chumail.	
BnG7	Thèid panto Gàidhlig air chuairt a' tadhal air co-dhiù sia sgìrean ro 31.03.18	
	Chaidh am Panto bhliadhnail air chuairt eadar 27 Samhain gu 15 Dùbhlachd leis an dealbh-chluich 'Anna Bheag a' Chòta Dheirg' air a sgrìobhadh leis an Oifigear Dràma againn, Aonghas Macleòid. Air sgath droch-shìde cha d' fhuair an sgioba air tadhal air sgoiltean Leòdhas is Na Hearadh ach uile gu lèir chaidh 25 taisbeanaidhean a chur air dòigh ann an sgoiltean air feadh na dùthcha le 2,253 sgoilear a' faicinn a' Phanto. Chaidh taisbeanadh a bharrachd a chur air dòigh anns an Ironworks, Inbhir Nis, far an robh mu 60 san èisteachd. Chaidh clàradh a dhèanamh dhan taisbeanadh phoblach 's tha sin ri fhaotainn tro sianal FèisTV agus tha 250 neach a bharrachd air coimhead ris.	
BnG10	Cuairt le dràma Ghàidhlig a mhaireas 6 seachdainean timcheall sgoiltean Gàidhlig ro 31.03.17	
	Faic AC11	
BnG12	40 consairt Bhlas aig Blas 2017, agus pròg ram sgoiltean is coimhearsnachd mar phàirt den fhèis, air an lìbhrigeadh ann an com-pàirt ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh chànan air an àrd-ùrlar.	
	Faic AC19	
BnG13	Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach le cuideigin a tha fileanta sa Ghàidhlig. Luchd-ciùil/luchd-ealain air am brosnachadh gu bhith cleachdadh an cuid Gàidhlig aig an	

	fhèis.	
	Chaidh seo a dhèanamh	
BnG14	Pìosan ciùil ùra air an cluich le luchd-ciùil mar phàirt de Bhlas 2017, le co-dhiù 4 taisbeanaidhean rè na Fèise.	
	Airson Blas 2018 bidh sinn a' toirt cothrom do neach-ciùil òga coimisean na bliadhna-sa a chuir air dòigh mar phàirt de Bhliadhna na h-Òigridh 's tha sin a-mach gu tairgse aig an ìre-sa.	
BnG15	Bidh am fiosrachadh is stuthan sanasachd uile san dà chànan mar phàirt chudromach den fhèis, a' gabhail a-steach Fear no Bean an Taighe le Gàidhlig aig gach tachartas.	
	Chaidh seo a dhèanamh	
BnG17	Ag amas air 16 sgoilear àrd-sgoile a bhith a' gabhail pàirt san tachartas còmhnaidh aig na Gearrannan, Eilean Leòdhais aig àm na Càisge 2018.	
	Faic AC20 Chum sinn ceithir làithean trèanaidh thairis air a' bhliadhna a' coimhead air gràmair, sgilean sgrìobhaidh, briathrachas, gnathasan-cainnte, eadar-theangachadh, na meadhannan agus sanasachd.	
BnG19	Fios as ùr gach ràithe air ciamar a chaidh airgead a' Bhùird a chleachdadh anns an ràithe mu dheireadh.	
	Tha seo a' dol air adhart dhan Bhòrd gach ràithe	
BnG20	Fios as ùr gach ràithe air suidheachadh ionmhais na buidhne gu h-iomlan.	
	Chaidh seo air adhart dhan Bhòrd san Lùnastal	
BnG21	Clàr-chunnartan air a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus lethbhric de phàipearan airson coinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal co-cheangailte ris a' chuspair seo, le fios às ùr air gnìomhan lasachaidh, an dèidh choinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal.	
	Bidh Bòrd na Gàidhlig a' faighinn a h-uile pàipear airson coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne. Chaidh aithisg mu Chlàr Chunnartan na buidhne a chur gu Bòrd-Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal sa Chèitean agus chaidh leth-bhreac air adhart do Bhòrd na Gàidhlig	
BnG22	Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseict, le fianais às ùr gach ràithe	
	Bithear a' sealltainn suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig anns na stuthan clò-bhuailte uile agus bithear a' toirt aithne don taic bho Bhòrd na Gàidhlig anns gach brath-naidheachd, air an làrach-lìn againn agus an cois phuist-d.	
BnG23	Gheibh Bòrd na Gàidhlig sanas tarsainn làn-dhuilleig san leabhran air-loidhne aig Blas mar Sanasan-naidheachd air an cur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro-làimh agus cothrom a thoirt don Bhòrd fios a chur riutha.	
	Bidh cothrom aig Bòrd na Gàidhlig nuair a tha taic ga thoirt don obair air a bheil an t-sanas naidheachd a' toirt iomradh, m.e. Brath naidheachd Blas, Dràma air Chuairt msaa	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle a chosg air Fèisean nan Eilean Siar tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.	
	Tha cuibhreann £9,900 pàighte le £35,493 gu h-iomlan air a ghealltainn do na Fèisean.	
CnES2	£2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneamh cosgaisean Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn thìde stèidhichte sna h-Eileanan Siar	
	Tha mi a' cumail taic ris an t-oifigear a tha stèidhichte làn-ùine ann an Steòrnabhagh ach ag obair le na Fèisean air fad as na h-Eileanan Siar.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

AINM	ANNA WILLOUGHBY			
DREUCHD	MANAIDSEAR GNÌOMHA			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Pròghraim
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Tha £33,500 anns a'Mhaoin Leasachadh nam Fèisean airson pròiseactan airson bliadhna 2018/19. Fhuair Fèis Spè £5,925 airson tuarastal oifigear leasachaidh làn-thìde gu ruige seo agus tha e air a'phàigheadh a-mach dhaibh.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Chaidh £5,925 a thabhann do dh'Fhèis Spè am-bliadhna gus taic a chumail ri dreuchd Oifigear Leasachaidh a chuidicheas le bhith toirt pròg ram obrach aonaichte gu buil.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Chaidh £215,925.00 a thabhann do 46 Fèisean tron Sgeama Thabhartasan agus tha fiosrachadh aig na Fèisean air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh agus feuch gun urrainn dhaibh gluasad thar ùine gu bhith pàigheadh thuarastalan aig na h-ìrean sin. Tha £40,818.13 air a dol a-mach gu Fèisean an dràsta.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas. Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm. Tha 114 neach air a dol tron sgeama am bliadhna.	
AC10	A' toirt taic ionmhasail seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan	
	Gheibh Fèisean maoineachadh a bharrachd airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha iad sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Tha Fèis na h-Oige a faighinn taic cunbhalach agus gheibh Fèis Chataibh taic airson an Fhèis aca agus buthan-obrach.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Tha chuirmean aig Fèisean le luchd-teagaisg agus airson com-pàirtichean mar as trice.	
AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta	
	Tha Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na maoine, Tasgadh, le airgead a bharrachd luach £35,000 a fhuair sinn bho Alba Chruthachail, agus thèid £31,500 de sin a sgaoileadh mar thabhartasan. Bidh a' chiad de na trì cinn-latha airson an sgeama ann an 2018/19 ann air 13 Iuchar 2018, an ath ceann latha, 26 Dàmhair 2018 agus tha am fear mo dheireadh air 01 Gearran 2019.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean	
	Chaidh £13,256.25 a thabhann do dh'Fhèisean gus luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh, sin mar 1.5	

	dreuchdan Ionann ri Làn-thìde (ILT), mar pairt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile	
AC22	A' cruthachadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail
	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cruthachadh, ag ath-dheasachadh agus a' lìbhrigeadh caochladh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth a' mhòrchuid dhiubh a ghabhail òs làimh iad fhèin. Tha 3 poileasaidhean air an ùrachadh agus air aontachadh le Buill a'Bhùird. Tha 4 phoileasaidhean air an ùrachadh agus a dol mo choinneamh Buill a'Bhùird an-dràsta.Tha foirm-sgrùdaidh airson Co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a'Bhuird airson gu bi fiosrachadh staitistigeil cudromach again a-mach bhon seo. Tha luchd-obrach a'dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd. Chaidh fiosrachadh a-mach gu luchd-teagaisg pàirt a'ghabhail anns an sgrùdadh agus an trèanadh seo cuideachd. Bha oifigearan leasachaidh a'brosnachadh Fèisean seo a'lionadh a-staigh ro 31 Màirt 2018 airson targaidean a'choileanadh.
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain
	Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas mar phàirt den bhallrachd aca agus tha seo air sgrùdadh agus ùrachadh anns An Gearran am bliadhna mar 's abhaist.
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta
	Gheibh luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh nuair a tha sin a dhìth. Uaireannan bidh buidhnean eile ga chur air dòigh. Aig amannan eile, 's e trèanadh a dh'aona-ghnothach a bhios ann a chuireas Fèisean nan Gàidheal air dòigh mar an co-labhairt anns air 28/29 An t-Sultain. Tha 101 luchd-eagrachaidh air a bhith faighinn 108 seisean trèanaidh.
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin
	Rinn an luchd-obrach trèanadh ann an Gràmair Gàidhlig anns An t-Òg-mhìos, An Samhain, An Dùbhlachd 2017 agus Am Màirt 2018. Rinn a h-uile duine trèanadh Co-ionnachd air loidhne. Tha Eilidh a faighinn leasain Gàidhlig bho Seònaid NicGriogair. Tha Aonghas air trèanadh a dhèanamh comhla ri YTS. Rinn Raoinead cùrsaichean air loidhne ann an Dion-Chloinne. Tha trèanadh a dol air adhart ann an Ciad-Cobhair, GDPR agus sgrìobhadh naidheachdan an-dràsta.
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh
	Rinn sin trèanadh gus an urrainn do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh. Thathar an dòchas gun dèan muinntir nan Cèilidhean air Chuairt obair am-bliadhna feuch am bi iad airidh air duaisean. Bha Diane Bruce air ScotGrad placement fad an t-shàmhraidh. Bha 47 daoine oga anns na Cèilidhean air Chuairt aig 45 seasanan trèanaidh aig Fèis Alba anns Am Phloc.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
	Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus gus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth, agus bidh an Sgioba-G a' cur tachartasan Gàidhlig air dòigh dhaibh.
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh
	Bidh 8 Cèilidhean air Chuairt ann an 2018-19 a faighinn taic-airgid bho Fhèisean. Tha Fèis Phàislig gu bhi ruith Cèilidhean air Chuairt airson a'chiad uair. Tha 3 Cèilidhean air Chuairt taobh a-staigh Fèis Rois cuideachd.
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	Thèid Blas a chumail eadar 7 is 15 Sultain 2018. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Tha mi air a bhi cumail taic goireasan daoine, dealbhan-obrach, chùmhnantan, agallamhan msaa am bliadhna.

AC31	A’ gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Gheibh Cèilidhean air Chuairt, cothrom a bhi aig Blas am bliadhna.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh’oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean	
	Bidh bùth-obrach trèanaidh anns san Lùnastal 2018 airson oidean aig Iomairt Chiùil na h-Òigridh. Chaidh trèanadh air adhart anns An t-Samhain 2018 agus Am Màirt airson luchd-teagaisg nam Fèisean. Bha trèanadh seo a coimhead air sgilean mar dìon chloinne, dòighean agus goireasan teagaisg agus a’deiligeadh ri diofar ìrean anns an clas.	
AC35	A’ toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a’ cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos	
	Fhuair sinn crìoch a chur air a’ phròiseact Fuaran, a fhuair taic bho Mhaoin Dualchais a’ Chrannchuir Nàiseanta, ro dheireadh am Màirt, agus bidh na daoine òga an sàs sa phròiseact sin air na sgilean sin ionnsachadh. Gheibhear fiosrachadh air a phròiseact aig www.feisean.org/fuaran	
AC39	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus prògraman eile	
	Tha na clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta anns gach sgoil ann an Roinn na Gàidhealtachd a leanntain agus gheibh sin airgead Comhairle na Gàidhealtachd 18/19 anns An Lùnastal. Tha clasaichean a leanntain ann an sgirean eile.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin		
AC43	Tòisichidh sinn a’ dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd ann an 2015	
	Tha sinn a’dèiligeadh ri cùisean ceangailte ri co-ionannachd agus tha mi air an leabhar-làimhe ùrachadh a toirt a-staigh atharraichean bliadhnail bho Equalities Act 2010. Rinn an luchd-obrach trèanadh air loidhne.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th’ againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach ’s a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a’ dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A’ clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Thòisich luchd-obrach is Buill a’ Bhùird a’ clàradh sgaoilidhean carbon bho 1 Giblean 2015. Tha sin air a bhi clàradh sgaoilidhean carbon bhon an luchd-teagasg bho 1 Giblean 2016.	
AC46	A’ dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a’ tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math	
	Bidh sinn a’ cur tòrr thachartasan air dòigh aig Fèis Blas ann an sgìrean ionadail, agus sin a’ciallachadh nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gu bailtean nas motha airson tachartasan ealain. Tha sin a moladh daoine a bhi roinnte charbaid.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a’ toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a’ chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC50	A’ cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach	
	Thàinig am pròiseact Fuaran gu crìoch san Màrt 2016, agus tha na h-òrain a chaidh a chlàradh rim faotainn aig www.feisean.org/fuaran	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean **Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean**		

InG7	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Chaidh Fèisean ùra a stèidheachadh an uiridh san Apainn, Pàislig, Dùn Phris agus An Tàirbeart agus gheibh iad taic bhon sgeama tabhartasan againn.	
InG11	Pròg raman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean	
	Faicibh AC24 gu h-àrd	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean	
	Faicibh AC25 gu h-àrd, tha 247 neach air pairt a ghabhail ann 331 seiseanan trèanaidh.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faicibh AC28 gu h-àrd.	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas	
	Faicibh AC29 gu h-àrd	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Fhuair Cèilidhean air Chuairt a bhith aig tachartasan Fèis Blas.	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faicibh AC31 gu h-àrd.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.16	
	Tha an obair seo a' leantainn far a bheil co-obrachadh cunbhalach a' dol eadar oifigearan nan iomairtean agus Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean. Bidh luchd-obrach a' clàradh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad ag obair leis na h-Iomairtean agus cosg.	
BnG2	Cothrom air 'Cofaidh is Còmhradh' gach seachdain ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh	
	Chan eil seo ach sàmhach an-dràsta ach chaidh rannsachadh a'dhèanamh agus cha robh iarrtais ann air a shon an-dràsta. Cumaidh sin sùil air agus tha dùil gun tòisichidh e a-rithist nas fhaide air adhart.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.16	
	Chaidh seisean trèanaidh Gàidhlig anns an Òg-mhìos. Samhain, An Dùbhlachd 2017 agus Màirt 2018. Tha Eilidh a faighinn leasain Gàidhlig bho Seònaid NicGriogair a h-uile mìos.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.17	
	Faicibh AC25 gu h-àrd	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.17	
	Thathar a cumail taice a thoirt do 47 Fèisean ann an 2017-18 le tabhartasan, àrachas, ionnsramaidean ciùl agus sgilean Gàidhlig.	
BnG20	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.	
	Bidh Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh obair aig ìre luchd-obrach agus a' Bhùird sa Ghàidhlig agus thèid conaltradh a dhèanamh le Fèisean ionadail tron Ghàidhlig. Nì sinn cinnteach gum bi Fèisean a' cumail ris na pàirtean den Phoileasaidh Ghàidhlig a bhuineas riutha agus tha Plana Gàidhlig aca uile tha iad a leanntain.	
BnG22	Aithisg ràitheil air an t-suidheachadh ionmhasail aig Fèisean nan Gàidheal aig an àm	
	Tha Cunntasan Riaghlaidh air an dearbhadh le luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh	

	mar phàirt den aithisg seo agus tha mi dèanamh cinnteach gu bheil seo a tachairt ann an deagh àm.	
BnG23	Clàr chunnartan ri thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus bheirear lethbhreac de phàipearan do Bhòrd na Gàidhlig le fiosrachadh ùr, iomchaidh a bhuineas ris a' chlàr chunnartan a bhios air a thoirt seachad aig coinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal.	
	Fhuair Bòrd na Gàidhlig a h-uile pàipear bho choinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal agus tha an clàr chunnartasan air ùrachadh a h-uile bliadhna anns An Ceitean airson coinneamh a'Bhùird.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
	Thèid taic a chumail ri 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2017-18. Tha Fèisean nan Gàidheal air £88,275.00 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2018-19, a' gabhail a-steach an £22,100 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Thathar a' cosg an còrr der tabhartas air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1	
	Chaidh maoineachadh luach £31,771.25 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh tha sin sùileachadh. Thèid an £2,900 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1	
	Chaidh maoineachadh luach £40,640.50 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £9,000 tha sin sùileachadh bhon Chomhairle. Thèid an £11,000 a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde. Chan eil aonta againn fathast bho Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	

AINM	**Eilidh NicCoinnich**
DREUCHD	**Manaidsear Fèisgoil**

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		**Raon sa Phlana Pròg raim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig	
	The goireas ùr againn 'Blasad Gàidhlig – cùrsa adhartais' gus a bhith deiseil. Chuir Linda NicLeòid crìoch air an dreach deireannach de cùrsa Blasad Gàidhlig nan tràth bhliadhnaichean is tha coltas glè mhath air. Tha a' chiad ìre (C3-5) gu bhith deiseil. Ullachaidh sinn stuth airson an treas ìre. (C5-7)	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra	
	Còmhla ri mo cho-obraichean air buidheann stiùiridh Blas, dh'iarr sinn air Robaidh MacLèoid, seinneadair is sgrìobhadair òg, òran ùr a sgrìobhadh son Blas am-bliadhna. Tha an t-òran fhèin làn dòchais is tha sinn an dùil gum bi na còmpairtichean air fad ga sheinn còmhla mar phàirt den tachartas Òran Mòr. A bharrachd air seo bidh sinn a' brosnachadh gach oide Fèisgoil – Blasad Gàidhlig agus Iomairt Chiùil na h-Òigridh – ga theagasg mar phairt de na seiseanan aca tron bhliadhna sgoile 2018/19. Sgrìobh mi fhìn is Aonghas MacLeòid òrain ùra airson Hùb Hàb: Seirm na Sìde. A bharrachd air seo sgrìobh mi rann no dhà airson a' ghoireas ùr againn 'Aithris is Oideas'.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra	

	An raith seo sgrìobh Aonghas MacLeòid, oifigear dràma FnG, dealbh-chluich ùr son Hùb agus Hàb. 'S e Seirm na Sìde an t-ainm air is tha iad air chuairt meadhan na dùthcha an-dràsta. Tha Catriona Leacsaidh Caimbeul a' dol a chèilidh air na sgoiltean anns an Eilean Sgìtheanach is Loch Aillse leis an dùil gum bi iad a' tighinn còmhla air an 18mh Ceitean ann an Talla Dhonaidh Chaimbeil aig SMO.
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh
	Thòisich sinn uallachadh air rianachd mar tha. Chuir sinn iarrtas a-mach airson stiùiriche am-bliadhna is bha e na mhisneachadh mòr dhuinn an uiread de dh'ùidh san obair a' nochdadh. Fhuair Màiri Mhoireasdan an obair is fhuair Iain MacRath obair mar stiùiriche Dràma air Chuairt mar phairt de Bhlas.
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon
	A' bruidhinn ri Sandy Gray airson a dhèanamh cinnteach gu bheil oidean air a dhol fo dheuchainn uair sam bith a bhios oidean ùra ag obair còmhla rinn. Chuir sinn stòr-data oidean Fèisgoil air doigh.
AC11	Bùithtean-obrach is prògraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)
	Chaidh sgioba ùr Meanbh Chuileag, Megan MacLellan & Daibhidh MacCoinnich, air thuras do na h-Eileanan Siar is don Eilean Sgitheanach airson trì seachdainean aig deireadh a' Ghearrain/toiseach a' Mhàirt.
AC12	'S dòcha gum bi cuid de na geamannan/òrain a tha sinn a' cleachdadh anns nan seiseanan Blasad Gàidhlig freagarrach airson Sgioba G aig na Fèisean.
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean
	Tha a' chiad earrann de Hùb Hàb: Seirm na Sìde seachad is tha sinn dùil gum bi Hùb is Hàb air an rathad a-rithist ro, no fiù's rè, seachdain Blas. An turas seo bidh iad a' tadhal air na sgoiltean air Ghàidhealtachd is anns na h-Eileanan Siar ma bhios airgead ann. Tha Blasad Gàidhlig a' lìbhrigeadh cànain is fhaclan tro na h-òrain, geamannan, sgeulachdan is luchd-fuadain sònraichte againn.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh	
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	Tha mi mar bhall de bhuidheann-stiùiridh Blas is tro Fèisgoil lìbhrigidh sinn bùithean-obrach dràma rè seachdain na fèise agus bùithtean-obrach ciùil an teirm seo is an ath theirm ag ullachadh sgoilearan son pairt a gabhail ann an tachartas sònraichte, Òran Mò,r aig Blas am-bliadhna. Mar tha, tha 515 sgoilearan airson a bhith na lùib.
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig
	SSD18 – faicibh AC6; 5 Latha – Tha Calum Ailig a' dèiligeadh ris; Fèis nan Òran – tha Nicola a' dèiligeadh ris.
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile	
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain
	Tha obair Fèisgoil a' tighinn fo phoileasaidh àrachais FnG.
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin
	Bidh leasanan Gàidhlig agam còmhla ri Seònaid NicGhriogair feasgar Diardaoin tro theirm na sgoile. Chan eil iad a' dol an-dràsta ach bha an teirm 's a chaidh is tòisichidh iad a-rithist an ath mhìos.
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh
	Tha – is bha - mi ag obair air trì proiseactan còmhla ri Àrainneachd Eachdraidheil Alba is chaidh triùir

	fhastadh airson pròiseactan a lìbhrigeadh. Tha aonan na neach-ealain proifeiseanta ach tha an dithis eile ag obair air an ceann fhèin. Tha an obair a' toirt cothrom dhaibh na sgilean cruthachail aca a leasachadh agus eòlas proifeiseanta fhaighinn. Tha sinn a' deànamh beagan obair còmhla ri Eden Court air TòG:An Lab an dràsta fhèin.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
	Tha mi a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a chleachdadh cho tric 's as urrainn dhomh is tha earrann anns na cùmhnantan Fèisgoil mu chudromachd cleachdadh na Gàidhlig a-measg oidean a tha sinn a' fastadh.
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	A' tachairt.
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte
	Tro Bhlas tha sinn a' fastadh is a' toirt taic do luchd-ciùil òga. A bharrachd air sin tha sinn a' moladh luchd-ciùil òga a bha no a tha a' dol tro na Fèisean mar phàirt de thachartasan eile mar Celtic Colours, Celtic Connections agus Bliadhna na h-Òigridh am-bliadhna.
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh
	Faicibh AC30.
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**	
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean
	Chuir mi seisean trèanaidh air doigh le cuireadh do 17 oidean ùra Blasad Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd. Thàinig 11 don oifis ann an Inbhir Nis is ghabh an còrr pairt air Skype.
AC36	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga
	Bha luchd cleasaiche òg ag obair còmhla rinn air 'Hùb Hàb; Seirm na Sìde'. Rinn Aonghas MacLeòid obair còmhla riutha air sgilean sònraichte mar pupaidean is rinn mi-fhìn obair còmhla riutha air seinn/co-sheirm is mar sin air adhart.
AC37	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil
	Bha mi ag obair còmhla ri Eilidh NicCarmaig air goireas ùr son Music Education Partnership Group is a' toirt taic rithe leis na h-òrain fhèin – a' coimhead orra le eòlas mar oide Kodaly/Orff is ga stiùireadh.
AC38	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain
	Tha mi ann an conaltradh le diofar Ùghdarrasan Ionadail mu sheirbheis Fèisgoil. A bharrachd air na tursan dràma is seiseanan ciùil bidh mi a' sanasachd Blasad Gàidhlig, an seirbheis cànain aig FnG. Air an raith seo tha sinn ag obair còmhla ri 6 ughdarrasan ionadail, a' lìbhrigeadh seiseanan Blasad Gàidhlig, trì dhiubh airson a' chiad turas (Glaschu, Sruighlea agus Àir a Deas). Chuir mi teachdaireachd gu 9 Ùghdarrasan eile le beagan soirbheachais agus a bharrachd air an obair a tha sinn a deànamh còmhla ri buidhnean poblach mar Àraineachd Eachdraidheil na h-Alba agus Leabharlann Nàiseanta na h-Alba tha mi ann an conaltradh le Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba. Chithear barrachd fiosrachaidh anns an aithisg Fèisgoil a dh' ullaich mi airson pàipearan a' bhùird.
AC39	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròglaman eile
	Tha sinn a' coimhead air adhart ri stuth ullachadh son seiseanan Iomairt Chiùil na h-Òigridh 18/19
AC40	Pròglaman de chlasaichean Gàidhlig ann an sgoiltean coltach ri GLPS
	Blasad Gàidhlig – barrachd fiosrachaidh aig AC38 – cànan.

AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faicibh AC6.	
AC42	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean	
	Tha luchd-teagaisg a' faighinn taic le teagasg Gàidhlig aig an ìre seo bhon sgioba Blasad Gàidhlig leis gum bi iad fhèin ann fhad 's a tha na seiseanan a' dol air adhart.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin		
AC44	Plana Co-ionannachd is Iomadachd a dhealbh airson toiseach Bliadhna 2 den Mhaoineachadh Chunbhalach	
	A' leantainn ris a' phlana againn.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Gach latha bidh mi fhathast a' toirt mo chàr dealain dhan oifis is air ais.	
AC46	A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math	
	Ged nach eil mi an còmhnaidh soirbheachail bidh mi a' feuchainn ri oidean ionadail fhastadh. Mur a h-eil cuideigin le sgilean freagarrach ann an sgìre sam bith, bheireamaid a-steach oide bho sgìre eile.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Bidh mi a' cleachdadh ar làrach-lìn, a' sgrìobhadh aithisgean goirid air pròiseactan Fèisgoil, ach dràma, airson *Faileas* agus nuair a bhìos ùine agam a' cur naidheachdan air Facebook.	
AC48	A' dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra	
	Faicibh AC3 airson barrachd fiosrachaidh air goireas ùr Blasad Gàidhlig againn. Tha mi ag ullachadh òrain is geamanan freagarrach son clann òga, a' stèidhichte air leabhar Aithris is Oideas (air fhoillseachadh ann an 1964) Thig 9 deugairean gu Eden Court air an 8mh an Òg mhios airson seo a chlàradh. Gheibh sinn rùm Jim Love an asgaidh bho stiùiriche ùr aig Eden Court.	
AC49	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine	
	Faicibh AC48.	
AC50	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach	
	Faicibh AC48.	
AC51	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	Faicibh AC47.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Faicibh AC38.	
InG2	A' leudachadh phrògraman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan	
	Faicibh AC13.	
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an	

	coimhearsnachdan	
	SSD18 – barrachd fiosrachaidh san àm ri teachd. 5Latha – tha Calum Ailig a' dèiligeadh ri seo. Fèis nan Òran - tha Nicola a' dèiligeadh ris.	
InG4	Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean	
	Tha an luchd-teagaisg a' faighinn cothrom beagan Gàidhlig ionnsachadh còmhla ris na sgoilearan sna clasaichean aca sna bun-sgoiltean agus san àrd-sgoil. A bharrachd air sin tha na h-oidean ciùil againn a' toirt taic don luchd-teagaisg tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh, Seinn agus Acadamaidh a' Mhòid.	
InG6	Teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean nuair bhios cothroman gan cur a-mach gu tairgse	
	Faicibh InG4.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG12	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga	
	Faicibh AC36.	
InG13	A' tabhann cùrsaichean trèanaidh ùghdarraichte do dhaoine òga	
	Faicibh AC33.	
InG14	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil	
	Faicibh AC33.	
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean	
	Faicibh AC25, 26 & 33.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas	
	Faicibh AC29.	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna	
	Faicibh AC6.	
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig	
	Faicibh AC6.	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Faicibh AC30.	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faicibh AC30.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG2	Seisean cofaidh is còmhradh gach seachdain ann an oifis Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh	
	Cha robh Cofaidh is Còmhradh a' ruith air an raith seo ach gach mìos tha Tac an Teine a' ruith ann an Inbhir Nis far a bheil coimhearsneachd Inbhir Nis san sgìre a' tighinn còmhla airson seinn is còmhradh.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.19	
	Tha Seònaid NicGhriogair a' toirt leasan Gàidhlig dhomh bho àm gu àm agus tha mi an dòchas seisean no dhà a dheànmah còmhla rithe anns an Ògmhios.	
BnG7	Thèid panto Gàidhlig air chuairt a' tadhal air co-dhiù sia sgìrean ro 31.03.19	
	Bha Panto againn a' ruith tro 3 seachdainean an àite 2 an-uiridh. Chuir sinn ìtealan air dòigh airson Ìle is Tiriodh a ruighinn airson a' chiad uair. Faicibh an aithisg roimhe airson barrachd fiosrachaidh. Tha cinn-latha againn mar tha airson turas panto 2019.	
BnG8	80 bùth-obrach dràma Ghàidhlig a lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.19	
	157+ bùithean-obrach dràma uile gu lèir ann an 17/18. Thòisich bliadhna ionmhais 18/19 o chionn 6 seachdainnean is lìbhrig sinn Hùb Hàb (22), FDES&LA (37) FDEG&B – Tiriodh (4) = 63 mar tha.	
BnG9	Thèid co-dhiù 3 buidhnean dràma òigridh airson clann àrd-sgoile a stèidheachadh ann an co-bhuinn ri buidheann eile ro 31.03.19. Tha ceangal aig seo ri cùmhnant com-pàirteach a th' againn le Eden Court mar phàirt den Lìonra Dràma.	

	A’ toirt beagan taic do dh’Eden Court ach aig an ìre-sa tha gainnead àireamhan a’ cur dragh oirnn is tha sinn a’ coimhead air diofar dhòighean uidh ann an dràma a thogail a-measg dheugairean	
BnG10	Cuairt le dràma Ghàidhlig a mhaireas 6 seachdainean timcheall sgoiltean Gàidhlig ro 31.03.19	
	Meanbh-chuileag 2017 – *Teàrlach fo Chasaid* – Earrann 1 - 29 bùithean-obrach taisbeanaidh air feadh na dùthcha le cothrom do bharrachd air 850 sgoilearan le Gàidhlig a bhith na lùib. Earrann 2- 22 taisbeanaidhean/bùithean-obrach; 591 sgoilearan an sàs.	
BnG11	Cuairt a mhaireas dà sheachdain le dealbh-chluiche dà-chànanach airson sgoiltean a tha tabhann GLPS no far an robh oidean Fèisgoil a’ teagasg, ro 31.03.2019	
	Sporan: turas dràma do luchd ionnsachaidh. Bha Aonghas MacLeòid air chuairt leis, a’ dol tro 14 sgoiltean faisg air Brahan far an do thagh iad Gàidhlig mar C3 le bùth-obrach/taisbeanadh Choinnich Odhair. Thairis air 2.5 seachdain lìbhrig Aonghas 35 seiseanan le 889 sgoilearan an sàs. Tha sinn an dùil taisbeanadh ùr a chur air dòigh le Sporan san t-Sultain 2018.	
BnG12	40 consairt Bhlas aig Blas 2018, agus pròg ram sgoiltean is coimhearsnachd mar phàirt den fhèis, air an lìbhrigeadh ann an com-pàirt ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh chànan air an àrd-ùrlar.	
	Faicibh aithisg ràitheil An t-Sultain 2017. Tha sinn an dùil barrachd sheiseanan a’ ruith mar phàirt de phròg ram sgoiltean is coimheasrnachd air sgath ‘s gur i Bliadhna na h-Òigridh a th’innte – gu h-àraidh ceangailte ri tachartasan Blas, Ceol nam Fèis is Òran Mòr.	
BnG14	Coimisean ùr mar phàirt de Bhlas 2018, a thèid a thaisbeanadh co-dhiù 4 tursan aig an fhèis	
	Faicibh aithisg ràitheil An t-Sultain 2017. A bharrachd air òran ùr bho Robbie MacLeòid mar choimisean sònraichte airson tachartas Òran Mòr thèid fiosrachadh a-mach mun choimisean ùr is bidh FnG a’ lorg òigear fo aois 26 airson ceòl ùr a sgrìobhadh.	
BnG15	Bidh am fiosrachadh is stuthan sanasachd uile san dà chànan mar phàirt chudromach den fhèis, a’ gabhail a-steach Fear no Bean an Taighe le Gàidhlig aig gach tachartas.	
	Thachair seo.	
BnG16	Na amas gum bi 15 duine aois 14-18 a’ gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma ann an 2018	
	Bha 14 ann an-uiridh. Thòisich sinn air sansachd airson SSD18, le seachdnar na lùib aig an ìre-sa. Chaidh Màiri Mhoirseadan fhastadh mar Stiùiriche SSD18 ùr, agus bidh Iain (Coinneach) MacRath na stiùiriche air Dràma air Chuairt aig àm Blas.	
BnG17	Na amas gun gabh 16 sgoilear àrd-sgoile pàirt ann an tachartas còmhnaidheach aig Taighean-tughaidh nan Gearrannan ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2017.	
	Tha Calum Ailig a’ dèiligeadh ri 5 Latha.	
BnG18	A’ cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.	
	Tha mi a’ feuchainn ris a’ Ghàidhlig a chleachdadh cho tric ‘s as urrainn dhomh san oifis is tha mi a-nise a’ faighinn barrachd taic bho Sheònaid NicGhriogair.	

AINM	**MOREEN PRINGLE**
DREUCHD	**OIFIGEAR GHNOTHAICHEAN**

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A’ Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A’ Tarraing Luchd-èisteachd is a’ Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Pròg raim
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail**		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh’obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam	

	Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca. Anns an raìthe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu 41 Fèisean.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil	
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnsramaidean diofaraichte airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Chaidh ionnsramaidean a-mach gu Fèis Ceann Loch Goibhle, Fèis an Earraich, Fèis Ghaidhlig Ghlaschu, and Fèis Fhoirt .	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.	
AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta	
	S e stòras a th' ann an Tasgadh maoinichte le Alba Chruthachail, air a riaghladh le Fèisean nan Gàidheal agus fosgailte do bhuidhnean agus daoine fa leth. Bha an ath cheann-latha 2 an Gearran 2018. Fhuair sinn 28 iarrtas agus chaidh taic aontachadh do 15 tagraiche. Bidh trì cinn-latha ann an 2018/19 - 13 Iuchar 2018, 26 Dàmhair 2018 agus 1 Gearran 2019.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Tha mi a' clàradh sgaoilidhean carbon bhon Giblean	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach. Chaidh Faileas air an Làrach-Lìn deireadh am Màrt agus tha sin a deisealachadh fear eile airson an t-Ògmhios. Tha Faileas a dol a-mach go a h-uile duine air an stòr-data cuideachd.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG2	Cothrom air 'Cofaidh is Còmhradh' gach seachdain ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh	
	Chaneil sin air an-dràsta, ach bidh sin a tòiseachadh a-rithist	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.18	
	Tha tòrr seiseanan trèanaidh Gàidhlig a thachair fad a' bhliadhna	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.18	
	Tha tòrr seiseanan trèanaidh a thachair fad a' bhliadhna	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.18	
	Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

AINM	**ANGUS MACLEOD**
DREUCHD	**OIFIGEAR DRÀMA**

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Pròg raim
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra	
	Sgriobtaichean ùra Thathar a' rannsachadh cothroman maoineachaidh gus sgrìobhadh ùr a bhrosnachadh a bhiodh freagarrach airson pròiseact tèatar-oideachaidh Meanbh-chuileag agus an Sgoil Shamhraidh Dràma.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh	
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2018 Thèid Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a chumail eadar Diluain 2 agus Disathairne 14 Iuchair 2018 ann am Port Rìgh. Tha roghainn aig tagraichean eadar 13 agus 18 cur a-steach airson àite a mhaireas 6 no 12 latha. Ro làithean-saora na Càisge chaidh postair agus fiosrachadh a' sanasachd na Sgoile a' sgaoileadh air a h-uile àrd-sgoil a bheil roinnean Gàidhlig do dh'fhileantaich 's luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Chaidh an dreuchd airson Stiùiriche na Sgoile a shanasachd air 6 Giblean agus bhon uair sin chaidh Mairi Mhoireasdan ainmeachadh gus an Sgoil a stiùireadh. Chaidh naidheachd mun ceann-latha airson iarrtasan a chur air ar làrach-lìn, Facebook agus Twitter air Diardaoin 3 Cèitean. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC11	Bùithtean-obrach is prògraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)	
	Meanbh-chuileag: Teàrlach Fo Chasaid – Turas 2018 Ann an 2017 sgrìobh mi sgriobt agus dh'ullaich mi goireasan do luchd-teagaisg airson Teàrlach Fo Chasaid, bùth-obrach eadar-obrachail mun a' Phrionnsa Teàrlach, a bha ag amas air sgoilearan eadar P5-P7 ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh dithis chleasaichean, Calum Dòmhnallach agus Ellen NicDhòmhnaill fhastadh, gus a' chiad earran den turas a lìbhrigeadh san Dàmhair 2017. Anns a' chiad earrann den turas eadar 2 agus 27 Dàmhair chaidh a thaisbeanadh 29 turas aig 24 sgoil le 872 sgoilear an làthair. Anns a' Ghearran 2018 chaidh Megan NicIllFhialain agus Daibhidh MacCoinnich fhastadh mar chleasaichean gus an dàrna earrann den turas a lìbhrigeadh do sgoiltean an Eilean Sgitheanaich 's Loch Aillse, na h-Eileanan an Iar agus Malaig. Chaidh an obair-deasachaidh a dheanamh leotha taobh a-staigh trì làithean ann an Inbhir Nis eadar Dimàirt 6 agus Diardaoin 8 Gearran. Chaidh an dàrna earrann den turas a' lìbhrigeadh eadar 14 Gearran agus 1 Màrt le 22 taisbeanaidhean do 24 sgoiltean. Bha corr is 540+ sgoilear an làthair aig na bùthan-obrach seo. **Meanbh-chuileag: 2018/2019** Thathar a' leasachadh dealbh-chluich airson a bhliadhna-sgoile 2018/2019 le sùil turas nàiseanta a dhèanamh leis eadar 27 Lùnastal agus 10 Dàmhair 2018. **Pròiseact Tèatar Oideachaidh airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig** **Coinneach Odhar/ Brahan Seer** A leantainn air an turas a rinn mi san t-Sultain 2017, lìbhrig mi a' bhùth-obrach airson trì sgoiltean ann an sgìre Loch Nis a tha gabhail pàirt sa phròiseact Blasad Gàidhlig. B' iad Bun-sgoil Bhaile an Àthain agus Bun-sgoil Ghleann Urchadain air 16 Màrt agus Bun-sgoil Allt Dubharaidh air 19 Màrt. Thadhail mi air Bun-	

	sgoil Farr leis a bhùth-obrach cuideachd air 16 Màrt as dèidh iarrtas fhaighinn bho Fèis Farr bùth-obrach a lìbhrigeadh ceangailte ri Latha Leabhraichean a t-Saoghail. **Pròiseact Tèatar Oideachaidh airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig 2018-2019** Thathar a leasachadh bùth-obrach eadar-obrachail ùr do sgoilearan bun-sgoile eadar P5-P7 a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Bidh a' bhùth-obrach seo stèidhte air beachdan 's molaidhean a chaidh a thrusadh bho sgoiltean a ghabh pàirt sa phròiseact an uiridh. Thèid turas do bhun-sgoiltean ann an siorrachd Rois agus sgìre Inbhir Nis a chumail eadar 10 agus 24 Sultain 2018.
AC12	Gàidhlig dhuinn Uile aig na Fèisean
	Gaelic for All – Thòisich mi ag obair leis an Àrd Oifigear Leasachaidh Nicola Simpson gus pasgan de ghoireasan is cur-seachadan a leasachadh a bheireadh cothroman a bharrachd 's taic do dh'Fhèisean Gàidhlig a chleachadh 's a chur gu feum.
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean
	Hùb Hàb 2018 Anns a' Ghiblean sgrìobh mi sgriobt ùr airson Hùb Hàb, am pròiseact tèatar do bhuidhnean chloinne sna tràth-bhliadhnaichean. Tha Hùb Hàb: Seirm na Sìde stèidhte air an t-sìde 's dathan a' bhogha fhrois is tha an aon seòrsa fhòrmat air 's bh'air na pròiseactan Hùb Hàb a dh'fhalbh m.e. Hùb Hàb air Ghleus ann an 2016 agus Hùb Hàb: Cumaidhean Ceòlmhor ann an 2017. Tha an dealbh-chluich seo ag amas air buidhnean Gàidhlig ro-sgoile ach tha e cuideachd freagarrach airson clasaichean P1, P2 agus P3 anns a roinn Ghàidhlig agus sa roinn Bheurla gu h-àraidh ma tha iad ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Chaidh an turas seo air adhart anns a' Chrios Mheadhanach, siorrachd Pheairt agus sgìre Earra-Ghàidheal eadar 23 Giblean agus 4 Cèitean. Chaidh dithis chleasaichean: Megan NicIllFhialain agus Catriona NicNeacail fhastadh gus a' phròiseact seo a' lìbhrigadh. Bha 22 taisbeanaidhean ann de Seirm na Sìde rè an turais le taisbeanaidhean airson 19 bun-sgoiltean Gàidhlig/ sgoiltean-àraich. Uile gu lèir bha corr is 700 sgoilear an làthair aig na taisbeanaidhean seo. Aig an ìre seo thathar an dùil an dàrna turas a chumail ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd eadar 10 agus 21 Sultain.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2018 Thèid Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a chumail eadar Diluain 2 agus Disathairne 14 Iuchair 2018 ann am Port Rìgh. Tha roghainn aig tagraichean eadar 13 agus 18 cur a-steach airson àite a mhaireas 6 no 12 latha. Ro làithean-saora na Càisge chaidh postair agus fiosrachadh a' sanasachd na Sgoile a' sgaoileadh air a h-uile àrd-sgoil a bheil roinnean Gàidhlig do dh'fhileantaich 's luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Chaidh an dreuchd airson Stiùiriche na Sgoile a shanasachd air 6 Giblean agus bhon uair sin chaidh Mairi Mhoireasdan ainmeachadh gus an Sgoil a stiùireadh. Chaidh naidheachd mun ceann-latha airson iarrtasan a chur air ar làrach-lìn, Facebook agus Twitter air Diardaoin 3 Cèitean. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	

AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin
	Air Diardaoin 5 Giblean bha mi aig a' bhùth-obrach 'Getting GDPR Ready: The Final Countdown' aig Eden Court a chaidh a chur air dòigh leis an Culture Republic. Chaidh am bùth-obrach a' lìbhrigeadh le Alison Johnston bhon I.C.O. (Information Commissioner's Office). Às dèidh a' bhùth-obrach chaidh leth-bhreac den taisbeanadh powerpoint aig Alison Johnston agus goireasan feumail eile a chur air adhart gu co-

	obraichean.
AC32	A’ dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan
	Obair leantainneach a thaobh a bhith a’ foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fhèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org Thèid naidheachd mu phròiseactan a chur gu luchd-naidheachd m.e. Radio nan Gàidheal, BBC An Là, agus pàipearan naidheachd. A’ cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal aig www.facebook.com/feisean A’ foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal A’ deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal ‘s gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig www.youtube.com/feiseannangaidheal A’ taisbeanadh agus a’ cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal A’ taisbeanadh agus a’ cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus pròiseactan eile air Flickr aig www.flickr.com/feiseannangaidheal A’ taisbeanadh agus a’ cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus pròiseactan eile air Instagram aig www.instagram.com/fngaidheal/
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**	
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh’oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean
	• Luchd-oide Fèisgoil / Luchd-stiùiridh a libhreagas seiseanan Gàidhlig aig na Fèisean – Thathar a’ leasachadh làithean trèanaidh ag amas air oileanaich fileanta sa Ghàidhlig. Thathar a’ beachdachadh air sreath de chinn-latha aig colaistean/ oilthaighean air feadh na dùthcha far an gabhadh làithean-trèanaidh a chumail. • Tha Fèisean nan Gàidhealan a’ toirt seachad cothroman cosnaidh do chleasaichean le Gàidhlig ‘s cothrom aca sgilean ùra leasachadh tro na pròiseactan tèatar-oideachaidh ‘Meanbh-chuileag’, ‘Hùb Hàb’ agus an dealbh-chluich Nollaig againn. Tha cothroman cosnaidh ann do oibrichean dràma le Gàidhlig tro na Fèisean Dràma a th’againn do bhun-sgoiltean, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus Tèatar Òigridh na Gàidhlig: An Lab.
AC36	A’ toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga
	• Chaidh dithis chleasaichean òga fhastadh gus an dàrna earrann den turas nàiseanta le Teàrlach Fo Chasaid a dhèanamh. Rè trì seachdainean eadar 14 Gearran agus 1 Màrt 2018 chaidh am bùth-obrach a’ lìbhrigeadh aig bun-sgoiltean le foghlam tro mheadhan Gàidhlig san Eilean Sgitheanach ‘s Loch Aillse, na h-Eileanan an Iar agus Malaig. • Chaidh dithis cleasaichean òga fhastadh gus obair deasachaidh agus turas a dhèanamh airson Hùb Hàb: Seirm na Sìde, am pròiseact tèatar do bhuidhnean chloinne sna tràth-bhliadhnaichean. Chaidh an turas, a mhair 10 latha, timcheall sgoiltean ‘s sgoiltean-àraich a’ lìbhrigeadh eadar 19 Giblean agus 4 Cèitean. • Thathar an dùil cuir ris an àireamh de dhaoine òga le Gàidhlig san stòr-dàta againn aig am biodh ùidh ann an obair chleasachd anns na pròiseactan dràma againn. Chaidh naidheachd mun Stòr-dàta de Chleasaichean a sgaoileadh air-loidhne air 20 Gearran.

AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	

Sgoil Shamhraidh Dràma 2018
Thèid Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a chumail eadar Diluain 2 agus Disathairne 14 Iuchair 2018 ann am Port Rìgh. Tha roghainn aig tagraichean eadar 13 agus 18 cur a-steach airson àite a mhaireas 6 no 12 latha.
Ro làithean-saora na Càisge chaidh postair agus fiosrachadh a' sanasachd na Sgoile a' sgaoileadh air a h-uile àrd-sgoil a bheil roinnean Gàidhlig do dh'fhileantaich 's luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.
Chaidh an dreuchd airson Stiùiriche na Sgoile a shanasachd air 6 Giblean agus bhon uair sin chaidh Mairi Mhoireasdan ainmeachadh gus an Sgoil a stiùireadh.
Chaidh naidheachd mun ceann-latha airson iarrtasan a chur air ar làrach-lìn, Facebook agus Twitter air Diardaoin 3 Cèitean.
Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd

Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.

AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	

Tha mi a' cumail clàr de sgaoilidhean carbon ann am foirmean-iarrtais airson cosgaisean.

AC46	A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math	

Meanbh-chuileag: Teàrlach Fo Chasaid – Turas 2018
Ann an 2017 sgrìobh mi sgriobt agus dh'ullaich mi goireasan do luchd-teagaisg airson Teàrlach Fo Chasaid, bùth-obrach eadar-obrachail mun a' Phrionnsa Teàrlach, a bha ag amas air sgoilearan eadar P5-P7 ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh dithis chleasaichean, Calum Dòmhnallach agus Ellen NicDhòmhnaill fhastadh, gus a' chiad earran den turas a lìbhrigeadh san Dàmhair 2017. Anns a' chiad earrann den turas eadar 2 agus 27 Dàmhair chaidh a thaisbeanadh 29 turas aig 24 sgoil le 872 sgoilear an làthair.

Anns a' Ghearran 2018 chaidh Megan NicIllFhialain agus Daibhidh MacCoinnich fhastadh mar chleasaichean gus an dàrna earrann den turas a lìbhrigeadh do sgoiltean an Eilean Sgitheanaich 's Loch Aillse, na h-Eileanan an Iar agus Malaig. Chaidh an obair-deasachaidh a dheanamh leotha taobh a-staigh trì làithean ann an Inbhir Nis eadar Dimàirt 6 agus Diardaoin 8 Gearran. Chaidh an dàrna earrann den turas a' lìbhrigeadh eadar 14 Gearran agus 1 Màrt le 22 taisbeanaidhean do 24 sgoiltean. Bha corr is 540+ sgoilear an làthair aig na bùthan-obrach seo.

Meanbh-chuileag: 2018/2019
Thathar a' leasachadh dealbh-chluich airson a bhliadhna-sgoile 2018/2019 le sùil turas nàiseanta a dhèanamh leis eadar 27 Lùnastal agus 10 Dàmhair 2018.

Dealbh-chluich na Nollaig 2018
Thèid turas le dealbh-chuich na Nollaig a mhaireas 15 latha a chumail eadar 26 Samhain agus 14 Dùbhlachd le co dhiu aon thaisbeanadh poblach na chois. Thèid triùir cleasaichean le Gàidhlig fhastadh gus turas a dhèanamh leis an dealbh-chluich.

Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba

	'S mòr a thug e tlachd dhomh a bhith nam neach-aire aig Fèis nan Òran 2018 aig Ionad Cur-seachad Fharabraoin, 23 – 25 Gearran.	

Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean	
	Tha 12 Fèisean leis a bheil mi a' cumail taic gu cunbhlach agus bidh mi a' dèanamh feum do chomhairle bho Chalum, Nicola agus an corr don Sgioba Leasachaidh mu iomadach nì.	
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain	
	Tha mi a' dèanamh cinnteach gu bheil fhios aig na Fèisean mun àrachas a th' aca mar phàirt don bhallrachd aca le Fèisean nan Gàidheal.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta	
	Tha feumlachdan trèanaidh ann am plana leasachaidh gach Fèis. Leinidh mi orm a' cur trèanadh air dòigh dhaibh san sgìre aca fhèin, mas urrainn.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Rinn an sgioba trèanadh Gàidhlig còmhla ri Gilleasbuig Fearghastan ann am Port Rìgh, 27.02.18 Thèid Latha Conaltradh agus Co-obrachaidh nam Fèisean air aghaidh 13.05.18.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh	
	Bidh mi a' cumail fios do na Fèisean agam mu obair chom-pàirteachaidh, a' lorg cothroman a bhith ag obair le Fèisean eile agus a' tabhainn chothroman leithid Arts Awards do dheugairean na fèise, mar as iomchaidh.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC35	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos	
	Bheir mi taic do Chalum a bhith a' brosnachadh Fuaran am measg chompàirtichean nam Fèisean mar as iomchadh.	
AC37	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil	
	Tha mi air a bhith a' cumail fios do cho-òrdanaichean Cèilidhean air Chuairt Ewan Dòmhnallach (Fèis Latharna) agus Lauren Byrne (Fèis Lochabair) mun trèanadh aca agus a' cumail taic do Nicola a tha a' cumail stiùir air Fèis Alba na bliadhna-sa.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin		
AC43	Tòisichidh sinn a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd ann an 2015	
	Tha mi a' brosnachadh na Fèisean agam a bhith a' lìonadh nan ceisteachan mu cho-ionannachd aca mura h-eil iad air a dhèanamh mar-thà.	
AC44	Plana Co-ionannachd is Iomadachd a dhealbh airson toiseach Bliadhna 2 den Mhaoineachadh Chunbhalach	
	Faic AC34	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach	

	(Giblean 2015)	
	Bidh mi a' feuchainn cho mòr 's a 's urrainn a' fònadh agus a' cur puist-d do na Fèisean agam gu cunbhalach mar dhòigh a bhith a' cumail smachd air siubhal agus cleachdadh carbon san obair-sa.	
AC46	A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math	
	Faic AC2	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Bidh mi tric a' deasachadh duilleagan fa-lath nam Fèisean agam air an làrach-lìn againn agus a' cur tachartasan anns na mìosachan. An ràith-sa, mar eisimpleir, rinn mi: Naidheachd gun deach Fèis nan Garbh Chrìochan aithneachadh airson an obair a tha iad a' dèanamh sa choimhearsnachd le duais bhon Youth Philanthropic Initiative (YPI) Sgrìobhaidhean do Faileas mu Fèis nan Òran 2018, Soirbheachas Fèis Òigridh na Mara le Scotrail agus sgeama Fèis Latharna do ACHA.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG8	A' cur airgead an seilbh Maoin Leasachaidh nam Fèisean gus leasachaidhean cruthachail ùra a mhaoineachadh ann an coimhearsnachdan agus tha an t-airgead sin a' toirt cothrom don luchd-iarrtais tuilleadh maoineachaidh a tharraing a-steach	
	Faicibh AC1	
InG9	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho lìonra taice nam Fèisean	
	Faicibh AC2 & AC7	
InG10	Taic ro-innleachdail do dh' Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus prògraman coimhearsnachd a chumail suas	
	Faicibh AC2	
InG11	Prògraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean	
	Tha feumlachdan trèanaidh nam fèis san fhoirm targaidean leasachaidh aca. Bidh mi cuideachd a' bruidhinn le na Fèisean agam tron bhliadhna mun na rudan air nach eil iad cinnteach agus a' cumail taic dhaibh.	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG14	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil	
	'S e fìor thlachd a bh' ann a bhith air a' phanal airson Agallamhan Cèilidh air Chuairt Fèis Latharna air an 5.04.18. Faic cuideachd AC37	
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean	
	Tha mi air a bhith a' cumail fios do na Fèisean agam mu Latha Conaltradh agus Co-obrachaidh nam Fèisean agus a' toirt taic don sgioba a tha an Latha air dòigh a thachras 13.05.18.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig	
	Faicibh AC20	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	

	Fhuair mi molaidhean bho mheal mòr do na Fèisean agam mu dhaoine òga a chòrdadh a bhith a' cuideachadh le bhith a' cur Òran Mòr air dòigh. Tha mi a' dèanamh fiughair a bhith ag obair còmhla ri na Fèisean agam airson gum faigh sluagh de dh'òigridh fèise an cothrom a bhith an-sàs le Blas 2018.
Builean Bhòrd na Gàidhlig	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.18
	Chòrd an seisean trèanaidh le Gilleasbuig Fearghastan air an 27.02.17, a chaidh a chur air dòigh le Anne.
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.18
	Faicibh AC2, 7, 8, 21, 27
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean 'Fèis Bheag' no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.18
	Chum Fèis Latharna Fèis Bheag airson a' chiad turas aig a' phrìomh fhèis aca, Giblean 2018. Chaidh na 25 àitean air fad a chosg agus thathas an dùil a chumail an-ath bhliadhna. A bharrachd air sin bidh Fèis na h-Òige, Fèis Gleann Albainn, Fèis Lochabair, Fèis nan Garbh Chrìochan, Fèis na h-Apainne & Fèis Mhuile uile a' tabhainn Fèis Bheag.

AINM	**SHONA NIC A' MHAOILEIN**			
DREUCHD	**OIFIGEAR LEASACHAIDH NAN EILEAN SIAR**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**
AC8	**A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil**	
	Gach bliadhna, ro thoiseach nam Fèisean, bidh mi ag iarraidh air gach Fèis fios a chur thugam air feumalachdan a thaobh ionnstramaidean a bhios a dhìth orra. Bidh mi a' cur giùlan air dòigh eadar Moreen anns an t-Eilean Sgitheanach agus companaidh leithid Heb Haulage no DR Macleod airson na h-ionnstramaidean a chur chun na Fèisean ann an tìde gu leòr mus tòisich iad, agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gun gluais iad eadar na Fèisean thar an t-samhraidh agus gun till mi gu Moreen iad nuair a tha na Fèisean anns na h-Eileanan Siar deiseil leotha. Am bliadhna bidh sinn a' coimhead air dòighean eile ionnstramaidean fhaighinn o fhèis gu fèis leis gum bi gainnead de dh'ionnsramaidean againn bho stòr FNG.	
AC9	**A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon**	
	Feumaidh gach neach a tha gu bhith a' teagasg aig Fèis a dhol tro sgrùdadh PVG, agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gun tèid seo a dhèanamh le bhith ga chur ann an cuimhne nam Fèisean gu tric agus ag iarraidh orra liosta den luchd-teagaisg a chur thugainn co-dhiù 6 seachdain ro thoiseach na Fèise. Bheir seo cothrom dhuinn na foirmichean iomchaidh a chur thuca agus am faighinn air ais gu sgiobalta. Tha sinn aig an ìre a-nis far am bi Claim Form 1 ri thighinn a-steach bho gach fèis samhraidh agus tha mi air seo a chur nan cuimhne.	
`oi	**A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail**	
	Bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall a bhith an làthair aig consairtean Fèisean, agus bidh mi gan cuideachadh le bhith gan lìbhrigeadh aig deireadh na seachdain. Ma bhios cuirmean aca taobh a-muigh na Fèise, bidh fios aca gu bheil e comasach dhomh fhèin a lìbhrigeadh mar bhean an taighe, agus tha iad cofhurtail gu leòr le bhith ag iarraidh orm seo a dhèanamh. Bidh mi a' cuideachadh le sanasachd le postairean, facebook, duilleag Fèisean nan Gàidheal agus msaa. Bidh mi a' cur fios chun na sgoiltean mar a tha iomchaidh. Bha mi aig consairt Angus Nicolson Trio agus aig consairt Fèis Taigh Dhonnchaidh mar bhean an taighe agus bha mi cuideachadh gus gnothaichean a chur air dòigh agus a chur air falbh às an dèidh.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	**A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de**	

	dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean	
	Tha 10 Fèisean anns an roinn agam fhìn: Fèis Taigh Dhonnchaidh Fèis an Earraich Fèis Eilean na Hearadh Fèis Tìr an Eòrna Fèis Bharraigh Fèis Tìr a' Mhurain Fèis Eilean an Fhraoich Fèis an Rubha Fèis Thròndairnis Fèis an Iar Thuath (ùr dhomh am bliadhna) Bidh mi a' frithealadh choinneamhan gu cunbhalach mar a bhios feum aca orm, agus gan cuideachadh ag ullachadh airson na Fèisean aca. Bidh mi air làimh ma tha ceistean sam bith aca, agus bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall a bhith gan cuideachadh le pròiseactan sònraichte sam bith a bhios fainear dhaibh. Ma tha e comasach dhomh, bidh mi an làthair aig na Fèisean aca cho fada 's a tha iad gam iarraidh. Tha Fèis Eilean an Fhraoich air seiseanan ciùil a thòiseachadh far am bi luchd-ciùil de gach aois agus às gach ceàrnaidh a' tighinn còmhla gus ceòl a chluich, Tha buidheann aig FEAF leis an t-ainm Dual, sianar/seachdar chloinne a bhios a' coinneachadh gach seachdain, agus bidh e a' dèanamh an t-uabhas airson misneachd a thoirt dhaibh. Bidh sinn a' cumail na seiseanan seo gach mìos, an dòchas gun nochd daoine ùra. Anns a' Chèitean chaidh deireadh-sheachdain deugairean a chumail le Iain MacFàrlain agus Ingrid NicEanraig bho chòmhlan cèilidh Ghleann Fhionnainn far an robh na compàirtichean ag ionnsachadh puirt còmhla mar phàirt de phròiseact nas motha far am bi iad a' cluich aig an Fèis Eilean Dhorcha. Bha e soirbheachail dha-rìreabh agus bidh iad a' coinneachadh a-rithist a dh'aithghearr. Bha Fèis an Earraich a' comharrachadh 30 bliadhna aig an Fhèis sa Ghiblean. Bha còrr is 100 pàiste ann agus bha cèilidhean agus ceòl gu leòr a' dol fad na seachdain, le consairt air leth soirbheachail aig an deireadh. Fhuair iad £3000 bhon am Pettyfar Trust, agus fhuair Fèis Thròndairnis an suim seo cuideachd. Chaidh Fèis Taigh Dhonnchaidh agus Fèis Nis a chumail anns a' Ghiblean agus chunnaic Fèis Nis 29 pàiste, an àireamh a bu mhotha a bh' aca a-riamh. Fhuair clann cothrom part a ghabhail ann an iomadach diofar ionnsramaid, seinn, dràma, dannsa agus ealain, agus chaidh dealbh-cluich a chur air an àrd-ùrlair aig deireadh na seachdain. Tha pròiseact eadar-fhèiseil a' tachairt an-dràsta far am bi na Fèisean anns na h-Eileanan Siar a' tighinn còmhla air an àrd-ùrlair aig Fèis Cheilteach Innse Gall. Tha na buidhnean agus na co-òrdanaichean againn agus bidh iad a' coinneachadh airson a' chiad uair a dh'aithghearr. Sgrìobh Eilidh NicChoinnich òran ùr air a shon agus thèid seo a sheinn mar phàirt den taisbeanadh, leis a' chlann air fad na lùib. Chaidh bùithean-obrach a chumail leis an Angus Nicolson Trio anns a' Ghearran aig Fèis Taigh Dhonnchaidh le dannsa às a dhèidh. Ged nach robh ann ach còigear air an latha, bha latha air leth aca agus chòrd a' chèilidh ris an t-sluagh a thàinig a-mach thuige. Chuir mi foirm a-steach gu Taic Freumhan Coimhearsnachd às leth Fèis an Rubha airson taigh-cèilidh a ruith gach mìos, far am bi cuireadh ro dhaoine a thighinn a shuidhe greiseag gus òrain Ghàidhlig a chluinntinn agus a sheinn. Chuir mi cuideachd foirm a-steach airson Fèis Eilean an Fhraoich airson clasaichean a ruith air Vscene, a bhiodh fosgailte do chlann air feadh nan eilean pàirt a ghabhail fo stiùir luchd-teagaisg a chaidh a thaghadh air a shon. Bidh sinn a' tòiseachadh seo às dèidh an t-samhraidh. Bha an dà iarrtas soirbheachail. Tha clasaichean leantainneach gan ruith le Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Eilean an Fhraoich, Fèis Tìr an Eòrna, Fèis Bharraigh agus Fèis Taigh Dhonnchaidh.	
AC23	**A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain**	

	Tha teisteanas àrachais againn agus bidh mi a' sgaoileadh seo chun na Fèisean airson gach tachartas a bhios aca.
AC24	**Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta**
	Bidh mi a' faighinn a-mach bho gach Fèis mu dheidhinn na feumalachdan trèanaidh aca. Chaidh tè bho Fèis Eilean na Hearadh air cùrsa ciad cobhair sa Mhàrt. Bidh mi a' cur fios thuca tric air cothroman trèanaidh aig ìre ionadail.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	**A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh**
	Bidh feum aig gach Fèis air poileasaidh Gàidhlig. Bidh mi a' coinneachadh ris na Fèisean airson poileasaidh Gàidhlig agus plana leasachaidh a dhealbhachadh agus bidh mi gam brosnachadh gus a bhith a' fastadh luchd-teagaisg a tha fileanta sa Ghàidhlig. Bidh cuid de na Fèisean a' tabhann chlasaichean còmhraidh don fheadhainn a tha ag ionnsachadh. Tha liosta de bhriathran feumail againn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal airson luchd-teagaisg agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gum bi fios aig na comataidhean air seo. Cuideachd ma tha feum air daoine sa chomataidh air taic le Gàidhlig, tha fios aca gu bheil mi ann airson an cuideachadh.
AC28	**Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh**
	Bidh Cèilear a' dol a-rithist am bliadhna, le Catriona Bullivant aig an stiùir mar cho-òrdanaiche 's i air a bhith na compàirtiche roimhe. Tha còigear againn airson a' chuairt agus tha ullachaidhean gan dèanamh a-nis gus a' chuairt a thòiseachadh.
AC32	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan**
	Bidh mi a' cur sgeulachdan agus deilbh ann an gach iris aig Faileas, ag innse do dhaoine air na tha air a bhith a' dol aig na Fèisean anns an sgìre agam. Bidh mi a' dèanamh 'share' air tachartasan air an duilleag Facebook aig Fèisean nan Gàidheal agus a' sgrìobhadh air an làrach-lìn againn, agus a' cur fios chun na sgoiltean agus chun na Fèisean agam ma tha cothroman a' nochdadh do dh'òigridh. Tha mi air sgioba rianachd cuid dhe na duilleagan Facebook aig na Fèisean agus mar sin gheibh mi fhìn air postairean agus brathan-naidheachd fhoillseachadh agus 'share' a dhèanamh air rudan a tha iad a' cur air dòigh.
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**	
AC33	**Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean**
	An-dèidh an dàrna latha trèanaidh sa Mhàrt, tha ceathrar againn a-nis a gheibh air a' chùrsa a lìbhrigeadh air feadh Alba agus chaidh a' chiad fhear a dhèanamh le Fèis Obar Dheathain sa Mhàrt. Tha mi cruinneachadh fiostachadh bho na h-oifigearan leasachaidh eile air feumalachdan Fèisean agus thèid againn air iad seo a thoirt còmhla air aon latha trèanaidh ann an aon àite – 's e seo a bha fainear dhuinn sa chiad dol a-mach agus tha sinn riaraichte gu bheil seo gu bhith tachairt a-nis.
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.	
AC45	**A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)**
	Tha sinn air siostam a chur air dòigh airson cosgaisean a ghlèidheadh far am feum sinn na mìltean a tha sinn air a dhèanamh a sgrìobhadh sìos ann an cruth ùr, agus tha seo a' cumail clàr de na sgaoilidhean carbon againn.
AC46	**A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math**
	Faic AC14

Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	**A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach**	
	Faic AC32	
AC51	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan**	
	Faic AC32	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG5	**Eadar-theangachaidhean Gàidhlig**	
	Bidh gach Fèis a' tighinn thugam le eadar-theangachaidhean sam bith a bhios a dhìth orra m.e. postairean, brathan-naidheachd, fiosrachadh mu choinneamhan bhliadhnail, foirmichean iarrtais, foirmichean measaidh agus msaa. Bidh sinne, nar oifigearan leasachaidh, a' toirt taic dha chèile le seo cuideachd nuair a tha sùil eile a dhìth.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG11	**Prògraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean**	
	Faic AC24 & AC33	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG15	**A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean**	
	Faic AC24 & AC33	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	**Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt**	
	Faic AC28	
InG19	**Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig**	
	Faic AC20 agus AC41	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG5	**Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16**	
	Faic AC21	
BnG20	**A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.**	
	Faic AC27	
BnG21	**Aithisg ràitheil air mar a chaidh airgead Bhòrd na Gàidhlig a chosg**	
	Bidh sinn a' sgrìobhadh aithisgean ràitheil a bhios sinn a' cur gu Art MacCarmaig airson ar luchd-maoineachaidh, mar fhianais air an obair a bhios sinn a' dèanamh.	
BnG24	**Bheirear aithne iomchaidh don taic a fhuaras bho Bhòrd na Gàidhlig an lùib gach pròiseict, le fianais air sin gach ràith.**	
	Thèid aithisg a sgrìobhadh mu phròiseactan anns an robh BnG an sàs agus thèid an aithneachadh gu iomchaidh air postairean, brathan naidheachd, foirmichean iarrtais agus stuthan sam bith eile, le suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig air gach fear.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

AINM	ROWAN NICPHEADRAIS			
DREUCHD	OIFIGEAR LEASACHAIDH			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Pròg raim
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Mar phàirt de m' obair, bidh mi cur taic ri fèisean le iarrtasan airson an Sgeama Leasachaidh, mar a tha freagarrach.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Tha mi ag obair gu dlùth ri na fèisean leis a bheil mi toirt taic gus program pàillt a chumail a' dol fad na bliadhna. Às dèidh ath-roinn na fèise a thachair aig deireadh 2017, tha mi air a bhith cur eòlas air na fèisean a tha ùr dhomh agus a' cur taic riutha le tachartasan agus rudan eile air a bheil iad feumach. Tha Fèis an Tairbeirt air bhith trang thar na beagan mìosan a dh'fhalbh le srèath de bhùthan-obrach a' gabhail àite a tha tabhainn clasaichean do chloinn agus inbhich. Tha cuideachd cothroman còmhraidh ann do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, le buidhean còmhraidh ann, "Coffee and Craic". Thèid an ath latha-fèise aca a chumail air an 12na den Cèitean. Sa Ghearran, chaidh Fèis Dhùn Èideann agus Fèis Òigridh Ìle is Dhiùra a chumail, tron aon seachdain. Bha a dhà dhiubh gu math soirbheachail agus b' e tachartasan glè mhath a bh' annta. Sa Mhàirt, chaidh Fèis Cheann Loch Goibhle a chumail thàiris air dà latha. Le sgioba de luchd-oideachaidh ùra, chòrd e ris a' chlann agus cuideachd a bhith dèanamh gnìomhan-cluiche taobh a-muigh cuideachd. Anns a' Ghiblean, chum Fèis Ghàidhlig Ghlaschu fèis còig latha airson a' chiad turas on a chaidh an comataidh ùra a stèidheachadh an-uiridh. Bha gu leòr a' dol le tachartasan agus clasaichean don phoblach ann tron seachdain cuideachd. Chaidh na h-àireamhan de chòm-pàirtichean aca dùblachadh am bliadhna le cò-dhiù 120 clann ann, a' gabhail a-steach am Fèis Bheag, Fèis Mheadhan agus Fèis Mhòr. 'S e tachartas uabhasach soirbheachail a bh' ann agus tha an comataidh a-nis ag ullachadh airson an ath thachartas aca an ath bhliadhn'. Cuideachd sa Ghiblean, chaidh Fèis Fhoirt a chumail anns an Eaglais Bhreac thàiris air dà latha. B' e tachartas glè mhath a bh' ann agus tha an comataidh a-nis ag ullachadh airson cuirm-ciùil a thèid a chumail san t-Ògmhios a bhios a' taisbeanadh na dh'ionnsaich còm-pàirtichean a tha dol dha na clasaichean seachdaineil aca. Tha planaichean air dòigh, cuideachd, airson an ath fhèis aca a thèid a chumail san t-Sultain ann an Sruighlea. Tha planaichean a' dol air adhart an-dràsta airson fèisean a thèid a chumail as t-Samhradh, nam measg: Fèis Phàislig, Fèis Arainn, Fèis Lannraig a Tuath agus Fèis Innis an Uillt. Thèid fèis gu tùr ùr a chumail anns an t-Sultain ann an Cille Bhrìghde an Ear agus tha mi ag obair gu dlùth ris a' chomataidh gus taic a thoirt dhaibh seo a lìbhrigeadh. A bharrachd air fèisean fhèin, tha mi air a bhith cur taic ri Fèis Fhoirt agus Fèis Phàislig leis na buidhnean cèilidh air chuairt aca – agus bha mi an làthair aig na agallamhan aca anns a' Mhàirt agus sa Ghiblean. Cuideachd, bidh Fèis Ghàidhlig Ghlaschu agus Fèis Phàislig a' tighinn còmhla a chluich aig taisbeanadh ann an Glaschu san t-Ògmhios mar phàirt den West End Festival ann am Partaig.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig	

	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	San dreuchd ùra agam, tha mi a' toirt do dh'Fhèisean le buidseatan mar a bhios iomchaidh, le pròiseactan agus tachartasan agus a' toirt còmhairle dhaibh air mar bu choir dhaibh a bhith ag amas air reataichean Aonadh an Luchd-Chiùil.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil	
	Tha mi an-còmhnaidh a' cur taic ri Fèisean an Stòras Ionnsramaidean Ciùil a chleachdadh mar a bhios iomchaidh.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Tha mi toirt taic leantainniche dhan sgeama PVG againn gus dèanamh cinnteach gu bheil na fèisean uile air na tachartasan aca a chur air dòigh le dìon iomchaidh do chloinn agus inbhich so-leònte.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G	
	Tha mi an-còmhnaidh mòladh do dh'Fhèisean gum biodh e math nan cuireadh iad air dòigh oideachadh Sgioba-G aig na tachartasan aca agus bheir mi taic leotha ma tha iad an dùil a dhol air adhart leis.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Tha mi a' cur taic ri fèisean agus na cuirmean-ciùil ionadail aca agus tha mi an-còmhnaidh dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh iomchaidh 'son na tachartasan aca a' dol a-mach air na cunntasan againn air na meadhanan sòisealta. Tha Fèis Fhoirt a-nis ag ullachadh airson cuirm-ciùil a thèid a chumail san t-Ògmhios a bhios a' taisbeanadh na dh'ionnsaich còm-pàirtichean a tha dol dha na clasaichean seachdaineil aca. Bidh Fèis Ghàidhlig Ghlaschu agus Fèis Phàislig a' tighinn còmhla a chluich aig taisbeanadh poblach ann an Glaschu san t-Ògmhios mar phàirt den West End Festival ann am Partaig.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean	
	Tha mi moladh dha na fèisean agam luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh nuair a bhiodh e freagarrach agus feumail dhaibh. Tha Fèis Arainn air boireannach ionadail, Maggie Frame, fhastadh mar neach-eagrachaidh a bhios dèanamh obair rianachd dhaibh. Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth rithe, a' dèanamh cinnteach gu bheil an fhiosrachadh agus taic ceart aice gus an obair a dhèanamh gun thrioblaid sam bith.	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Tha mi a' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh fèisean ùra a stèidheachadh.	

	Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth ri fèis gu tur ùr – Fèis Chille Bhrìghde an Ear – a tha an dùil tachartas-fèise a chumail san t-Sultain 2018.	
AC18	A' dol an sàs mar bhuidheann chom-pàirteach ann an obair Chom-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd	
	Tha mi cur taic ri Ealain Òigridh na Gàidhealtachd mar a bhios iomchaidh.	
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Tha mi cur taic ri Fèis Bhlas nuar a bhios iomchaidh.	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig	
	Tha mi cur taic ri na fèisean agamsa le tachartasan còmnaidheach agus cur-seachadan ann an coimhearsnachdan. Às dèidh maoineachadh a chosnadh bho Festival 2018, tha Fèis Phàislig gu bhith ruith seòrsa de chèilidh trail aca fhèin airson a' chiad turas, far am bi buidhean de dhaoine òga a' dol a-mach agus a' cluich aig cuirmean-ciùil agus taisbeanaidhean sna coimhearsnachdan ionadail. Tha mi ag obair gu dlùth riutha gus seo a lìbhrigeadh.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean	
	Tha mi cur taic leantainniche ri na 14 fèisean a th' agam agus ag obair gu dlùth còmhla riutha a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn comhairle agus taic sam bith a tha dhìth orra.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta	
	Thathar a' tairgse trèanadh sam bith do dh'fhèisean a bhiodh feumail gus na tachartasan aca a' ruith nas eifigiche. Às dèidh soirbheas na seiseanan-trèanaidh a chaidh a chumail do dh'fhèisean aig coinneamh bhliadhnail FnG san t-Sultain 2017, chaidh e moladh gum biodh e feumail latha-trèanaidh slàn a chumail dhan fheadhainn nach b' urrainn dha a bhith na làthair. 'S mar sin, thèid latha conaltradh agus co-obrachaidh a chumail air an 13mh den Chèitean ann am Peairt. Tha Fèis Dhùn Èideann cuideachd airson 's gun tèid cuideigin a rinn cùrsa "Train the Trainer" ann gus trèanadh a lìbhrigeadh dhaibhsan. Tha planaichean air dòigh gus seo a choileanadh. Bidh Bernard Bell (Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar) a' tighinn a chèilidh orm san t-Ògmhios gus trèanadh a dhèanamh air na meadhanan sòisealta.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Tha mi air an bhith air iomadh cùrsa-trèanaidh on a thoisich mi ag obair aig Fèisean nan Gàidheal. 'S iad na leanas: • 18.2.15: Google Juice Bar, Inbhir Nis • 20.4.15 – 24.4.15: ScotGrad Training Week, Am Blàr Dubh • 12.5.15: "Marketing that Works" - Culture Republic, Dùn Èideann • 13.5.15: Marketing Workshop with Muckle Media, Inbhir Nis • 22.5.15: One on One Meeting with Alex Smith, Inbhir Nis • 3.6.15: Group Meeting with Alex Smith, Inbhir Nis • 8.6.15: Arts Award Adviser Training, Inbhir Nis • 1.10.15: Doing Business in Germany, Glaschu • 7.10.15: Trèanadh air an làrach-lìnn ùra còmhla ri Heckie Cormack • 24.11.15: "Open for Business – Seasonality" webinar le HIE • 27.1.16: Trèanadh Ghàidhlig còmhla ri Iain Urchardan, Port Rìgh • 4.2.16 – 5.2.16: "Preparing to Export" le HIE, Inbhir Nis • 10.2.15: Trèanadh air càmarathan le Gordon Willoughby & càmarathan bhideo le Alasdair	

	MacIlleathain • 25.2.16: "Unlocking Twitter Success" – Culture Republic, Dùn Èideann • 2.3.16: Trèanadh Gàidhlig còmhla ri Iain Urchardan, Port Rìgh • 15.3.16: "Marketing that Works" – Culture Republic, Dùn Èideann • 1.11.16 – 3.11.16: Cùrsa Gàidhlig air sgrìobhadh còmhla ri Ruairidh MacIlleathain, Inbhir Nis • 7.11.16: Latha trèanaidh air gràmar còmhla ri Iain MacIllechiar, Inbhir Nis • 28.11.16 Cùrsa ciad cobhair le British Red Cross, Inbhir nis • 1.5.17: Cùrsa ACAS air loidhne air co-ionnannachd agus iomadachd • 20.6.17: Trèanadh Gàidhlig le Muriel Urchardan, Port Rìgh • 7.12.17: Trèanadh Gàidhlig le Hugh Dan MacLennan, Inbhir Nis • 27.2.18: Trèanadh Gàidhlig le Gilleasbuig Fearghastan, Port Rìgh Faic AC24 airson fiosrachadh mu thrèanadh airson na fèisean fhèin.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
	Tha cleachdadh na Gàidhlig leantainneach gu ìre air leth soirbheachail, agus tha sinn an-còmhnaidh ag obair gu cruaidh gus àrainneachd Gàidhlig a leasachadh, san oifis agus cuideachd taobh a-muigh an oifis. Tha mi an-còmhnaidh mòladh do dh'Fhèisean gum biodh e math nan cuireadh iad air dòigh oideachadh Sgioba-G aig na tachartasan aca agus bheir mi taic leotha ma tha iad an dùil a dhol air adhart leis. Tha fiosrachadh daonnan a' nochdadh air meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig an toiseach, 's an uair sin, tha eadar-theangachadh sa Bheurla. Tha fàilte Gàidhlig an-còmhnaidh cuir air luchd-tadhail dhan oifis/daoine air a' fon an toiseach, 's a' crochach ris a' fhreagairt aca, còmhraidhean an cumail sa Ghàidhlig, no sa Bheurla. 'S e an aon modh a thathar a' cleachdadh nuair a tha sinn a' tadhal air Fèisean/tachartasan Gàidhlig. 'S i Gàidhlig an cànan tòiseachaidh, 's an uair sin, leanaidh còmhraidhean air sa Ghàidhlig no sa Bheurla – a-rèir freagairt an duine. Tha mi air duilleagan-cuideachaidh airson Facebook is Twitter a dhèanamh airson na Fèisean, le abairtean feumail sa Ghàidhlig. Leis na duilleagan-cuideachaidh seo, thathar an dòchas gum bi na stiùirichean aig gach Fèis comasach ann an bhith cruthachadh meadhanan fiosrachail 's eadar-obrachail, 's mar sin ag adhartachadh conaltradh le daoine na poblach agus a' fas mothachadh mu thachartasan agus pròiseactan. Tha mi cuideachd air ùrachadh a dhèanamh air duilleag-cuideachaidh a rinn mi a thathar a' sgaoileadh do chòm-pàirtichean air cèilidhean air chuairt le abairtean feumail sa Ghàidhlig, a dh'fhaodadh iad a chleachdadh gus rudan a sgrìobhadh air na meadhanan sòisealta. Sa Ghearran, rinn luchd-obrach FnG trèanadh le Gilleasbuig Fearghastan ann am Port Rìgh gus ar cuide Ghàidhlig a neartachadh.
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh
	Tha mi ag obair le dà fhèis a tha lìbhrigeadh cèilidh air chuairt am bliadhna: Fèis Fhoirt agus Fèis Phàislig. Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth riutha, a' dèanamh cinnteach gu bheil an taic a tha dhìth orra, aca. Bha mi aig na h-agallamhan aca ann am Màirt agus sa Ghiblean. Tha mi air ùrachadh a dhèanamh air duilleag-cuideachaidh a rinn mi a thathar a' sgaoileadh do chòm-pàirtichean air cèilidhean air chuairt le abairtean feumail sa Ghàidhlig, a dh'fhaodadh iad a chleachdadh gus rudan a sgrìobhadh air na meadhanan sòisealta.
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	AC19
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte
	Tha mi a' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha còmharrachadh chuspairean sònraichte nuair a bhios e iomchaidh.
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh
	Tha mi an-còmhnaidh dèanamh oidhirp pàirt a ghabhail ann an cothroman taisbeanaidh mar a tha iomchaidh.
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan

	Tha ùrachaidhean air tachartasan nam Fèis bitheanta air Facebook, Twitter, Youtube agus Instagram. Tha naidheachdan, dealbhan agus fiosrachadh iomchaidh eile air dh'fhoillseachadh gu tric air adhartas de na Fèisean fa leth, airson mothachadh, agus mar sin, gus am bi na tachartasan eile san àm ri teachd tarraingeach do dhaoine ùra.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20.	
InG5	Eadar-theangachaidhean Gàidhlig	
	Tha mi a' cur taic ri feisean agus a' dèanamh eadar-theangachaidhean dhaibh gu tric. Tha mi air duilleagan-cuideachaidh airson Facebook is Twitter a dhèanamh airson na Fèisean, le abairtean feumail sa Ghàidhlig. Leis na duilleagan-cuideachaidh seo, thathar an dòchas gum bi na stiùirichean aig gach Fèis comasach ann an bhith cruthachadh meadhanan fiosrachail 's eadar-obrachail, 's mar sin ag adhartachadh conaltradh le daoine na poblach agus a' fas mothachadh mu thachartasan agus pròiseactan. Tha mi air ùrachadh a dhèanamh air duilleag-cuideachaidh a rinn mi a thathar a' sgaoileadh do chòm-pàirtichean air cèilidhean air chuairt le abairtean feumail sa Ghàidhlig, a dh'fhaodadh iad a chleachdadh gus rudan a sgrìobhadh air na meadhanan sòisealta.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG7	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Faic AC17.	
InG9	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho lìonra taice nam Fèisean	
	Faic AC2 agus AC7.	
InG10	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus prògraman coimhearsnachd a chumail suas	
	Faic AC2.	
InG11	Prògraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean	
	Faic AC24.	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean	
	Faic AC24.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faic AC28.	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas	
	Faic AC19.	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna	
	Faic AC6.	
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig	
	Faic AC20.	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Faic AC30.	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faic AC31.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.17	
	Tha mi a' cur taic ri na h-iomairtean Gàidhlig nuair a bhios iomchaidh.	

BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.17	
	Faic AC2, AC7, AC8, AC16, AC21 & AC27.	
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean 'Fèis Bheag' no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.17	
	Tha uiread às na 14 fèisean agam a' lìbhrigeadh Fèis Bheag air choireigin no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean. Tha na fèisean a' leanas uile a' tabhann Fèis Bheag no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean mar tha: • Fèis an Tairbeirt • Fèis Òigridh Ìle is Dhiùra • Fèis Ghàidhlig Ghlaschu • Fèis Lannraig a Tuath • Fèis Innis an Uillt • Fèis Chille Bhrìghde an Ear	

Fèisean nan Gàidheal

Ùrachaidhean air Poileasaidhean

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 2.2018.05(b)

Adhbhar a' Phàipeir

Aonta a shireadh ri ùrachaidhean air ceithir poileasaidhean.

Tha e na dhleastanas oirnn lèirmheas a dhèanamh gu cunbhalach air poileasaidhean agus gan ùrachadh mar a bhios iomchaidh.

Mar a thog sinn aig a' choinneimh mu dheireadh, tha feum air ùrachaidhean a dhèanamh air grunn phoileasaidhean agus tha sinn am beachd seo a dhèanamh thairis air a' bhliadhna seo. Bidh prìomhachas ga thoirt don fheadhainn as cudromaiche, no far a bheil atharraichean anns an lagh ag adhbharachadh ùrachaidhean.

Mar sin, tha feum air prìomhachas a thoirt do na ceithir poileasaidhean a leanas an-dràsta:

- Aithris Poileasaidh Co-ionnanachd Chothroman (pàirt de Phoileasaidh So-ruigsinneachd)
- Poileasaidh Àrainneachd
- Poileasaidh Dìomhaireachd (ùr airson GDPR a choileanadh)
- Siùil Ionmhasail

Tha e mar chunnradh san aonta maoineachaidh againn le Alba Chruthachail gum bi ar Poileasaidh Àrainneachd air ùrachadh agus thug sinn dreachd dhaibh aig an àm a dh'aontaich sinn ris a' chùmhnant, air urras gum faigheadh iad lethbhreac den phoileasaidh aontaichte aon uair 's gu bheil e againn.

Aon uair 's gu bheil sinn air aonta fhaighinn bhon Bhòrd thèid gach poileasaidh eadar-theangachadh gu Gàidhlig agus bidh iad air air am foillseachadh air ar làrach-lìn. Far a bheil aire dhaoine ri tharraing thuca, no trèanadh a dhìth air mar an gabhadh an cur an gnìomh, thèid sin a chur air dòigh.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird na h-ùrachaidhean a dheasbad agus na poileasaidhean aontachadh le atharraichean sam bith a bhios iad fhèin a' moladh.

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Cèitean 2018

Risk Management and Policies

Equal Opportunities Statement

[Incorporated into our Access Policy]

This forms part of the Fèisean nan Gàidheal policy portfolio

Related policies	Access Policy
Date Approved	18.05.2018
Purpose	To ensure equal opportunities and treatment for all applicants, staff, volunteers and participants in their dealings with Fèisean nan Gàidheal
Summary	Fèisean nan Gàidheal is committed to equality of opportunity in employment and in participation for all who come into contact with the organisation, whether as employees, applicants, volunteers or participants.

Fèisean nan Gàidheal
Equal Opportunities Statement

EQUAL OPPORTUNITIES STATEMENT

1 Employment of Staff, Contract Workers & Tutors

1.1 Fèisean nan Gàidheal undertakes to treat all applicants for positions within the organisation fairly. We are committed to ensuring that individuals are selected on the basis of relevant merits and abilities.

1.2 Fèisean nan Gàidheal aims to ensure that no potential or actual employee, contract worker, tutor or volunteer receives more or less favourable treatment on the grounds of race, colour, ethnic or national origins, marital status, sex, sexual orientation, disability, age, whether they are pregnant or a parent/carer, their social background or religious beliefs.

1.3 Fèisean nan Gàidheal operates a policy on the recruitment of ex-offenders, which aims to ensure that all applicants for positions within the organisation are treated fairly, and not to discriminate unfairly against an individual on the basis of spent convictions depending on:

- Whether the conviction is relevant to the position being offered
- The seriousness of the offence revealed
- The length of time since the offence took place
- Whether the applicant has a pattern of offending behaviour
- Whether the applicant's circumstances have changed since offending took place

1.4 With regard to 1.3, any information disclosed to Fèisean nan Gàidheal will be handled under the terms of our Data Protection Policy.

1.5 It is a contractual obligation on the part of all our staff to accept responsibility for ensuring that fair employment practices are applied, but specific responsibilities fall upon the CEO and Trustees involved in recruitment, and staff involved in employee administration.

1.6 Any employee who believes that s/he has been treated unfairly may raise the matter with the CEO of Fèisean nan Gàidheal, or the Chairperson, if the CEO is involved.

2 Participants in Fèisean nan Gàidheal and Fèis Activities

2.1 Fèisean nan Gàidheal is committed to equality of opportunity in the access granted to participants in events run by the organisation, or on the organisation's behalf. This extends to Fèisean which are members of the organisation.

2.2 We are committed to ensuring that individuals who wish to take part can participate in any event run by Fèisean nan Gàidheal - and individual Fèisean - regardless of race, colour, ethnic or national origins, marital status, age, sex, sexual orientation, gender-reassignment, disability, age, whether they are pregnant or a parent/carer, their social background or religious beliefs.

2.3 It is the duty of all our staff and members to ensure that fairness of access and opportunity are applied. However specific responsibilities fall upon the Fèis committee members, the Fèisean nan Gàidheal CEO, staff involved in organising events and the Trustees whose ultimate responsibility it is to ensure equality of opportunity.

2.4 Anybody who believes that s/he has been treated unfairly may raise the matter initially with the Chair of the Fèis involved, or the CEO of Fèisean nan Gàidheal if the Chair of the Fèis is involved.

2.5 In the case of unfair treatment regarding a Fèisean nan Gàidheal event, the matter may be raised with the CEO of Fèisean nan Gàidheal, or Fèisean nan Gàidheal's Chair, if the CEO is involved.

3 The Policy in Practice

